

# **Inbhich ag Ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba: Cothroman, Adhbharan agus Dùbhlain**

**Aithisg Rannsachaidh do Bhòrd na Gàidhlig**

**An Cèitean 2010**

**An Dr Wilson McLeod  
An Dr Irene Pollock  
An Dr Alasdair MacCaluim**

**Ceiltis agus Eòlas na h-Alba  
Sgoil Litreachasan, Chànanan agus Chultaran  
Oilthigh Dhùn Èideann**

## Clàr-innse

Geàrr-chunntas gnìomha	v
1 Ro-ràdh	1
2 Eachdraidh agus sealladh san fharsaingeachd	2
2.1 Luach luchd-ionnsachaidh inbheach	2
2.1.1 Duilgheadas an tar-chuir eadar ginealaich	2
2.1.2 A' cur àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig am meud	3
2.1.3 Luchd-ionnsachaidh agus obair co-cheangailte ri Gàidhlig	5
2.1.4 Luchd-ionnsachaidh agus teagasg na Gàidhlig	6
2.1.5 Luchd-ionnsachaidh agus iarrtas airson sheirbheisean Gàidhlig	7
2.2 Ath-bhreithneachadh air an rannsachadh is dàta làthaireach mu sholarachadh Gàidhlig do dh'Inbhich (Gdl)	8
2.3 Prìomh dhealasan poileasaidh a thaobh solarachadh Gdl	11
3 Solarachadh Gdl ann an Alba an-dràsta	14
3.1 Stòr-dàta an luchd-sholair agus am pròiseas cruinneachadh dàta	14
3.2 Raon an luchd-sholair	17
3.3 Seòrsaichean chlasaichean	18
3.4 Structaran maoinachaidh	20
4 Adhbharan agus eòlasan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig	23
4.1 Geàrr-chunntas agus anailis air toradh an t-suirbhidh luchd-ionnsachaidh	23
4.2 Geàrr-chunntas agus anailis air agallamhan le luchd-ionnsachaidh	36
5 Meòrachadh air prìomh chùisean	51
5.1 A' cur iarrtas am meud airson Gdl	51
5.1.1 Barrachd Gàidhlig anns a' bheatha phoblaich	52
5.1.2 Margaidheachd ghnìomhach na Gàidhlig	53
5.1.3 Iomairtean sgoile a bheir buaidh air Gdl	54
5.1.3.1 Aire mun Ghàidhlig	54
5.1.3.2 FLI: Gàidhlig sa bhun-sgoil	55
5.1.3.3 FLI: Gàidhlig mar chuspair àrd-sgoile	56
5.2 A' toirt piseach air structar is libhrigeadh solarachadh Gdl	58
5.2.1 Ionadan ionnsachaidh Gàidhlig	58
5.2.2 Leantaileachd, barantachadh agus buileachadh teisteanais	60
5.2.3 Trèanadh is taic do luchd-oideachaidh	61
5.2.4 Fiosrachadh agus cur air adhart	64
5.2.5 A' toirt luchd-ionnsachaidh an lùib chùisean	65
6 Molaidhean agus geàrr-chunntas	67
Clàr thùsan	70
Pàipear-taice A: Stòr-dàta chlasaichean Gàidhlig do dh'inbhich	75
Pàipear-taice B: Mapa Solarachadh Gdl an-dràsta	76
Pàipear-taice C: Sgrìobt agallaimh an luchd-solair	78
Pàipear-taice D: Suirbhidh luchd-ionnsachaidh	80
Pàipear-taice E: Sgrìobt agallaimh an luchd-ionnsachaidh	93

## Liosta ghiorrachaidhean

BnG	Bòrd na Gàidhlig
CLDRG	Buidheann Ath-bhreithneachaidh air Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd airson na Gàidhlig
CLI	Comann an Luchd-Ionnsachaidh (Clì Gàidhlig a-nis)
CnaG	Comunn na Gàidhlig
CNSA	Comhairle nan Sgoiltean Àraich
FA	Foghlam Adhartach
Gdl	Gàidhlig do dh'inbhich
FLI	Foghlam do Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig
GBS	Gàidhlig sa Bhun-sgoil
FTG	Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig
GROS	Oifis Clàraidh Choitcheann na h-Alba
FAI	Foghlam Àrd-ìre
HMIe	Her Majesty's Inspectorate of Education (Luchd-sgrùdaidh na Banrighe airson Foghlaim)
SFC	Scottish Funding Council (Comhairle Maoineachaidh na h-Alba)
SMO	Sabhal Mòr Ostaig
SQA	Scottish Qualifications Authority (Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba)

## Liosta fhigearan

- 1 Seòrsa clas a bhios luchd-freagairt a' frithealadh
- 2 Sgaoileadh aoise an luchd-fhreagairt
- 3 Ùine a tha luchd-freagairt air a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig
- 4 Prìomh dhòigh aig luchd-freagairt airson Gàidhlig ionnsachadh
- 5 Targaidean is amasan luchd-fhreagairt
- 6 Prìomh adhbhar aig luchd-freagairt airson Gàidhlig ionnsachadh
- 7 Cnapan-starra fa chomhair luchd-freagairt ag ionnsachadh na Gàidhlig
- 8 Cleachdadh na Gàidhlig le luchd-freagairt
- 9 Cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig le luchd-freagairt
- 10 Cleachdadh stuth leughaidh Gàidhlig le luchd-freagairt
- 11 Luchd-freagairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan cultarach Gàidhlig
- 12 Sgaoileadh aoise luchd-agallaimh is luchd-freagairt an t-suirbhidh
- 13 Cùrsaichean a thathas a' frithealadh an-dràsta (luchd-agallaimh)
- 14 Fèin-mheasadh air fileantachd
- 15 Adhbharan luchd-agallaimh airson Gàidhlig ionnsachadh
- 16 Coimeas eadar luchd-freagairt is luchd-agallaimh air cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig
- 17 Buidhnean Gàidhlig air an tug luchd-agallaimh luaidh
- 18 Luchd-agallaimh a' gabhail pàirt ann an tachartasan cultarach Gàidhlig
- 19 Beachdan luchd-agallaimh air ceangalan ris 'a' choimhearsnachd Ghàidhlig'
- 20 Àite bharantasan ann am brosnachadh luchd-agallaimh
- 21 Leasachaidhean o chionn ghoirid air an robh deagh bheachd aig luchd-agallaimh
- 22 Targaidean luchd-agallaimh airson Gàidhlig a chleachdadh san fhad-ùine
- 23 Freagaritean luchd-agallaimh don cheist 'An smaoinicheadh sibh a dhol nur neach-oideachaidh Gàidhlig?'

## **Liosta chlàran**

- 1 Anailis air luchd-freagairt an t-suirbhidh
- 2 Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus càirdean le Gàidhlig
- 3 ‘A bheil sibh am beachd bhur clàradh fhèin mar neach-labhairt na Gàidhlig ann an Cunntas-sluaigh 2011?’

## **Buidheachas**

Chuidich mòran daoine sinn a’ dèanamh an t-suirbhidh seo. Tha sinn an comain Comataidh Rannsachaidh Bòrd na Gàidhlig airson na taic fheumail a thug iad dhuinn tron rannsachadh, an luchd-solair a thug fiosrachadh dhuinn mu na cùrsaichean aca, agus don luchd-ionnsachaidh a lion an suirbhidh agus a ghabh pàirt anns na h-agallamhan às dèidh làimh.

## Geàrr-chunntas gnìomha

### Eachdraidh agus sealladh san fharsaingeachd

Dh'fhaodadh solarachadh do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig àite mòran nas motha a ghabhail ann an leasachadh na Gàidhlig. Gu ruige seo cha d'fhuair foghlam inbhich uiread aire ri seòrsaichean foghlaim eile agus cha tugadh na làn chomasan a th' aige gu buil. Tha an aithisg seo a' measadh gnè an t-solarachaidh a th' ann an-dràsta agus a' nochdadh grunn mholaidhean airson leasachadh is piseach.

Tha an aithisg seo ag amas air stiùireadh rannsachaidh BnG a leantainn le bhith a' libhrigeadh (1) sgrùdadh air cothroman do dh'inbhich ann an ionnsachadh na Gàidhlig agus (2) soilleireachadh air na tha a dhith airson siostam nàiseanta èifeachdach a stèidheachadh an Alba airson foghlam Gàidhlig do dh'inbhich.

### Solarachadh Gdl ann an Alba an-dràsta

Tha Pàipear-taice A a' sealltainn liosta làthaireach de chlasaichean Gàidhlig do dh'inbhich. Tha an Stòr-dàta a' sealltainn còrr is 160 cùrsa bho mu 50 solaraiche. Tha an fhìor mhòr-chuid de sholarachadh Gdl ri fhaighinn ann an sgìrean Comhairle na Gàidhealtachd, nan Eileanan Siar, Dùn Èideann agus Mòr-sgìre Ghlaschu. Tha solarachadh ann am badan eile de dh'Alba gann ma tha e ann idir.

Bha e glè dhuilich dàta mionaideach, làthaireach a chruinneachadh airson an Stòr-dàta seo, air diofar adhbharan. Glè tric cha robh fiosrachadh don phoball, gu h-àraidh air an Eadar-lìon, iomlan no bha e aosta. Is minig a bha fiosrachadh is cuimhne a dhìth air buidhnean solarachaidh, gu h-àraidh ùghdarrasan ionadail, agus bha e tric duilich an neach freagarrach a lorg aig am biodh fios anns a' bhuidhinn. Agus, rud a bha na bhriseadh dùil mòr, bha mòran chùrsaichean a chaidh a ghairm no a shanasachadh, nach deach air adhart aig a' cheann thall (agus tric cha deach a shanasachadh ceart gun deach cùrsa a chur dheth).

### Adhbharan agus eòlasan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Rinneadh ceisteachan suirbhìdh gus rannsachadh cò a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, *dè* tha iad ag ionnsachadh, *càite* bheil iad ag ionnsachadh, *ciamar* a tha iad ag ionnsachadh, agus, as cudromaiche buileach, *carson* a tha iad ag ionnsachadh. Fhuaras 329 freagairt agus bha 216 aca a ghabhadh a chleachdadh. Bha 30% den luchd-fhreagairt clàraichte air cùrsaichean Ùlpan, 30% eile air cùrsaichean aig astar Shabhal Mòr Ostaig, 24% air cùrsaichean foghlam coimhearsnachd agus an còrr aig Colaiste Stow (2%), aig Oifis Ionnsachadh Fad-beatha Oilthigh Dhùn Èideann (9%), no air cùrsaichean eile (5%).

A thuilleadh air sin, rinneadh agallamh le 60 neach-ionnsachaidh, 18 air a' fòn agus 42 le post-d.

### A' cur iarrtas am meud airson Gdl

Faodar ionnsachadh Gàidhlig a bhrosnachadh tro dhòighean dìreach agus tron bhuidhean a bhios aig iomairtean brosnachaidh cànan eile. A thaobh seo, 's iad an fheadhainn as cudromaiche a bhith a' cleachdadh barrachd Gàidhlig anns a' bheatha phoblach, a' margaidheachd na Gàidhlig ann an dòigh ghnìomhach agus iomairtean sgoile a bheir buaidh air Gdl.

## A' toirt piseach air structar is libhrigeadh solarachadh Gdl

Tha grunn lochdan dona anns a' bhun-structar Gdl a th' ann an-dràsta. Tha feum air structar libhrigidh nas co-òrdanaichte agus nas sìmplidhe, frèam-obrach sgrùdadh càinain agus buileachadh teisteanais a tha tàbhachdach is ùghdarrasail agus feum air an siostam trèanaidh luchd-oideachaidh ùrachadh agus a thoirt fo rèim phroifeiseanta.

Tha solarachadh Gdl ann an Alba an-dràsta mar as trice neo-iomlan, gun co-òrdanachadh, air a dhroch shanasachadh, gann de mhaoineachadh agus tric às aonais slatan-tomhais phroifeiseanta. Chan eil an solarachadh cho math 's a tha e anns a' Chuimrigh agus ann an Èirinn.

Bu chòir a thoirt fa-near nach robh luchd-ionnsachaidh a' gearan mu stuthan ionnsachaidh gu ìre shusbainteach sam bith. Tha seo a' sealltainn, chan e a-mhàin gu bheil raon nas fheàrr ann a-nis de leabhraichean foillsichte do luchd-ionnsachaidh ach gu bheil stòrasan dealanach gan deasachadh gu soirbheachail, stuth air làraichean-lìn nam measg.

Tha dith dòigh ùghdarrasail airson comasan luchd-ionnsachaidh sa Ghàidhlig a sgrùdadh air a bhith na dhuilgheadas thar ùine mhòir. An-dràsta tha e an ìre mhath do-dhèanta measadh dè cho soirbheachail 's a tha na clasaichean agus dòighean teagasg eadar-dhealaichte an coimeas ri chèile. Is e an siostam as freagarraiche agus as ùghdarrasail airson seo *Frèam-obrach Coitcheann Eòrpach Slatan-tomhais Chànanan: Ionnsachadh, Teagasg, Measadh* (CEFR) aig Comhairle na h-Eòrpa; dh'fhaodte an dòigh-obrach seo a chur an gnìomh a thaobh na Gàidhlig mar a rinneadh anns a' Chuimrigh is Èirinn.

## Molaidhean agus geàrr-chunntas

Tha an rannsachadh a' nochdadh grunn uireasbhaidhean a thaobh solarachadh Gdl mar a tha e an-dràsta. Tha feum air gnìomh ann an iomadh raon agus buileachadh susbainteach de mhaoineachadh ùr. Tha grunn mholaidhean air an cur an cèill.

- Bu chòir do BnG aithne a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig mar phàirt cudromach de leasachadh na Gàidhlig ann an Alba, agus bu chòir don aithne seo a stèidheachadh gu daingean ann an ro-innleachd agus poileasaidh a' Bhùird.
- Bu chòir riochdaire bhon raon Gdl a bhith air Buidheann Stiùiridh Foghlaim Nàiseanta a' Bhùird.
- Bu chòir an abairt 'Gàidhlig do dh'Inbheach' (Gdl) a chleachdadh airson raon luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig airson gur e as goireasaich agus nach eil an abairt 'luchd-ionnsachaidh' pongail no soilleir gu leòr.
- Bu chòir do BnG targaidean a stèidheachadh airson àireamhan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a dh'fhàsas fileanta.
- Bu chòir do BnG an obair aca a chumail a' dol airson a' Ghàidhlig a dhèanamh nas nochdte agus aire a tharraing am measg slugh na h-Alba san fharsaingeachd. Bu chòir do na h-oidhirpean seo a bhith a' gabhail a-steach margaidheachd ghnìomhach airson a' chàinain tro iomairtean sanasachd nàiseanta.

- Tha feum air tar-structar co-òrdanachaidh nàiseanta airson bun-structar Gdl agus 's e lionradh Ionadan Gàidhlig do dh'Inbhidh as fheàrr airson seo, coltach ris an fheadhainn a chaidh a stèidheachadh sa Chuimrigh.
- Tha e follaiseach gu feumar roghainn nas farsainge de chùrsaichean bogaidh a sholarachadh gun dàil airson dian-ionnsachadh na Gàidhlig.
- Bu chòir aon làrach iomlan a stèidheachadh airson a h-uile fiosrachadh mu chothroman ionnsachaidh na Gàidhlig, far am faighear fios mu dhiofar dhòighean air Gàidhlig ionnsachadh, maoineachadh agus barantas, agus ro-innleachdan airson cànan ionnsachadh.
- Tha feum air sgeama nàiseanta airson luchd-oideachaidh a thrèanadh agus a bharantachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr luchd-oideachaidh earbsach ann.
- Tha feum air aonta a thaobh ìrean comais ann an Gàidhlig agus sgrùdadh is barantasan co-cheangailte riutha airson gluasad a bhith comasach eadar cùrsaichean agus airson gun tèid sgilean aithneachadh.
- Bu chòir dha a bhith air a shùileachadh, no fiù a bhith riatanach, gum bi cùrsaichean foirmeil aig a bheil maoineachadh poblach air am filleadh a-steach do structaran nam barantasan sin.
- Tha maoineachadh bhuidhnean beaga riatanach airson solarachadh Gdl a tha air a chur air dòigh le ùghdarrasan ionadail agus stèidhean FA/FAI.
- Bu chòir do Bhuidheann Tabhartais Oileanach na h-Alba a bhrosnachadh gus maoineachadh a thoirt do dhaoine aig a bheil ceum mar-thà ach a tha ag iarraidh cùrsa Gàidhlig làn-ùine a dhèanamh.
- Bu chòir cùrsaichean togail aire mun Ghàidhlig a chur air adhart gu gnìomhach tro phròiseas deasachaidh nam planaichean cànan aig ùghdarrasan ionadail agus buidhnean foghlaim nàiseanta.
- Bu chòir Fòghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a sgaoileadh do uiread sgoil 's a ghabhas mar dhòigh air àireamhan airson solarachadh Gdl a chur am meud. Bu chòir do BnG targaid fhoirmeil a stèidheachadh airson àireamh sgoilearan ann am FLI a chur am meud san àrd-sgoil.
- Bu chòir sgeama a chur air dòigh airson trèanadh cànan sònraichte a thoirt do luchd-ceuma ùra no tidsearan aig nach eil Gàidhlig ach a tha airson a bhith nan tidsearan FTG no FLI.
- Bu chòir cothroman a leasachadh gu gnìomhach airson gu faigh luchd-ionnsachaidh air Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachadh sòisealta.

## 1 Ro-ràdh

Dh'fhaodadh solarachadh do dh'Inbich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig àite mòran nas motha a ghabhail ann an leasachadh na Gàidhlig. Gu ruige seo chan eil foghlam inbich air uiread aire fhaighinn ri seòrsaichean foghlaim eile agus cha tugadh na làn chomasan a th' aige gu buil. Tha an aithisg seo a' measadh gnè an t-solarachaidh a th' ann an-dràsta agus a' nochdadh grunn mholaidhean airson leasachadh is piseach.

Tha an aithisg seo ag amas air stiùireadh rannsachaidh BnG a leantainn le bhith a' libhrigeadh (1) sgrùdadh air cothroman do dh'Inbich a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus (2) soilleireachadh na tha a dhìth airson siostam nàiseanta èifeachdach a stèidheachadh an Alba airson foghlam Gàidhlig do dh'Inbich. Chuireadh aghaidh ris na ceistean rannsachaidh a leanas:

- Dè na cothroman ionnsachaidh structarail a th' ann airson Gàidhlig ionnsachadh?
- Dè na modailean ionnsachaidh a tha gan cleachdadh agus carson?
- Càite am faighear na cothroman agus modailean sin agus dè an ìre fileantachd agus/no litearrachd aig a bheil iad?
- Dè an aire a th' ann mu na cothroman agus modailean sin agus cia mheud a tha gan gabhail?
- Dè na dòighean leantaileachd structarail is neo-structarail a tha ann?
- Dè na dòighean maoinachaidh a th' ann an-dràsta?
- Dè an dleastanas a th' aig luchd-solair aig gach ìre agus dè cho èifeachdach 's a tha iad?
- Dè na beachdan a th' ann air cho èifeachdach agus feumail 's a tha cothroman agus modailean ionnsachaidh?
- Dè na reataichean call oileanach a th' ann ann an cùrsaichean, agus eadar ìrean ann an sligheachan leantaileachd, agus carson?
- Dè na barantasan a tha riatanach do dh'oileanaich agus luchd-oideachaidh?
- Dè na beàrnan mòra a th' ann ann an solarachadh agus dè na cnapan-starra ann an leantaileachd, a rèir àite, ìre tòiseachaidh agus coileanaidh, modailean ionnsachadh cànan, ionnsachadh sgilean cànan, an uiread tìde agus airgead a chosgas oileanaich, adhbharan is dealas an luchd-solair, agus na ceanglaichean eadar na cuspairean seo agus ri cuspairean eile?
- Dè na h-adhbharan a th' aig inbich a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig?

Tha an aithisg seo a' cleachdadh na h-abairt fharsaing 'Gàidhlig do dh'Inbich' (Gdl) gus nochdadh mar a tha eug-samhlachd a' sìor fhàs a thaobh gnè solarachaidh agus feumalachdan luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig. Bha àm nuair a bha, cha mhòr, solarachadh uile ga chuimseachadh air luchd-tòiseachaidh ach an-diugh tha mòran 'luchd-ionnsachaidh' de dhiofar seòrsa ann, a' gabhail a-steach oileanaich a tha air Gàidhlig fhaighinn sa sgoil, dòigh no dòigh air choreigin, pàrantan chloinne a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG), agus luchd-obrach ann am buidhnean poblach agus buidhnean eile a tha airson an sgilean Gàidhlig a leasachadh airson an cleachdadh nan obair. Tha an abairt agus an smuain 'Gàidhlig do dh'Inbich' air a thogail a dh'aon ghnòthach bhon Chuimrigh, far a bheil 'Cuimris do dh'Inbich' air a bhith stèidhichte grunn bhliadhnaichean a-nis.



## 2 Eachdraidh agus sealladh san fharsaingeachd

### 2.1 Luach luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig

Airson làn mheasadh a dhèanamh air èifeachdas bun-structar ionnsachaidh na Gàidhlig mar a tha e an-dràsta agus beachdachadh air feumalachdan san àm ri teachd, feumar an toiseach smaoinneachadh air amas bunasach bun-structar Gdl. Airson seo a dhèanamh thèid sùil a thoirt air an àite a dh'fhaodadh a bhith aig luchd-ionnsachaidh inbheach ann an Ath-thilleadh Gluasad Cànan/Reversing Language Shift (AGC), gu h-àraidh a thaobh nan targaidean a chaidh a shònrachadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12* (BnG 2007a) agus na molaidhean a chaidh ainmeachadh ann am plana gnìomha BnG *Ginealach Ùr na Gàidhlig*, a chaidh a-steach do Riaghaltas na h-Alba anns an Dùbhlachd 2009 (BnG 2010).

Faodaidh luchd-ionnsachaidh inbheach cur ri iomairtean AGC ann an grunn dhòighean le bhith:

- a' cur am meud an uiread tar-chur Gàidhlig eadar ginealaich ann an teaghlach
- a' cur am meud an uiread luchd-labhairt a tha fileanta sa Ghàidhlig
- a' cur am meud an uiread luchd-labhairt na Gàidhlig a tha clàraichte sa chunntas-sluaigh
- a' lionadh dhreuchdan a bhuineas ri Gàidhlig, dreuchdan luchd-teagaisg nam measg
- a' cur ri eug-samhlachd agus sgilean ann an coimhearsnachd na Gàidhlig
- a' cur ri iarrtas is gabhail sheirbheisean Gàidhlig
- a' cur ris an uiread daoine a bheir taic don Ghàidhlig agus a sheasas a còirichean

Thèid beachdachadh air na puingeann seo ann an òrdugh.

#### 2.1.1 Duilgheadas an tar-chuir eadar ginealaich

Tha tar-chur cànan eadar ginealaich anns an teaghlach ga mheas mar phrìomh chomharradh seasmhachd (Fishman 1991). A thaobh na Gàidhlig ann an Alba, tha an uiread tar-chuir eadar ginealaich air tuiteam gu ìre a tha èiginneach. Tha sgrùdaidhean air toraidhean a' chunntas-sluaigh agus anailis nas mionaidiche air sgìrean fa leth air sealltainn gu bheil ìrean tar-chuir eadar ginealaich ìosal agus a' tuiteam.

Sheall Cunntas-sluaigh 2001 nach robh ach aon neach-labhairt na Gàidhlig ann an còig a' fuireach ann an teaghlach far an robh a h-uile duine a' bruidhinn Gàidhlig. Aig ìre nàiseanta, a' gabhail a h-uile seòrsa teaghlach far am b' urrainn do na h-inbhich uile Gàidhlig a bhruidhinn, cha robh an cànan ach aig 49.1% aca (MacFhionghain 2006: 2). Tha e na chomharradh soilleir air crionadh na Gàidhlig san teaghlach nach robh, a rèir na h-aithisg *Sgoilearan ann an Alba 2009*, a' Ghàidhlig mar prìomh chànan na dachaigh ach aig 626 leanabh sgoile ann an Alba (Riaghaltas na h-Alba 2009: Clàr 1.14).

Ann an Cunntas-sluaigh 2001, cha robh an 1,437 teaghlach anns na h-Eileanan Siar le dithis phàrant a bha a' bruidhinn Gàidhlig a' riochdachadh ach 45% de dhachaighean le inbhich aig an robh Gàidhlig anns an sgìre agus cha robh iad a' toirt na Gàidhlig ach do 76.5% den cuid cloinne. Cha robh an 1,209 teaghlach san sgìre far nach robh ach aon phàrant ann an cupall a' bruidhinn Gàidhlig a' toirt a' chànan ach do 36.9% den chloinn agus cha robh an 307 teaghlach aona-phàrant le pàrant aig an robh Gàidhlig a' toirt a' chànan ach do 50.5% den chloinn (MacFhionghain 2006b: 2).

Taobh a-muigh na Gàidhealtachd, tha tar-chur eadar ginealaich tòrr mòr nas laige. Anns an roinn seo, cha robh an 767 teaghlach le dithis phàrant a bha a' bruidhinn Gàidhlig a' riochdachadh ach 11.5% de dhachaighean le inbhich aig an robh Gàidhlig agus cha robh iad a' toirt na Gàidhlig ach do 54.3% den cuid cloinne. Cha robh an 4336 teaghlach far nach robh ach aon phàrant ann an cupall a' bruidhinn Gàidhlig a' toirt a' chànain ach do 10.8% den chloinn agus cha robh an 1001 teaghlach aona-phàrant le pàrant aig an robh Gàidhlig a' toirt a' chànain ach do 24.9% den chloinn.

Tha rannsachadh cuideachd air sealltainn aomadh gu ìsleachadh ann an cleachdadh a' chànain san teaghlach fiù ann an dachaighean far a bheil tar-chur eadar ginealaich air tachairt (NicAoidh 2006; Pròiseact Planadh Cànain nan Eileanan Siar 2005). Tha seo a' sealltainn, chan e a-mhàin nach eil uiread òigrìdh ann a bhruidhneas an cànan mar chiad chànain ach cuideachd nach eil daoine òga aig a bheil Gàidhlig cho misneachail, comasach ga bruidhinn ri ginealaich a chaidh romhpa. Tha na suidheachaidhean seo a' sìor chur ri ìsleachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig san teaghlach.

Tha Joshua Fishman ag agairt anns na leabhraichean ùghdarrasail aige *Reversing Language Shift* (1991) agus *Can Endangered Languages be Saved?* (2001), gu bheil àite glè chudromach aig luchd-ionnsachaidh inbheach ann an ath-thilleadh gluasad cànain a thaobh cànain leithid Gàidhlig far a bheil tar-chur eadar ginealaich a' fàilligeadh. Nuair a tha daoine aois breith pàiste aig a bheil an cànan bho thùs agus a tha làn mhisneachail ann an cleachdadh a' chànain sin a' sìor fhàs nas gainne, feumar luchd-labhairt ùra a' chànain fo bhagairt a chruthachadh ma thathas a' dol a chumail àireamhan luchd-labhairt an-àirde agus dol a dh'ath-stèidheachadh tar-chur eadar ginealaich.

A rèir Fishman, tha e deatamach prìomhachas a chur air inbhich òga ann an oidhirpean AGC. Chan eil e idir coltach gun tig tar-chur eadar ginealaich susbainteach sam bith air Xish<sup>1</sup> le bhith a' teagasg tro mheadhan Xish mar dara cànan, leithid FTG ann an Alba, mura tig oidhirpean eile na chois airson AGC a thoirt gu buil (1991: caibideil 13). Tha Fishman ag ràdh 'school must be preceded (or at least accompanied) by adult language learning of the threatened language as a second language, by instruction in parenting via Xish, and then by substantial child acquisition of it as a first language even before the pupils-to-be show up at school' (2001: 15).

Tha mòran de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' toirt na Gàidhlig do an cuid cloinne mar-thà tro thar-chur eadar ginealaich no tabhartas cànain eadar ginealaich (sin, le bhith a' taghadh FTG don chloinn) agus tha e follaiseach gum bi prìomh àite aig luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu ruigear targaid a' *Phlana Nàiseanta* gum bi 'a' Ghàidhlig air a toirt air ais gu fàs nàdarach' ro 2030 (BnG 2007a: 15). Airson an cothrom seo a ghabhail, ge-tà, feumar solarachadh Gdl a chur air stèidh nas daingne.

### **2.1.2 A' cur àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig am meud**

A thuilleadh air cur ri tar-chur eadar ginealaich, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh inbheach cuideachadh gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a chumail no a chur an-àirde. Is e comharradh cudromach a th' ann an àireamhan luchd-labhairt air staid a' chànain, agus tha Mìcheal Ruiseail, a b' àbhaist a bhith na Mhinistear le dleasan airson na Gàidhlig, air a ràdh o chionn ghoirid gum bu chòir àrdachadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith aig cridhe oidhirpean gus a' Ghàidhlig a leasachadh.

---

<sup>1</sup> Is e *Xish* a th' aig Fishman air cànan sam bith a tha fo bhagairt.

Chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig aois 3 agus nas aosta sìos bho 65,978 gu 58,652 eadar 1991 agus 2001 (GROS 2005: Clàr 1). Tha seo a' ciallachadh gu robh call cuibheasach de mu 700 neach-labhairt na Gàidhlig gach bliadhna eadar 1991 agus 2001 (MacFhionghain 2003). Tha dùil tuilleadh crìonaidh fhaicinn ann an cunntas-sluaigh 2011, isleachadh a tha am *Plana Nàiseanta* (BnG 2007a:14) ag aideachadh glè choltach.

Mar a chaidh a luaidh roimhe, tha tar-chur na Gàidhlig eadar ginealaich anns an teaghlach aig ìre ìosal. Ged a tha FTG air àrdachadh a thòiseachadh ann an àireamh cloinne aois sgoile a bhruidhneas Gàidhlig, seallaidh tuairisgeul aoise luchd-labhairt na Gàidhlig gu bheil a' Ghàidhlig nas làidire am measg daoine nas aosta agus nas laige am measg daoine nas òige. Tha àireamhan cloinne ann am FTG fhathast fada ro ìosal airson cothromachadh a thoirt air reat call luchd-labhairt na Gàidhlig, ann am pàirt airson gu bheil lùghdachadh anabarrach mòr air tighinn air reat fàs FTG anns na beagan bhliadhnaichean seo chaidh (MacFhionghain 2003). Mar an ceudna, tha solarachadh do luchd-ionnsachaidh anns an àrd-sgoil — cothrom eile air luchd-labhairt ùra a chruthachadh — fhathast ìosal agus cha tàinig ach àrdachadh beag air anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad (faic earrann 5.1.3.3 gu h-ìosal).

Anns a' cho-theagsa seo, tha prìomh àite aig luchd-ionnsachaidh inbheach ann a bhith a' cuideachadh le àireamh an luchd-labhairt a thogail agus coinneachadh ri targaid a' *Phlana Nàiseanta* gun tèid 65,000 neach-labhairt na Gàidhlig a chlàradh ann an cunntas-sluaigh 2021, 75,000 ann an 2031 agus 100,000 ann an 2041.

Tha luchd-ionnsachaidh inbheach mar-thà a' cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a tha air an clàradh sa chunntas-shluaigh. A chionn nach eil an cunntas-sluaigh a' faighneachd ciamar a thogadh an cànan, chan urrainnear luchd-ionnsachaidh inbheach aithneachadh bho luchd-ionnsachaidh eile no bho luchd-labhairt dualchasach. Ach, tha comharraidhean ann gu bheil luchd-ionnsachaidh inbheach a' cur tomhas subsainteach ris an àireamh.

Ann an 2001, chlàradh 26,722 neach thar aois 3 comasach air Gàidhlig a thuigsinn nach b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh (GROS 2005: Clàr 2A). Ged a tha cinnt gur e luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a bhios ann an cuid aca, chan urrainnear innse gu pongail cia mheud, a chionn gu bheil an earrann 'tuigsinn a-mhàin' a' gabhail a-steach daoine a thogadh ann an dachaigh no coimhearsnachd Ghàidhlig. Bhiodh tuilleadh rannsachaidh air a' bhuidhinn 'luchd-tuigsinn' seo feumail airson uiread sa cheud de luchd-ionnsachaidh a chur an coimeas ris an uiread a thogadh le Gàidhlig bho dhùthchas ach nach bi ga bruidhinn gus an urrainnear solarachadh a chuireadh gu h-ìomchaidh (cf. BnG 2007a: 21).

Tha luchd-ionnsachaidh cuideachd pailt ann an earrainnean a' chunntais-shluaigh a bhuineas ri daoine a leughas agus/no a sgrìobhas Gàidhlig ach nach urrainn a bruidhinn: bha 4,744 neach thar aois 3 a b' urrainn Gàidhlig a leughadh ach nach b' urrainn a sgrìobhadh no a bruidhinn ann an cunntas-sluaigh 2001 (GROS 2005: Clàr 2A). Tha e coltach gur e luchd-ionnsachaidh inbheach a th' anns an fhìor mhòr-chuid den bhuidhinn seo. Tha seo nas coltaiche buileach nuair a chì sinn gun tàinig faisg air dùblachadh air an àireamh dhaoine a b' urrainn Gàidhlig a leughadh ach nach b' urrainn a sgrìobhadh no a bruidhinn eadar 1991 agus 2001 (GROS 2005: 9).

Tha luchd-ionnsachaidh fileanta cuideachd ann an àireamh na feadhainn a chaidh a chlàradh sa chunntas-sluaigh a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn. Ged nach eil ach beagan de luchd-ionnsachaidh a' fàs fileanta, mar a thèid beachdachadh air gu h-ìosal, tha rannsachadh air sealltainn gu bheil mòran luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig nach eil fileanta

gan clàradh fhèin mar luchd-labhairt na Gàidhlig sa chunntas-shluaigh (MacCaluim 2007: 184).

Is e comharradh eile air seo gun do rugadh 11% de luchd-labhairt na Gàidhlig a chaidh a chlàradh ann an cunntas-sluaigh 2001 taobh a-muigh na h-Alba. Ann an cuid de dh'àiteachan bha an àireamh seo mòran na b' àirde, le mu chairteal de luchd-labhairt na Gàidhlig ann am baile Dhùn Èideann à taobh a-muigh na h-Alba. Tha luchd-ionnsachaidh nas buailtiche a bhith à taobh a-muigh na h-Alba na luchd-labhairt na Gàidhlig san fharsaingeachd (MacCaluim 2007).

Mar a chithear ann an Clàr 2 gu h-ìosal, tha co-roinn shusbainteach den luchd-ionnsachaidh a lìon an suirbhidh anns an rannsachadh seo airson an clàradh fhèin mar luchd-labhairt na Gàidhlig ann an cunntas-sluaigh 2011, no nì iad sin ma tha iad air fàs fileanta gu leòr san ionnsachadh aca nuair a thig an cunntas-sluaigh. Tha am pàtran seo a' leigeil fhaicinn gum faodar àireamhan sa chunntas-sluaigh a chur an-àirde gu mòr ma thèid barrachd luchd-ionnsachaidh a thàladh gu siostam Gdl agus ma gheibh iad cuideachadh a' fàs misneachail ann an Gàidhlig a chleachdadh.

### **2.1.3 Luchd-ionnsachaidh agus obair co-cheangailte ri Gàidhlig**

Bha duilgheadas a' lìonadh dhreuchdan a bhuineas ri Gàidhlig a riamh na bhacadh air leasachadh na Gàidhlig (Galloway 1995a; Caimbeul et al. 2008). Rinn an aithisg a nochd o chionn ghoirid *Measuring the Gaelic Labour Market: Current and Future Potential* (Caimbeul et al. 2008) anailis air margaidh dhreuchdan na Gàidhlig agus sheall i grunn laigsean. Fhuair suirbhidh nàiseanta de luchd-fastaidh gu robh duilgheadas aig 74% den luchd-fhreagairt a' fastadh airson dreuchdan far an robh Gàidhlig riatanach, agus gur e na prìomh chnapan-starra dìth thagraichean agus dìth sgilean freagarrach sa Ghàidhlig (Caimbeul et al. 2008: 59).

Tha an aithisg a' nochdadh gu bheil na duilgheadasan seo buailteach fàs nas miosa mar a dh'fhàsas àireamh nan dreuchdan, mar thoradh air planaichean Gàidhlig reachdail agus fàs ann an craoladh agus foghlam Gàidhlig. Tha an aithisg a' rabhadh nach eil 'sufficient depth and scope in terms of people with suitable language skills' ann am margaidh dhreuchdan na Gàidhlig an-dràsta agus 'it is likely that if this situation is not improved upon it will curtail any forward progress in expanding the number of Gaelic essential employment posts that are dependent on people with sufficient levels of competencies in the Gaelic language' (Caimbeul et al. 2008: 81).

Tha an solarachadh luchd-obrach airson dreuchdan a bhuineas ri Gàidhlig glè ghan an-dràsta. Tha an àireamh de dh'òigridh a' tighinn don mhargaidh obrach bhon sgoil agus FAI/FA le comas freagarrach sa Gàidhlig glè ìosal cuideachd. Chan eil ach mu 200 sgoilear gach bliadhna a' buannachd barantas Ìre 6 (co-ionnan ri Àrd-ìre) agus chan eil ach mu 80 a' ceumnachadh le barantas a tha a' gabhail a-steach Gàidhlig (Caimbeul et al. 2008: 90).<sup>2</sup> Tha e cuideachd cudromach cuimhneachadh nach bi a h-uile duine le sgilean cànan sa Ghàidhlig ag iarraidh obair a bhuineas ri Gàidhlig.

A thuilleadh air an solarachadh luchd-obrach ùra, tha an stòras luchd-obrach airson dhreuchdan Gàidhlig air a chuingealachadh nas motha a chionn gum bi mòran de na dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach ag iarraidh daoine as urrainn Gàidhlig a labhairt, a

---

<sup>2</sup>Gun teagamh, bi mòran luchd-ionnsachadh anns na h-àireamhan ìosal seo seach daoine le Gàidhlig ò dhùthchas no bho FMG.

leughadh agus a sgrìobhadh. A rèir cunntas-sluaigh 2001, cha robh ach 31,218 de na daoine a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn — 53.3% den iomlan — cuideachd comasach air an cànan a leughadh, a sgrìobhadh agus a thuigsinn. Anns a' bhuidhinn seo, cha robh ach 14,979 ri gnìomh eaconamach (GROS 2005: Clàr 2A).

Anns a' cho-dhùnadh aca tha Caimbeul et al. ag ràdh 'there is a need to create a step-change in the numbers of young people entering the labour market with the requisite Gaelic language skills to meet the emerging demand for Gàidhlig essential demand' (2008: 98).

Faodaidh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig cur gu mòr a dh'ionnsaigh an fhìor àrdachaidh seo anns na h-àireamhan. Ged a tha FTG agus tar-chur a' chànain eadar ginealaich uile gu lèir deatamach ann an àrdachadh àireamh an luchd-labhairt agus solarachadh sgilean obrach Gàidhlig, is e pròiseasan slaodach a th' anns na dhà agus bheir fàs sam bith bliadhnaichean mus bi e follaiseach sa mhargaidh obrach. An taca ri seo, faodaidh luchd-ionnsachaidh inbheach Gàidhlig ionnsachadh ann an ùine ghoirid. Tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh inbheach fileanta comasach air Gàidhlig a leughadh agus a sgrìobhadh cho math ri a bruidhinn (MacCaluim 2007; McLeod 2005: Clàr 6). Air an adhbhar sin, dh'fhaodadh tasgadh ann an ionnsachadh inbheach èifeachdach piseach a thoirt gu buil gu luath a thaobh solarachadh don mhargaidh obrach Ghàidhlig agus aig prìs a tha cuibheasach ìosal.

Ach chan e a mhàin gu bheil luchd-ionnsachaidh inbheach a' cur ri solarachadh luchd-obrach do dhreuchdan Gàidhlig san fharsaingeachd, tha iad cuideachd deatamach airson dreuchdan a dh'fheumas sgilean sònraichte a lionadh. Far a bheil feum air sgilean air leth speisealta, no far a bheil iarrtas mòr air sgil air choreigin, tha an coltas ann nach tig na daoine freagarrach bho choimhearsnachd na Gàidhlig a mhàin. Mar sin, dh'fhaodadh inbhich aig a bheil na sgilean a tha a dhìth Gàidhlig ionnsachadh agus na dreuchdan speisealta seo a lionadh.

A thuilleadh air seo, ged a tha àireamh iomlan luchd-ionnsachaidh inbheach fileanta na Gàidhlig ìosal an-dràsta, tha buaidh mhì-chuimseach mòr aca ann an dreuchdan a bhuineas ri Gàidhlig. Tha luchd-ionnsachaidh inbheach air an fhìor dheagh riochdachadh ann an obair a bhuineas ri Gàidhlig, agus iad gu h-àraid follaiseach ann an sgoilearachd agus obair leasachaidh na Gàidhlig, ach tha a' bhuidhinn aca cuideachd a' sìor fhàs ann an roinnean leithid craoladh agus foghlam. Mar sin, tha iad mar-thà cudromach a thaobh AGC. Is e eisimpleir air leth buntainneach sa chùis seo an sgrùdadh air clasaichean Gdl a rinn Pollock ann an 2008, a fhuair gu robh mu treas cuid den luchd-oideachaidh a chaidh a lorg air Gàidhlig ionnsachadh (Pollock 2008: [24]).

#### **2.1.4 Luchd-ionnsachaidh agus teagasg na Gàidhlig**

Is e an duilgheadas as miosa ann am fastadh a bhuineas ri Gàidhlig an sìor-ghainnead ann an tidsearan FTG agus FLI. Tha àite air leth cudromach aig luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig ann a bhith a' furtachadh a' ghainnead thidsearan agus a' toirt fàs gu buil ann am foghlam na Gàidhlig.

Ged a dh'fhàs FTG gu luath agus gu seasmhach tro na 1990an, thàinig tuisleadh anns na 2000an air sgàth droch dhìth thidsearan Gàidhlig (Buidheann-gnìomha Thidsearan FTG 2005). Bho 2000, tha an àireamh sgoiltean a bhios a' tabhann FTG air fuireach an ìre mhath mar a bha i agus chan eil àireamh nan sgoilearan air èirigh ach beagan. Eadar 2000 agus 2009, cha deach àireamhan ann am foghlam bun-sgoile MG an-àirde ach bho 1,862 gu 2,256.

Tha fàs ann am FTG san àrd-sgoil air a bhith nas laige buileach, le 326 sgoilear ann an 2000 an taca ri 397 ann an 2008 (Oilthigh Shrath Chluaidh 2001-9). Tha HMle air co-dhùnadh 'tha e na shìor-bhacadh air leudachadh curraicealam Gàidhlig na h-àrd-sgoile nach urrainnear gu leòr luchd-teagaisg deònach a lorg agus a chumail a tha barantaichte ann an cuspair agus fileanta sa Ghàidhlig' (HMle 2005: 1). Tha an dìth adhartais seo millteach a chionn gu bheil FTG san àrd-sgoil deatamach ma tha sgoilearan dol a bhuanachd làn fhileantach is litearrachd sa chànan agus a bhith uidheamaichte leis na sgilean a dh'fheumar ann an obair a bhuineas ri Gàidhlig.

Tha *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* air targaidean àrd-mhiannach a stèidheachadh airson fàs ann am foghlam na Gàidhlig. Tha am plana ag amas air àrdachadh ann an àireamh nan sgoilearan ann am FTG aig gach ìre sna beagan bhliadhnaichean ri thighinn. Tha am plana cuideachd a' sùileachadh gum bi 4,000 sgoilear a' clàradh sa chiad bhliadhna de dh'fhoghlam bun-sgoile MG ro 2021, 10,000 ro 2031 agus 15,000 ro 2041 (BnG 2007a).

An-dràsta, tha mu 170 tidsear a' teagasg ann am FTG sa bhun-sgoil. Gus targaid 4,000 sgoilear a' tòiseachadh ann am bun-sgoil FTG gach bliadhna a ruighinn bhiodh feum air mun aon uiread seo de thidsearan a' teagasg anns gach bliadhna. Tha seo a' ciallachadh seachd uiread a bharrachd de thidsearan Gàidhlig ann an raon na bun-sgoile thar an aon bhliadhna deug ri thighinn; agus chan eil seo a' cunntadh tidsearan a bhiodh a dhith anns an sgoil-àraich agus airson FTG agus FLI san àrd-sgoil.

Ann a bhith a' gabhail beachd air meud na h-oidhirp seo, bu chòir cuimhneachadh gu bheil aois chuibheasach thidsearan Gàidhlig caran àrd, a' ciallachadh gum bi mòran aca a' fàgail na dreuchd anns na deich bliadhna ri thighinn. Is e dùbhlán a th' anns an aomadh seo ann fhèin (Buidheann-gnìomha Thidsearan FTG 2005: 24).

Air sgàth nam factaran a chaidh a nochdadh seo shuas a thaobh dhreuchdan a bhuineas ri Gàidhlig san fharsaingeachd, chithear nach eil e idir coltach gu ruigear na targaidean seo sa *Phlana Nàiseanta* mura tèid prìomhachas a chur air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Gu ruige seo, tha oidhirpean airson tidsearan fhadthaird air cuimseachadh air luchd-labhairt na Gàidhlig a th' ann mar-thà, gu h-àraidh daoine a thàinig tro FTG, agus feuchainn ris a' bheagan thidsearan aig a bheil Gàidhlig ach nach eil ag obair ann am foghlam Gàidhlig a thàladh don roinn.

Ach, airson gu leòr thidsearan aig a bheil Gàidhlig fhaighinn luath gu leòr, feumaidh mòran thidsearan, agus daoine a tha airson teagasg a thoirt a-mach ach aig nach eil Gàidhlig mar-thà, an cànan ionnsachadh. Tha seo air aithneachadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*, aig a bheil prìomhachas 'toirt a-steach agus toirt taic do bhogadh cànan agus cothroman ionnsachadh litearrachd slighe-luath do dhaoine a tha comasach air a bhith nan luchd-teagaisg' airson gum bi 'mòran a' dèanamh cùrsaichean cànan a tha a' cur aghaidh air bogadh cànan agus feuman litearrachd' (BnG 2007a: 67).

### **2.1.5 Luchd-ionnsachaidh agus iarrtas airson sheirbheisean Gàidhlig**

Tha buaidh mhì-chuibheasach mòr aig luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig cuideachd a thaobh gabhail sheirbheisean Gàidhlig. Ged a tha àireamh an luchd-ionnsachaidh fhileanta caran beag an-dràsta, tha iad nan co-roinn shusbainteach de luchd-cleachdaidh sheirbheisean Gàidhlig leithid làraich-lìn, colbhan Gàidhlig agus leabhraichean is sgrìobhainnean Gàidhlig.

Mar as tricee tha luchd-ionnsachaidh fileanta na Gàidhlig litearra sa chànan agus mar sin a' cur ri iarrtas air seirbheisean sgrìobhte. O chionn gu bheil iad air roghnachadh an cànan

ionnsachadh, tha luchd-ionnsachaidh inbheach cuideachd dealasach mun Ghàidhlig agus glè thric tha iad airson a cleachdadh uiread sa ghabhas (MacCaluim 2007).

Tha e cuideachd fìor gu bheil luchd-ionnsachaidh fileanta na Gàidhlig nan co-roinn shusbainteach de luchd-iomairt a' chànain. A thaobh seo bu chòir cuimhneachadh gum faod fiù daoine nach eil fileanta cur ri leasachadh cànan ann an dòighean cudromach.

## **2.2 Ath-bhreithneachadh air an rannsachadh is dàta làthaireach mu sholarachadh Gàidhlig do dh'inbhich (Gdl)**

Rinneadh ceithir sgrùdaidhean mòra air luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig anns an fhichead bliadhna a chaidh seachad. Is iad *Feumalachdan Luchd-Ionnsachaidh – Rannsachadh Nàiseanta*, le Comunn na Gàidhlig agus CLI ann an 1992; *Estimate of the Number and Distribution of Adult Learners of Gaelic* le Iain Galloway do Chomunn na Gàidhlig ann an 1995; an tràchdas PhD aig Alasdair MacCaluim ann an 2002 air luchd-ionnsachaidh inbheach, a chaidh ùrachadh agus fhoillseachadh mar leabhar ann an 2007 air a bheil *Reversing Language Shift: The Role and Social Identity of Scottish Gaelic Learners*, agus *Provision of Gaelic Classes for Adult Learners* le Irene Pollock dha Deiseal Ltd ann an 2008.

Chaidh grunn sgrùdaidhean na bu lugha a dhèanamh cuideachd a bha a' cuimseachadh air cùisean sònraichte a' buntainn ri ionnsachadh na Gàidhlig leithid craoladh agus cùrsaichean bogaidh. Rinneadh luaidh cuideachd air luchd-ionnsachaidh inbheach ann an rannsachaidhean foghlaim na b' fharsainghe. Thèid bruidhinn air na sgrùdaidhean sin anns an earrainn seo mar a tha iomchaidh.

Bha a' chiad sgrùdadh mòr air solarachadh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, *Feumalachdan Luchd-Ionnsachaidh* (CnaG / CLI 1992), stèidhichte air suirbhìdh nàiseanta de luchd-ionnsachaidh agus luchd-oideachaidh na Gàidhlig agus rinn e tuairisgeul iomlan air a' bhun-structar do luchd-ionnsachaidh mar a bha e ann an 1991, a' dèanamh mholaidhean don àm ri teachd. Fhreagair 760 neach-ionnsachaidh agus 128 neach-oideachaidh an suirbhìdh.

Nochd *Feumalachdan* grunn dhuilgheadasan le bun-structar ionnsachadh na Gàidhlig. An toiseach, bha cus cudrom ga chur air clasaichean oidhche gun mòran dòighean ionnsachaidh eile ri fhaighinn. Cha robh cùrsaichean bogaidh sam bith ann, cha robh ach beagan chùrsaichean a' tachairt aig an àite-obrach agus beagan ghoireasan airson ionnsachadh air astar, mar eisimpleir. Bha clasaichean ioma-ìre cumanta, le daoine de gach comas cànan uile air an teagasg san aon chlas agus cha robh na dòighean teagaisg agus cuspairean cànan a' freagradh feumalachdan no ùidhean an luchd-ionnsachaidh uile. B' e daoine le Gàidhlig dhùthchasach, ag obair gu saor-thoileach gun mòran trèanadh ann an teagasg cànan, ma bha càil idir, bu trice a bha a' teagasg agus bha càileachd an teagaisg bochd mar thoradh air sin. Am measg nan lochdan eile a chaidh a nochdadh bha stuthan teagaisg dona no seann-fhasanta agus dìth craolaidh Gàidhlig a bha freagarrach do luchd-ionnsachaidh. B' e am prìomh cho-dhùnadh 'Provision for adult Gaelic learners is fragmented, lacks co-ordination and needs a more structured approach' (CnaG / CLI 1992: 65).

B' e seo an co-dhùnadh a bh' aig aithisg Luchd-sgrùdaidh na Banrìghe airson Foghlaim *Provision for Gaelic Education in Scotland*, a chaidh fhoillseachadh dà bhliadhna às dèidh sin, a bha ag amas air measadh is tuairisgeul a dhèanamh air solarachadh foghlaim na Gàidhlig aig a h-uile ìre, a' gabhail a-steach roinn an luchd-ionnsachaidh inbheach: 'There is a clear need for collaboration among Gaelic organisations, education authorities and

institutions of further and higher education to ensure more effective and co-ordinated provision for adult learners [...] creation of a basic infrastructure is vital' (Roinn Foghlaim Oifis na h-Alba 1994: 27).

Chithear buaidh nan lochdan seo a chaidh a nochdadh ann am bun-structar ionnsachaidh na Gàidhlig tro thoradh dà sgrùdaidh eile air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Nochd sgrùdadh tar-aimsireil air suirbhìdh riochdachail de luchd-ionnsachaidh a rinn Gordon Wells nach robh e coltach gu robh dòighean ionnsachaidh leithid chlasaichean oidhche èifeachdach airson luchd-ionnsachaidh a thoirt gu fileantachd sa Ghàidhlig. Shaoil mu dhàrna leth an luchd-fhreagairt aige nach robh iad air adhartas sam bith a dhèanamh sa chànan ann an trì bliadhna, shaoil an còigeamh pàirt den luchd-fhreagairt gu robh iad air a dhol air ais agus cha robh an còrr den bheachd gu robh iad ach air beagan adhartais a dhèanamh (1997: 25).

B' e co-dhùnadh Wells: 'for adult learners wishing to break free of their English monolingualism the picture is bleak if the chosen route is via traditional methods of learning, for example night classes, or even short weekend or week-long courses. The longitudinal findings of this research [...] underline the lack of promise such routes offer [...] Clearly the status quo is untenable if a significant growth in the number of successful adult learners is to be achieved' (Wells 1997: 25).

Bha grunn amasan aig rannsachadh MhicCaluim air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, a sheall air luchd-ionnsachaidh inbheach ann an co-theagsa AGC. B' e an t-amas as motha a bhuineas don sgrùdadh seo ceisteachan suirbhìdh de luchd-ionnsachaidh inbheach ann an 1998/9 agus tuairisgeul air a' bhun-structar Gdl mar a bha e ann am meadhan nan 2000an. Sheall an suirbhìdh cuideachd ri eachdraidh shòisealta an luchd-ionnsachaidh, mar a bha iad a' cleachdadh na Gàidhlig agus dè an t-adhbhar a bh' aca airson ionnsachadh, a' sgrùdadh fèin-aithne luchd-ionnsachaidh agus àite an neach-ionnsachaidh inbheach ann an AGC.

Cho-dhùin an rannsachadh gu robh bun-structar ionnsachaidh na Gàidhlig neo-chunbhalach, le mòran bheàrnan mòra ann an solarachadh agus dìth co-òrdanachadh ro-innleachdail coitcheann. Am measg nam beàrnan solarachaidh bu mhiosa bha dìth structair air trèanadh luchd-oideachaidh, agus gainnead dian-chùrsaichean is cothroman ionnsachaidh sùbailte. B' e buaidh nan lochdan bunasach seo ann am bun-structar ionnsachaidh na Gàidhlig gur e fìor bheagan de luchd-ionnsachaidh, ann an àireamh agus mar cho-roinn de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gu lèir, a bhuannaich fileantachd sa chànan. Thagair e cuideachd gur e 'ceann caol na maraig' a bha an raon Gdl a' faighinn agus solarachadh do luchd-ionnsachaidh inbheach ga phutadh don iomall ann an cruthachadh poileasaidh agus ro-innleachd leasachaidh na Gàidhlig, suidheachadh nach robh a' toirt feart air cho cudromach 's a bha e do AGC a bhith a' tàladh luchd-ionnsachaidh agus a' toirt barrachd aca gu fileantachd.

Ann a bhith a' dèanamh coimeas eadar bun-structar ionnsachaidh na Gàidhlig ann am meadhan nan 2000an agus tràth sna 1990an (mar a dh'innseadh ann am *Feumalachdan Luchd-Ionnsachaidh*), thagair MacCaluim, ged a bha beagan leasachaidh air tachairt, gur e fìor bheagan adhartais a rinneadh san eadar-àm airson dèiligeadh ris na lochdan structarail a chaidh ainmeachadh. Bha mòran adhartais air tachairt a thaobh chùrsaichean bogaidh Gàidhlig agus cùrsaichean làn-thìde eile ann an grunn àiteachan agus deasachadh nan cùrsaichean innleachdach aig Sabhal Mòr Ostaig airson ionnsachadh sùbailte, *An Cùrsa Inntigidh* agus *An Cùrsa Adhartais*. Ach, cha robh ach beagan de na cùrsaichean seo ann agus cha b' urrainn dhaibh àireamh mhòr de luchd-ionnsachaidh fileanta a thoirt gu buil, gu h-



àraidh airson nach robh co-òrdanachadh ro-innleachdach nàiseanta ann agus gu robh sìor-dhuilgheadasan maoinichaidh a' bacadh sgaoileadh nan cùrsaichean FA làn-thìde Gàidhlig.

Nochd suirbhidh MhicCaluim air luchd-ionnsachaidh Gàidhlig gu robh buadhan aig luchd-ionnsachaidh a dh'fhaodadh cur ri oidhirpean AGC. Nam measg bha dealas airson a' chànain, eòlas air cùisean Gàidhlig, deagh ghean don Ghàidhlig agus gu robh iad a' neartachadh na margaidh airson bathar agus seirbheisean Gàidhlig. Ach, thagair e nach robh an cothrom seo airson AGC a neartachadh ga ghabhail ceart, leis an t-suirbhidh a' sealltainn nach robh luchd-freagairt ach air beagan adhartais a dhèanamh ann an ionnsachadh agus nach robh iad idir sàsaichte leis na goireasan ionnsachadh a bha rim faighinn aig an àm.

Bha aois chuibheasach àrd an luchd-ionnsachaidh cuideachd na dhragh. Bha a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt nam meadhan aois no nas sine, le glè bheag de luchd-ionnsachaidh anns an earrainn fo-30 a tha cho cudromach, pàtran a bheir droch bhuaidh air tar-chur eadar ginealaich agus gabhail foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig.

Bha sgrùdadh Pollock ann an 2008 airson sealladh farsaing a ghabhail air na cothroman a bha rim faighinn ann am meadhan 2008 airson ionnsachadh inbheach na Gàidhlig ann an Alba. Chleachdadh agallamhan fòn agus rannsachadh eadar-lìn gus stòr-dàta chlasaichean air feadh na h-Alba a chruthachadh, a' gabhail a-steach an làn-raon de luchd-solair (ùghdarrasan ionadail, colaistean, oilthaighean, buidhnean neo-eisimeileach agus daoine fa leth).

Nochd an sgrùdadh seo dìth co-òrdanachaidh ann an solarachadh Gdl, duilgheadas ann a bhith a' faighinn an fhiosrachaidh as ùire mu chothroman ionnsachaidh agus beàrnan ann an solarachadh, a' co-dhùnadh 'the main characteristics of available Gaelic classes in mid-2008, therefore, are that they are: lacking any link to a national framework, concentrated in urban areas, cater mainly to beginners and vary widely in timetable, cost, content and quality' (Pollock 2008:1). Tha na co-dhùnaidhean seo coltach ri co-dhùnaidhean *Feumalachdan Luchd-ionnsachaidh* agus rannsachaidhean MhicCaluim. Thèid beachdachadh nas mionaidiche a dhèanamh air toradh sgrùdadh Pollock ann an earrann 3 den aithisg seo.

Bha amas beagan eadar-dhealaichte aig sgrùdadh Iain Galloway ann an 1995 bhon fheadhainn eile a chaidh ainmeachadh: bha e airson faighinn a-mach àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Alba. Stèidhichte air anailis air cunntasan reic stòrasan ionnsachaidh Gàidhlig, ceisteachan a chaidh a chur a-mach do 120 neach a bha air ùr-chlàradh ann an CLI agus conaltradh le luchd-solair, rinn e tuairmeas faiceallach gu robh mu 8,000 neach-ionnsachaidh ann an Alba aig an àm. B' e an tuairmeas a rinn e air comasan cànanain luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air fad gu robh mu 12% aig ìre tòiseachaidh, 56% aig eadar-mheadhanach ìosal, agus nach robh ach 23% aig ceann àrd na h-ìre eadar-mheadhanaich agus 9% adhartach (1995b: 5).

Shoilleirich aithisg Galloway beagan cuideachd mu ghnè agus èifeachd bun-structar Gdl. Bha a' chuid bu mhotha de chlasaichean Gàidhlig foirmeil a chaidh ainmeachadh ann an Alba do luchd-tòiseachaidh, bha àireamh bu lugha ann don ìre eadar-mheadhanach agus glè bheag dha-riribh do dh'adhartach. Sheall luchd-freagairt a' cheisteachain gu robh luchd-ionnsachaidh ag aomadh ri bhith ag ionnsachadh ùine mhòr, cha mhòr an dàrna leth airson 5 bliadhna no nas fhaide agus faisg air cairteal airson 10 bliadhna no nas fhaide. (Galloway 1995b: 8). Bu chòir a thoirt fa-near gur e seo a fhuair na sgrùdaidhean mòra eile a dh'ainmicheadh an seo ach gu bheil an dàta as ùire, a chithear ann am Figear 3, nas dòchasaiche.

Rinneadh dà sgrùdadh air cùrsaichean bogaidh Gàidhlig. Rinn sgrùdadh ann an 1994 le Mòrag NicNeill is M. N. Peutan rannsachadh air dè cho comasach 's a bhiodh e cùrsaichean bogaidh Gàidhlig a stèidheachadh, a' sealltainn ri modailean agus dòighean bogaidh agus dian-theagasg cànan is ionnsachaidh. Chaidh grunn chùrsaichean bogaidh a stèidheachadh goirid às dèidh don aithisg seo nochdadh. Rinn sgrùdadh le Boyd Robasdan (2001a) breithneachadh air solarachadh bogaidh mar a bha e aig an àm agus molaidhean leasachaidh airson an ama ri teachd. Gu mì-fhortanach cha deach na molaidhean seo a chur an gnìomh gu h-iomlan agus anns na bliadhnaichean o chionn ghoirid tha an uiread cholaistean FA a bhios a' tabhann chùrsaichean bogaidh air sìor thuiteam. Mar a chanar nas fhaide san aithisg seo, tha seo air a bhith na bhuille chruaidh do sholarachadh Gdl, a chionn gu robh structar nan cùrsaichean seo a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' fàs fileanta ann an dòigh nach gabhadh a dhèanamh ann an cùrsaichean nach robh cho dian.

### 2.3 Prìomh dhealasan poileasaidh a thaobh solarachadh Gdl

Ged a tha grunn bhuidhnean air molaidhean a dhèanamh a thaobh solarachadh Gdl thar nam bliadhnaichean (a' gabhail a-steach SFC 2007, 2008), 's iad na dealasan as cudromaiche an fheadhainn a chaidh a stèidheachadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-2012* (BnG 2007a) agus, as ùire, ann an *Ginealach Ur na Gàidhlig* (BnG 2010), Plana Gnìomha a' Bhùird airson àireamh Luchd-labhairt na Gàidhlig a chur an-àirde, a chaidh a chur a-steach do Mhinistear na Gàidhlig san Dùbhlachd 2009 agus fhoillseachadh sa Ghiblean 2010.

Tha am *Plana Nàiseanta* ag amas gu sònraichte air 'meudachadh an luchd-ionnsachaidh inbheach Gàidhlig a' dol air adhart gu fileantachd' (12). Bha seo air ainmeachadh mar thargaid 'sna beagan bhliadhnaichean ri teachd' (14).<sup>3</sup> Eucoltach ris na h-àireamhan mionaideach a th' ann mu thuairmeas air clàraidhean bun-sgoile, ge-tà, chan eil targaidean mionaideach sam bith ann airson luchd-ionnsachaidh inbheach. Is e aon duilgheadas an seo gu bheil e duilich innse an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a tha a' fàs fileanta as aonais siostam leantaileachd is deuchainn (cùis a thèid beachdachadh air ann an earrann 5. 2. 2 den aithisg seo). Shaoilear, ge-tà, gu bheil targaidean a' *Phlana Nàiseanta* airson àrdachadh ann an àireamh luchd-labhairt gu ruige 2021, 2031 agus 2041 a' tuigsinn gun tig mòran bhon raon Gdl.

Tha am *Plana Nàiseanta* a' sònrachadh 'togail cànan ann an ionnsachadh inbheach' mar 'raon prìomhachais' agus ag aithneachadh luach luchd-ionnsachaidh inbheach a thaobh AGC: 'Chan e a-mhàin gum meudaich foghlam inbheach an àireamh de dhaoine fileanta agus comasach air leughadh na Gàidhlig, ach nuair a tha na h-inbhich fhèin a' faighinn teaghlaidhean tha barrachd dùil gum bi tuilleadh chloinne a' tòiseachadh a' togail a' chànan anns an dachaigh agus a' dol air adhart tro fhoghlam tron Ghàidhlig.' (BnG 2007a: 21). Tha am *Plana Nàiseanta* cuideachd a' cur cudrom air luach nan daoine a thuit ann an Cunntas-sluaigh 2001 gu robh iad a' tuigsinn a' chànan ach nach robh iad fileanta ga bhruithinn, a' gabhail a-steach an dà chuid 'luchd-ionnsachaidh nach do ràinig fileantachd, mar thoradh air ro bheag de chothroman', 'daoine a dh'fhàs suas leis a' chànan ach nach d' fhuair teagasg foirmeil agus mar sin chan eil iad a' faireachdainn làn-fhileanta anns a' chànan', agus daoine 'a dh'fhàs suas leis a' chànan ach aig a bheil glè bheag de sgilean litearrachd no, mar thoradh air foghlam tron Bheurla, as urrainn an cànan a bhruithinn ach nach eil cinnteach às an comas air Gàidhlig a chleachdadh ann an obair làitheil' (BnG 2007a: 21).

---

<sup>3</sup>Tha na faclan air td 14 beagan nas mionaidiche: 'meudachadh anns an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a' dol air adhart gu fileantachd'.

Ghabhadh an diofar seòrsa 'luchd-tuigsinn' seo a thoirt gu fileantachd mhisneachail na b' fhasa na luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh bhon fhìor thoiseach, ged a bhiodh feum air dòighean eadar-dhealaichte a chleachdadh airson gach buidhne.

Chan eil na dealasan airson an raon Gdl anns a' *Phlana Nàiseanta* uabhasach mionaideach no teann, ge-tà. A thuilleadh air an suirbhidh seo òrdachadh, tha am Bòrd a' gealltainn a bhith 'a' brosnachadh bhuidhnean iomchaidh gus a dhol an sàs ann an siostam nàiseanta èifeachdach de dh'fhoghlam inbheach Gàidhlig' agus ag ràdh gu bheil iad 'ag iarraidh na buidhnean iomchaidh a mhisneachadh gus beachdachadh am biodh e comasach' 'ionadan roinneil ionnsachadh agus cultar Gàidhlig,' a stèidheachadh, agus a' nochdadh gu bheil iad 'a' sùileachadh gun toir a h-uile buidheann buntainneach san roinn seo, mar ùghdarrasan ionadail, Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim, Ministearan na h-Alba, Ionnsachadh agus Teagasg Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba agus oilthighean, aire do na prìomhachasan air an ainmeachadh anns an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Ghàidhlig ann an coileanadh an dreuchdan' (a' gabhail a-steach na planaichean Gàidhlig reachdail, far a bheil sin buntainneach) (BnG 2007a: 21). Is e am prìomhachas as daingne san roinn seo 'cur an sàs sgeama thabhartasan gus taic a thoirt do dhaoine a tha ag iarraidh an sgilean Gàidhlig a leasachadh', ach chan eileas ag innse an uiread taic a tha ga shùileachadh (BnG 2007a: 21).

Tha *Ginealach Ur na Gàidhlig a'* moladh còig Prìomh Raointean Gnìomha, agus 's e Ionnsachadh Inbheach aon aca, le gnìomhan, builean agus Prìomh Chomharran Coileanaidh sònraichte air am mineachadh fo na cinn fa leth (BnG 2010: 11).

Is e a' chiad gnìomh sònraichte airson Ionnsachadh Inbheach 'tuilleadh airgid-seilbhe ann an Ùlpan, am modail teagaisg Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gu bheil cùrsaichean air an làn-leasachadh, nas ruigsinniche agus barantaichte'. 'S iad na builean ainmichte an seo gum bi crìoch air cùrsaichean Ùlpan Ìre 2 (air am bi beachdachadh mionaideach gu h-ìosal, earrann 3.3) agus gum bi iad deiseil airson an liubhairt an taobh a-staigh trì mìosan (sin, as t-samhradh 2010), le Ìre 3 sa Mhàrt 2011; gun crìochnaich 80% de dh'oileanaich na cùrsaichean aca; agus gun tèid cùrsaichean Ùlpan a bharantachadh le SQA mar a thèid gach Ìre a leasachadh. A rèir nam prìomh chomharran coileanaidh, bu chòir 2,000 inbheach a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig tro Ùlpan ro 31 Dùbhlachd 2012, le 1,600 aca a' crìochnachadh an cùrsaichean, agus gum bi barantachadh SQA ri fhaotainn leis na h-oileanaich sin a tha ga iarraidh (ro 31 Dùbhlachd 2010, a rèir coltais, a thaobh Ìrean 1 agus 2).

Is e an dàrna gnìomh sònraichte 'dà thogalach gan sònrachadh mar Ionadan Ionnsachaidh Gàidhlig a' tairgsinn sàr-mhathas ann an cothroman togail Gàidhlig agus loidhne fiosrachaidh do luchd-ionnsachaidh san amharc'. Chan eil raon-obrach mionaideach nan Ionadan seo air a dhèanamh soilleir, ge-tà. 'S iad na builean ri bheil dùil an seo 'cuimse a thaobh leasachadh agus liubhairt air an làraich a thairgsinn, san àite obrach agus le bhith a' cleachdadh teicneòlas ùr' agus 'luchd-obrach ainmichte a tha comasach air ìrean fiosrachaidh nas cinntiche a thairgsinn a thaobh ionnsachadh Gàidhlig'. Is e am prìomh chomharradh coileanaidh an seo gum bi, ro 31 Màrt 2011, 'Àireamhan de dh'inbhich ag ionnsachadh Gàidhlig a' sìor fhàs tro ionnsachadh air astar no fuasgladh latha bhon obair, gu bhith air a thomhais gach bliadhna bho bhunait 2010'. Chan eil meud an fhàs a tha ga mholadh air innse.

Is e an treas gnìomh sònraichte a bhith a' leasachadh 'làrach-lìn ùr ionnsachaidh an co-bhonn ri BBC Alba agus cur ri brosnachadh BBC Gàidhlig, MG Alba agus BBC na h-Alba

gus barrachd phrògraman ionnsachaidh Gàidhlig a thairgsinn do dh'inbhich'. Is i a' bhuil a tha ga sùileachadh an seo gum bi 'Bòrd na Gàidhlig, BBC Alba agus, ma ghabhas e dèanamh, BBC na h-Alba, ri co-obrachadh ann an solar ionnsachadh na Gàidhlig, tro phrògraman agus stuthan taic air an eadar-lìon'. Is iad na prìomh chomharran coileanaidh a tha gan ainmeachadh an seo 'meudachadh air luchd-amhairc/èisteachd a thaobh BBC Alba agus Rèidio nan Gàidheal' ro 31 Dùbhlachd 2010 agus 'Margaid nas motha airson foillseachaidhean Gàidhlig agus stuthan ionnsachaidh' ro 31 Màrt 2011. A-rithist, chan eil meud an àrdachaidh seo ga shònrachadh.

Mu dheireadh, tha BnG airson 'toraidhean an ath-bhreithneachaidh air Ionnsachadh Inbhich a rinneadh le Oilthigh Dhùn Èideann [a mheasadh] agus far a bheil e comasach agus ion-mhiannaichte, an toirt gu buil'. Is iad na builean an seo 'Raon de eadar-theachdan stèidhichte air builean an rannsachaidh a bharantaich am Bòrd mu fheumalachdan luchd-ionnsachaidh inbheach, agus na molaidhean uile a bhuileachadh agus dèiligeadh ris na toraidhean a chì am Bòrd iomchaidh agus comasach, an taobh a-staigh a dhleistanais'. Thèid na gnìomhan seo a dhèanamh ann an dòigh leantainneach ann an 2010-11.

### 3 Solarachadh Gdl ann an Alba an-dràsta

Tha an rannsachadh againn air suidheachadh toinnte, eugsamhail a nochdadh a thaobh solarachadh Gdl ann an Alba an-dràsta.<sup>4</sup> Ged a lorgar iomadh seòrsa cothroim airson Gàidhlig ionnsachadh ann an diofar àiteachan san dùthaich, tha e follaiseach gu bheil dùbhlain rin coinneachadh a thaobh freagarrachd agus faighinn nan cùrsaichean agus ciamar a tha iad air an cur air adhart agus air am maoinachadh. Tha an earrann a leanas airson breithneachadh rianail a thoirt air an t-solarachadh làthaireach agus anailis air na beàrnan is uireasbhaidhean seo.

#### 3.1 Stòr-dàta an luchd-sholair agus am pròiseas cruinneachadh dàta

Tha Stòr-dàta ann am pàipear-taice A leis an liosta as ùire de chlasaichean Gàidhlig do dh'ìnbhich, mar as trice ag innse an ath chùrsa a bhiodh solaraichean a' ruith. B' iad cùrsaichean a' tòiseachadh as t-Fhoghar 2009 a bha an seo, airson na mòr-chuid de luchd-solair, ach tha cùrsaichean air an liosta cuideachd a' tòiseachadh tràth gu meadhan 2010. Ach, tha cuid de sholaraichean ann nach bi ach a' tabhann chùrsaichean fad-seachdain ann an làithean-saora na Càisge no an t-samhraidh. Air an adhbhar sin tha an Stòr-dàta a' tabhann tuairisgeul san fharsaingeachd air cothroman ionnsachaidh, seach liosta ùghdarrasail.

As t-samhradh 2009, rinneadh a' chiad Stòr-dàta a sheall luchd-solair chlasaichean Gàidhlig, seòlaidhean, agus cùrsaichean sam bith a bha gan sanasachadh aig an àm. Chaidh a' mhòr-chuid de dh'fhiosrachadh mu luchd-solair fhaighinn tro làraichean-lìn (a' gabhail a-steach an Stòr-dàta 'Learn Gaelic' aig <http://iletec.co.uk/learnGàidhlig> agus liosta Learn Direct Scotland aig [www.learnirectscotland.com](http://www.learnirectscotland.com)), agus cuideachd bho rannsachadh a rinneadh roimhe, leithid stòran-dàta ann an aithisg Pollock 2008 do Dheiseal Ltd air Solarachadh Gdl agus aithisg Galloway ann an 1995, cho math ri fiosrachadh bho dhaoine fa leth. Cha deach fios a chur air luchd-solair gu meadhan an t-Sultain 2009, airson nach bi a' mhòr-chuid de chlasaichean a' ruith rè an t-samhraidh, agus airson cothrom a thoirt do luchd-solair fiosrachadh a chruinneachadh mu chlàraidhean.

Chuireadh post-d gu gach solaraiche an toiseach ag innse dhaibh mun rannsachadh, gu cuideigin sònraichte sa bhuidhinn nuair a b' urrainnear sin a dhèanamh. Chuireadh leth-bhreac de sgrìobt an agallaimh (faic Pàipear-taice C) an lùib seo do luchd-solair a bha airson freagairt tro phost-d; fhuair luchd-solair cuideachd cothrom gabhail pàirt ann an agallamh fòn. Cha robh an reat freagairt don chiad phost-d seo àrd – mu 30%. Nuair a bha àireamh fòn ann, chuireadh gairm fòn air luchd-solair; ach, cha robh ach cuid den fheadhainn air an deach fios a chur a b' urrainn an stòr-dàta a chrìochnachadh. Ann am meadhan an Dàmhair 2009 chuireadh post-d cuimhneachaidh don a h-uile solaraiche bho nach d' fhuaras fiosrachadh. Thàinig 12 fhreagairt mar thoradh air seo. Rinneadh an oidhirp mu dheireadh air fiosrachadh a chruinneachadh eadar Faoilleach is Giblean 2010. Bha cuid den luchd-solair fhathast gun fiosrachadh innse mu na clasaichean aca nuair a chuireadh an aithisg seo a-steach, agus bha aon solaraiche cudromach, Taic (CNSA mar a b' àbhaist a bhith air) a thuirt nach robh iad ag iarraidh innse dhuinn mu na cùrsaichean a bh' aca aig an àm.

---

<sup>4</sup>Tha beagan solarachaidh GfA ri fhaighinn ann an Sasainn, A' Ghearmailt, Canada, na Stàitean Aonaichte agus Astràilia ach chan eil seo ann an raon na h-aithisg seo. Tha cothroman gan sìor leasachadh don luchd-ionnsachaidh seo fàs fileanta sa Ghàidhlig le mar a tha piseach a' tighinn air goireasan ionnsachaidh, goireasan air-loidhne nam measg. Faodaidh luchd-ionnsachaidh taobh a-muigh na h-Alba pàirt a ghabhail sa choimhearsnachd Ghàidhlig air-loidhne agus nuair a bhios iad a' faighinn bathar agus seirbheisean Gàidhlig.

Bha e glè dhuilich an dàta mionaideach as ùire a chruinneachadh don Stòr-dàta seo, air grunn adhbharan. Bha fiosrachadh poblach, gu h-àraidh air an Eadar-lìon, tric neo-iomlan no aosta. Bha dìth fios agus cuimhne aig buidhnean solair, gu h-àraidh ùghdarrasan ionadail, agus bha e tric duilich an neach freagarrach a lorg ann am buidheann air am bu chòir fios a chur. Agus, rud a bha na bhriseadh dùil mòr, bha mòran chùrsaichean a chaidh a ghairm no a shanasachadh, nach deach air adhart aig a' cheann thall (agus tric cha deach a shanasachadh ceart gun deach cùrsa a chur dheth).

Tha an Stòr-dàta a rinneadh as t-samhradh 2008 do Dheiseal Ltd na shlat-coimeis fheumail. Chaidh an Stòr-dàta seo a chur ri chèile air adhbharan ionnan, agus fhuaras an aon seòrsa dhuilgheadasan ga dhèanamh a thaobh dìth co-òrdanachaidh am measg luchd-solair, glè bheag fiosrachadh eachdraidheil (mar eisimpleir, àireamhan clàraidh bho bhliadhnaichean eile), fiosrachadh ceàrr no aosta air làraichean-lìn, agus an aon seòrsa dìth fiosrachaidh aig luchd-solair a thaobh susbaint chlasaichean, clàradh, luchd-oideachaidh agus msaa. Ged nach eil teagamh nach robh an Stòr-dàta a rinneadh do dh'aithisg Dheiseil feumail airson an rannsachadh seo a dheasachadh, tha e na chùis iongnaidh gu robh mu chairteal de ainmean agus/no seòlaidhean luchd-fiosrachaidh a-nis ceàrr dìreach bliadhna air adhart. A thuilleadh sir seo, bha mu 10% de na clasaichean anns an Stòr-dàta nach robh a' ruith tuilleadh. B' e an aon mheudachadh susbainteach ann an àireamhan na clasaichean aig Ùlpan. Bha mun aon tuairmeas ann air àireamh an luchd-ionnsachaidh, ged a tha am fiosrachadh seo, a-rithist, glè neo-phongail. Tha an dìth ionnanachd eadar an dà stòr-dàta, a rinneadh nas lugha na ochd mìosan deug bho chèile leis an aon neach-rannsachaidh, a' nochdadh dùbhlàn mòr don neach-ionnsachaidh àbhaisteach ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh. Gu dearbh, tha an neo-sheasmhachd seo a' sealltainn cho sgapte agus lag 's a tha bun-structar na Gdl aig an àm seo.

Air sgàth na neo-cheangailteachd agus dìth co-òrdanachaidh seo, b' fheudar am fiosrachadh airson an Stòr-dàta againn a lorg bho iomadh àite agus seòrsa solaraike eadar-dhealaichte. Mar a bhiodh dùil, b' e saothair mhòr a bh' ann dàta a chruinneachadh mu bhuidhnean saor-thoileach ionadail. Ach, cha robh dùil gum biodh e cho duilich an luchd-fiosrachaidh freagarrach a lorg airson solarachadh ùghdarrasan ionadail. Bha seo airson gu robh diofar structaran is amasan aig Ionnsachadh/Leasachadh Coimhearsnachd ann an comhairlean eadar-dhealaichte agus nach eil a h-uile comhairle a' gabhail pàirt anns a' Bhuidhinn Ath-bhreithneachaidh air Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd airson na Gàidhlig (CLDRG).

Bha e gu sònraichte follaiseach cho duilich 's a bha e fiosrachadh ùr, earbsach agus so-ruigsinn air cothroman ionnsachaidh fhaighinn air-loidhne fiù ged as e an t-Eadar-lìon a-nis am prìomh stòras fiosrachaidh do uiread dhaoine. Bha seo gu h-àraidh fìor mu fhiosrachadh air solarachadh Gàidhlig nan ùghdarrasan ionadail, a bha tric ro aosta ma bha e ann idir. Faodaidh fiosrachadh neo-iomlan no ceàrr bruaillean no dìth misneachd a chur air oileanaich a tha a' lorg cothroman ionnsachaidh.

Dh'fhaodte clas air choreigin a shanasachd, mar eisimpleir, a bhith a' ruith 'gach Dimàirt bho 7-9f' gun deitichean an teirm innse. No, cha robhas ag innse dè a' bhliadhna air an robh clas a' ruith agus mar sin cha robh e follaiseach an ann ri clas làthaireach no a chaidh seachad a bhùineadh am fiosrachadh.

Tha fiosrachadh mu chlasaichean, cùrsaichean agus stòrasan Gdl de gach seòrsa ri fhaighinn tron phortal aig Clì Gàidhlig, [learn-gaelic.info](http://learn-gaelic.info), a chaidh a stèidheachadh le taic bho CLDRG. Tha an stòras air-loidhne seo a' leigeil le luchd-ionnsachaidh coimhead airson

chothroman ionnsachaidh a rèir sgìre, ìre agus seòrsa cùrsa agus dh'fhaodadh e obrachadh mar phrìomh làrach airson fiosrachadh Gdl.

Ged a tha am portal seo glè fheumail agus dh'fhaodadh e a bhith na leas mòr, tha grunn laigsean ann an-dràsta. Is e an tè as cudromaiche nach eil e idir iomlan, ged a tha mòran chothroman ionnsachaidh rin lorg air. Feumaidh an luchd-solair fhèin fiosrachadh a chur air an Stòr-dàta no innse do Chlì Gàidhlig. Agus, uaireannan, chan eil am fiosrachadh as ùire ri fhaighinn air a chionn gu bheil ùrachadh fiosrachaidh an urra ris an luchd-sholair. Mar eisimpleir, air 8 Gearran 2010, airson Oilthigh Dhùn Dèagh, bha an Stòr-dàta ag innse mu chlasaichean a' tòiseachadh san Fhaoilleach 2007 seach an clas a bha ga ruith ann an 2009-10 (mar a chithear san Stòr-dàta ann am Pàipear-taice A). Uaireannan eile, chan eil deitichean an cois an fhiosrachaidh idir agus chan eil e follaiseach dè an rè ama ri bheil iad a' buntainn. Fiù nuair a tha am fiosrachadh ceart air clasaichean àraidh, glè thric chan eil e iomlan agus tha rudan cudromach leithid prìs a' chùrsa air fhàgail a-mach.

Tha an làrach-lìn aig Learndirect Scotland ([www.learndirectscotland.com](http://www.learndirectscotland.com)) cuideachd a' tabhann Stòr-dàta de chothroman ionnsachaidh a ghabhas rannsachadh, a' gabhail a-steach solarachadh Gdl. Ionnan ri stòr-dàta learn.gaelic.info, faodar an làrach seo a rannsachadh a rèir sgìre, seòrsa cùrsa agus ìre agus is e stòras glè fheumail a th' ann do luchd-ionnsachaidh, gu h-àraidh a thaobh FA, agus gu ìre nas lugha, FAI. A-rithist, ge-tà, chan eil an dàta idir iomlan no earbsach. Aig 8 Gearran 2010, bha an Stòr-dàta ag innse gu robh clasaichean oidhche do luchd-tòiseachaidh agus iar-luchd-tòiseachaidh a' ruith eadar Iuchar 2009 agus Iuchar 2010 aig gach aon ionad ionnsachaidh deug aig Colaiste Earra-Ghàidheal, nuair nach robh ri fhaighinn dha-rìribh ach aon chlas còmhraidh a mhàin a' tòiseachadh san Fhaoilleach bho ionad Ìle tro cheangal bhidio.

Co-cheangailte ris a' chùis seo, bha grunn math chùrsaichean a chaidh a dhealbh agus a shanasachadh ach nach do ruith. Uaireannan bha seo airson nach gabhadh neach-oideachaidh freagarrach a lorg, ach mar bu trice b' e an duilgheadas nach robh oileanaich gu leòr air clàradh. Tha àireamh clàraidh as ìsle aig mòran luchd-solair agus cuiridh iad clasaichean dheth gu math faisg air a' cheann-latha tòiseachaidh mura h-eil oileanaich gu leòr aca. Tha seo air leth cumanta ann an colaistean FA agus ùghdarrasan ionadail, far a bheil a' Ghàidhlig na cuspair am measg iomadh cuspair. Tha oileanaich mì-shàsaichte agus a' faireachdainn briseadh dùil nuair a thèid clas a chur dheth nuair a bha iad an dùil an cùrsa a dhèanamh, agus tha seo fìor mu oileanaich nach cluinn mu chùrsa gu às dèidh dha a chur dheth. A thuilleadh air sin, is tric nach tèid innse do stòran-dàta meadhanach leithid Learndirect Scotland gun deach clas a chur dheth. Mar eisimpleir, air 8 Gearran 2010, bha an Stòr-dàta seo fhathast ag innse gu robh Colaiste nan Crichean a' ruith clas Gàidhlig Luchd-tòiseachaidh eadar 25 Faoilleach agus 29 Màrt 2010, nuair as i an fhìrinn nach do thòisich an clas a-riamh air sgàth dìth oileanach.

Mar a thèid beachdachadh air gu h-ìosal, tha Comhairle Maoinachaidh na h-Alba air maoinachadh sònraichte a chur air thaobh o chionn ghoirid 'to support the viability of Gaelic courses with otherwise unviable cohorts' (Comhairle Maoinachaidh na h-Alba (SFC) 2008: 4), ach cha bhuin an siostam seo ach do luchd-solair FA/FAI a mhàin agus chan ann do ùghdarrasan ionadail. A thuilleadh air sin, chan eil e coltach gum bi solaraike deònach a dhol tro na pròiseasan rianachd toinnte co-cheangailte ri maoinachadh sònraichte SFC fhaighinn mura a h-eil dad ri bhuanachd ach aon chùrsa goirid am measg iomadh cùrsa a tha iad a' tabhann, seach cùrsa bogaidh fad-bliadhna a bheireadh obair do aon neach-obrach làn-thìde no barrachd.

### 3.2 Raon an luchd-sholair

Tha an Stòr-dàta a' sealltainn còrr is 160 cùrsa bho mu 50 solaraiiche. Tha suidheachadh nan cùrsaichean ri fhaicinn ann an riochd mapa ann am Pàipear-taice B. Tha an fhìor mhòr-chuid de sholarachadh Gdl ri fhaighinn an-dràsta ann an sgìrean Chomhairle na Gàidhealtachd, nan Eilean Siar, Dhùn Èideann agus mòr-sgìre Ghlaschu. Tha solarachadh ann am badan eile de dh'Alba gann ma tha e ann idir (mar a chithear ann an Siorrachd Obar Dheadhain, Lodainn an Ear, Meadhan Lodainn, Arcaibh, Sealtainn agus Siorrachd Àir a-Deas). Ann an Earra-Ghàidheal is Bòid agus Peairt is Cinn Rois, dà àite le dualchas Gàidhlig gu math làidir, tha an ìre solarachaidh iongantach ìosal agus tha e coltach gu bheil i air a dhol sìos anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad. Gu dearbh, a' sealltainn ris an raon Gdl thar na h-Alba air fad, chan eil e coltach gun tàinig fàs susbainteach sam bith air an àireamh chùrsaichean o chionn ghoirid, ged a tha sgaoileadh chùrsaichean Ùlpan na leasachadh dòchasach.

Tha dà sholaraiiche a bhios a' ruith grunn chùrsaichean eadar-dhealaichte air feadh Alba, Clì Gàidhlig/Deiseal (Cùrsaichean Ùlpan) agus Taic/CNSA (cùrsaichean Total Immersion Plus), agus raon eugsamhail de luchd-solair a' tabhann chùrsaichean de iomadh seòrsa ann an sgìrean fa leth, bho ùghdarrasan ionadail gu colaistean FA gu buidhnean Gàidhlig priobhaideach.

Tha aon atharrachadh cudromach air tighinn air solarachadh Gdl o chionn beagan bhliadhnaichean a tha na cheum mòr air ais: tha lùghdachadh anabarrach air tachairt ann an àireamh nan cùrsaichean bogaidh aig colaistean FA. Aig deireadh nan 1990an, bha ceithir-deug Colaistean FA ann am badan eadar-dhealaichte de dh'Alba a' tabhann chùrsaichean bogaidh. Chan eil an-diugh ach trì: Colaiste a' Chaisteil, Sabhal Mòr Ostaig agus Colaiste Stow. Nuair a chaidh na cùrsaichean seo à bith chailleadh aon de na seòrsaichean solarachaidh Gdl as èifeachdaiche agus as dèine, anns an robh fìor chothrom aig oileanaich fàs fileanta sa Ghàidhlig.

Is e tachartas millteach eile mar a tha ùghdarrasan ionadail a' tarraing a-mach à maoineachadh dìreach chlasaichean foghlam coimhearsnachd agus a' cur 'modail com-pàirteachais' na àite far am bi an t-ùghdarras a' maoineachadh agus ag obair còmhla ri grunn bhuidhnean eile, mar as trice anns an raon shaor-thoileach. Fiù ma tha na com-pàirtichean a' tabhann deagh sholarachadh, bidh am modail seo buailteach solarachadh nach eil cho seasmhach, cunbhalach agus earbsach a thabhann, agus duilgheadasan a chur am meud a thaobh droch shanasachd agus cur air adhart (cùis air an tèid beachdachadh gu h-ìosal).

Chan eil an Stòr-dàta a' sealltainn chùrsaichean FAI no foghlam Gàidhlig a bhios luchd-fastaidh a' toirt seachad mar phàirt de phrògram trèanaidh, a chionn nach eil cothrom aig luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san fharsaingeachd an dèanamh. Chan àbhaist do chùrsaichean FAI (a' gabhail a-steach cùrsaichean dàrna, treas is ceathramh bliadhna aig SMO agus Colaiste a' Chaisteil, cho math ri cùrsaichean aig Oilthighean Obar Dheathain, Dhùn Èideann agus Ghlaschu) a bhith fosgailte ach do oileanaich clàraichte air prògram ceuma ioma-bliadhna. Rinn SFC anailis o chionn ghoirid air aomaidhean agus cùisean co-cheangailte ri FAI, a tha ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte bhon chòrr den raon Gdl (2007).

Tha solarachadh san àite-obrach a' sìor fhàs nas cudromaiche, mar as trice tro chur na gnìomh nam planaichean Gàidhlig reachdail, ged nach eil iad uile. Tha seo ionnan ris a' phàtran anns a' Chuimrigh bho thàinig Achd na Cuimris a-steach ann an 1993. Tha a h-uile buidheann phoblach a rinn plana Gàidhlig gu ruige seo air gealladh air choreigin a



dhèanamh a thaobh chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do an luchd-obrach, uaireannan rè uairean obrach aig an àite-obrach fhèin. Is i aon chùis a bhuineas ri solarachadh Gdl bho luchd-fastaidh gum feumar trèanadh cànan a cheangal ri coileanadh obrach agus seirbheisean a libhrigeadh don phoball. Air an adhbhar sin dh'fhaodte gu feum an trèanadh cànan seo a bhith cuimsichte no speisealta seach a bhith coitcheann mar a tha solarachadh Gdl san fharsaingeachd.

### 3.3 Seòrsaichean chlasaichean

Mar a shaoilear, tha grunn sheòrsaichean clas rim faotainn an-dràsta, bho luchd-tòiseachaidh gu adhartaich, bho chùrsaichean stèidhichte air gràmar gu clasaichean a chanas nach eil gràmar annta idir gu clasaichean còmhraidh. Tha seo ga dhèanamh duilich bruidhinn air structaran agus dòighean is stuthan teagaisg chùrsaichean anns a' chumantas. Ach, chithear grunn chomharraidhean a bhuineas ris a' mhòr-chuid.

An toiseach, tha e coltach gu bheil an fhìor mhòr-chuid de sholarachadh cuimsichte air ìrean luchd-tòiseachaidh agus iar-luchd-tòiseachaidh, le àireamh is roghainn nan cùrsaichean a' sìor dhol an lughad mar a thèid an ìre an-àirde. Tha grunn chlasaichean ann a tha 'measgaichte' no 'freagarrach do na h-uile', mar as trice airson nach eil gu leòr oileanaich ann airson clasaichean fa leth a ruith aig diofar ìrean. Ged a tha am pàtran seo do-sheachanta, ann an dòigh, agus fios is cinnt ann nach eil a h-uile h-oileanach a thòisicheas air Gàidhlig a' dol a leantainn orra gu clasaichean eadar-mheadhanach is adhartach, tha duilgheadas structarach subsainteach an seo a thaobh dìth structaran leantaileach a tha, an dà chuid, soilleir agus dha-rìribh fosgailte do oileanach sam bith a tha gan iarraidh.

Tha eadar-dhealachadh mòr ann eadar na diofar dhòighean-teagaisg a tha gan cleachdadh ann an clasaichean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, ann am pàirt air sgàth dhiofaran structarach ann an clàran-teagaisg, dòighean-teagaisg agus feallsanachd, ach cuideachd air sgàth dhiofaran ann an stoidhle is dòighean-obrach luchd-oideachaidh fa leth. Dh'fhaodadh diofar mòr a bhith anns an 'aon' chùrsa a tha solaraiche air choreigin a' tabhann bho bhliadhna gu bliadhna. Tha an neo-sheasmhachd agus dìth rèim proifeiseanta a tha cumanta anns an raon Gdl buailteach neo-chunbhalachd den leithid a chur am meud.

Is àbhaist do chlasaichean oidhche traidiseanta cudrom a chur air conaltradh pragtaigeach, le clàr-teagaisg stèidhichte air cuspairean sònraichte. Glè thrì bidh structaran gràmair cudromach air an cur an lùib nan cuspairean beag air bheag. Mar eisimpleir, air clàr-teagaisg Gàidhlig 1, Cùrsa 1 aig Oifis Ionnsachadh Fad-beatha Oilthigh Dhùn Èideann gheibhear: cur fàilte air daoine, ag innse cò thu, ainmean-àite, ag ràdh dè th' agad, ag iarraidh biadh is deoch, an teaghlach agus an uair, cho math ri teagasg air riochdairean, buadhairean, 'bi' anns na tràthan làthaireach, caithte is teachdail, ainmearan gnìomhaireach, ceist-fhaclan agus riochdairean seilbheach.

Tha dòigh Ùlpan, a chaidh a dheasachadh le Deiseal Ltd stèidhichte air cùrsaichean soirbheachail anns a' Chuimrigh (agus Israel bho thùs), gu math eadar-dhealaichte ann an iomadh dòigh. Chaidh Ùlpan a sgaoileadh a-mach ann an diofar àiteachan ann an Alba bho 2006 agus tha fèill mhòr air a bhith air ann an iomadh pàirt den dùthaich, gu h-àraidh sna h-Eileanan Siar, tro Chom-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd nan Eileanan Siar.<sup>5</sup>

---

<sup>5</sup>Faodar, ge-tà, am fàs ann an cothroman Gdl anns na h-Eileanan Siar fhaicinn mar droch chomharra. Ginealach no dhà air ais cha bhiodh feum air solarachadh den t-seòrsa a chionn gu robh uiread sa choimhearsnachd a bha làn-fhileanta sa Ghàidhlig.

Tha còrr is 1,000 oileanach air clàradh air cùrsaichean Ùlpan, agus prìs clàraidh na companaidh a phàigheadh, bho 2007. Stèidhichte air ath-aithris structaran cànan air a mheasgachadh le cluich mas-e-fìor is geamaichean, tha Ùlpan freumhaichte ann an còmhradh ach air a chruthachadh ann an dòigh a bhrosnaicheas tuigse air gràmar, leughadh agus sgrìobhadh.

Is e aon ghearan a thogas ceann mu Ùlpan cho daor 's a tha e, agus tha e coltach gu bheil seo na bhacadh do chuid de dh'oileanaich is luchd-solair a bhith ga thaghadh. Feumaidh oileanaich (no buidhnean a tha gam maoineachadh) prìomh phrìs clàraidh £50 a phàigheadh agus an uair sin £4 gach aonad. Tha an cùrsa gu lèir, a tha ag amas air oileanach a thoirt gu fileantachd, a' gabhail a-steach 216 aonad thar 324 uair a thide uile gu lèir.

Tha Total Immersion Plus (TIP), a tha co-cheangailte ri Taic (CNSA) agus na cùrsaichean 'Gàidhlig san Dachaidh', na dhòigh teagaisg air leth innleachdach agus suaicheanta a tha ag amas air oileanaich a thoirt gu fileantachd ann an dìreach 200 uair a thide, no mu aon deichead den tìde a thathas a' meas deatamach airson cànan a thogail. Seo mar a tha an solaraidhe a' dealbhadh na dòigh teagaisg:

Tha togail cànan ann an TIP a' ciallachadh gu bheil na h-oileanaich air an cuairteachadh leis a' Gàidhlig a tha iad ag ionnsachadh agus a' tighinn thuca tro stiùireadh fiosrachaidh bhon neach-oideachaidh. Tha an cànan ga thogail leis na h-oileanaich mar a thèid iad tro chùrsa TIP; an toiseach le bhith a' cleachdadh fhaclan fa leth, abairtean agus an uair sin rosgrannan agus an ceann sreath tha còmhradh comasach dhaibh.

Nuair a tha oileanach air tòiseachadh air an cànan a thogail bidh dà fheart de TIP gan cleachdadh: dian ath-aithris agus conaltradh gun fhaclan, agus ceum air cheum thig fileantach.

Chan eil dòighean TIP a' cleachdadh leughadh, sgrìobhadh, gràmar no eadar-theangachadh idir sa chiad ìre.<sup>6</sup>

Tha grunn dhòighean ann a thaobh stuthan teagaisg. Is e an cleachdadh as cumanta measgachadh a chleachdadh de stuthan a rinn an neach-oideachaidh fhèin (bileagan de gach seòrsa, mar as trice) agus leabhar teagaisg foillsichte, mar as trice *Speaking Our Language* no *Teach Yourself Gaelic*. Tha cùrsaichean Ùlpan agus Cùrsa Inntigidh agus Cùrsa Adhartais Sabhal Mòr Ostaig a' cleachdadh mòran stuthan siostamach a chaidh a dhealbhadh a dh'aon ghnòthach airson nan cùrsaichean sin.

Tha Ionnsachadh air astar fhathast caran neo-leasaichte ann an solarachadh Gdl. Tha Sabhal Mòr Ostaig air dà chùrsa soirbheachail a dheasachadh, An Cùrsa Inntigidh (cùrsa Gàidhlig bunaiteach) agus cùrsa a leantainn bhuaithe, an Cùrsa Adhartais, ach chan eil sin a' frithealadh ach ri beagan oileanach, agus tha na cosgaisean caran àrd (£675 agus £966 an urra). A thuilleadh air stuthan fèin-ionnsachaidh agus Àrainneachd Ionnsachaidh Air-loidhne, bidh clas(aichean) fòn ann gach seachdain (mu trì-cairteal na h-uarach de dh'fhaid) agus trì cùrsaichean deireadh-seachdaine le àite-còmhnaidh nan lùib. Feumaidh oileanaich sreath de sgrùdaidhean sgrìobhte is labhairteach a dhèanamh mar a thèid iad tron chùrsa. Aig deireadh a' Chùrsa Inntigidh, a rèir an t-solaraidhe, faodaidh dùil a bhith

---

<sup>6</sup>[http://www.ti-plus.com/tip\\_what\\_is\\_it.htm](http://www.ti-plus.com/tip_what_is_it.htm)

aig oileanaich ‘tomhas math den Ghàidhlig’ a bhith aca, agus tha An Cùrsa Adhartais gan toirt nas fhaisge air fileantachd.<sup>7</sup>

Tha Colaiste Telford ann an Dùn Èideann a’ tabhann chlasaichean Gàidhlig air astar, ach chan eil àireamhan clàraidh làthaireach rim faighinn. Taobh a-muigh na h-Alba, tha Acadamaidh Gàidhlig an Atlantaig, stèidhichte ann an Canada, air nochdadh mar solaraike soirbheachail eile de Gdl air astar.

Ged a tha an dòigh teagaisg cudromach, agus tha cuid de dhòighean nas soirbheachaile na feadhainn eile, dh’fhaodte a ràdh gun deach barrachd cudroim a chur air an dòigh teagaisg seach ceistean structair is libhrigidh airson greis a-nis. Ged a tha e cinnteach gun gabh leasachadh a dhèanamh air teagasg, dòighean-teagaisg agus stuthan, tha na prìomh dhùbhlain mu choinneamh an raoin Gdl rin lorg am badeigin eile.

### 3.4 Structuaran maoinachaidh

Chan eil mòran feum a bhith a’ bruidhinn air ‘buidseat Gdl’ mar a bhruidhnear air buidseat craolaidh na Gàidhlig. Tha solarachadh Gdl ann an Alba a’ faighinn taic bho grunn àiteachan, agus chan eil ach beagan aca a’ tabhann airgead a tha airson luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a mhàin. Tha an taic seo a’ gabhail a-steach diofar shruthan ionmhais bho BnG, CnaG agus buidhnean Gàidhlig eile; àrd-riaghaltas agus riaghaltas ionadail, gu h-àraidh siostam nan tabhartasan sònraichte do dh’fhoghlam Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba; buidhnean poblach eile, leithid Iomairt na Gàidhealtachd ‘s nan Eileanan, SFC, ILA Alba, Comhairle nan Leabhraichean, MG ALBA agus am BBC; agus, gun teagamh, cisean cùrsa nan oileanach.

Is e an sruth ionmhais cuimsichte as cudromaiche airson Gdl am maoinachadh a bhios Clì Gàidhlig a’ faighinn, gu h-àraidh bho BnG (£85,000 san iomlan ann an 2008/9), ach cuideachd bho CnaG, IGE, Comhairle Bhaile Obar Dheathain, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Pheairt is Chinn Rois. Tha buidheann eile a bhios a’ faighinn prìomh mhaoineachadh bho BnG, Taic (CNSA), cuideachd a’ gabhail pàirt a tha a’ sìor fhàs anns an raon Gdl tro na cùrsaichean ‘Gàidhlig san Dachaidh’ aca.

Is e prìomh thobar maoinachaidh eile an Tabhartas Sònraichte do dh’Fhoghlam Gàidhlig. Ged a tha a’ mhòr-chuid den bheachd gu bheil am maoinachaidh seo ceangailte ri foghlam sgoile, bidh grunn ùghdarrasan ionadail a’ cur cuid de Mhaoin an Tabhartais Shònraichte aca a dh’ionnsaigh chosgaisean ionnsachadh coimhearsnachd agus solarachadh Gdl eile (me clasaichean do phàrantan cloinne ann am FTG). Tha buidseat iomlan nan Tabhartasan Sònraichte ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna – chaidh an t-suim airson 2008-9 agus 2009-10 a stèidheachadh aig £4.4m – agus bidh cuibhreannan bliadhnail nan ùghdarrasan ionadail an urra ris na tagraidhean fa leth a chuireas iad a-steach; air an adhbhar sin, tha an t-suim a thèid a chosg air solarachadh Gdl taobh a-staigh thagraidhean nas motha ag atharrachadh. A chionn nach bi an Tabhartas Sònraichte a’ pàigheadh ach suas ri 75% de chosgaisean, feumaidh ùghdarras ionadail sam bith a chleachdas an t-airgead seo co-dhiù 25% a phàigheadh bho a stòrasan fhèin. A thaobh ùghdarrasan ionadail leithid Ghlaschu nach bi ag iarraidh air oileanaich pàigheadh airson an clasaichean foghlam coimhearsnachd (a’ gabhail a-steach clasaichean Gàidhlig), faodaidh cuibhreann na comhairle a bhith meadhanach mòr. Bidh cuid de dh’ùghdarrasan ag iarraidh pàigheadh bhon chuid as motha de dh’oileanaich ann an clasaichean foghlam coimhearsnachd ach a’ leigeil le pàrantan cloinne ann am FTG frithealadh an asgaidh.

<sup>7</sup> Faic [www.smo.uhi.ac.uk/en/cursaichean/inntrigidh/index.php](http://www.smo.uhi.ac.uk/en/cursaichean/inntrigidh/index.php)

Ann an àiteachan eile, chan eil an t-ùghdarras ionadail a' toirt taic dhìreach do chlasaichean Gdl agus ionnsachadh coimhearsnachd idir. Bidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, mar eisimpleir, a' toirt thabhartasan beaga do ghrunn chom-pàirteachasan Gàidhlig (me Còmhal, Cinn Tìre, Latharna, Muile is Ì, Tiriodh) thar an ùghdarras ionadail air fad agus bidh cuid de na com-pàirteachasan sin a' tabhann solarachadh Gdl de dhiofar seòrsa.

Bidh na diofar stèidhean FA agus FAI a bhios a' tabhann Gàidhlig uile a' faighinn prìomh mhaoineachadh bhon SFC. Bidh BnG cuideachd a' toirt beag-mhaoineachadh do Cholaiste a' Chaisteil (£45,400 ann an 2008/9) agus SMO (£4,750 ann an 2008/9). Bidh SMO cuideachd a' faighinn tabhartas bliadhnaile susbainteach a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba (£1.25 millean ann an 2009/10).

A thuilleadh air a' bheagan chùrsaichean an asgaidh, tha teachd-a-steach bho na bhios oileanaich a' pàigheadh cuideachd na shruth maoineachaidh cudromach, fiù ged nach eil na prìsean glè àrd mar as trice, agus uaireannan glè ìosal. Tha an Stòr-dàta ag innse na prìs mu choinneamh gach cùrsa.

Bidh Buidhnean Gàidhlig, a' gabhail a-steach BnG, CnaG agus Urras Brosnachaidh na Gàidhlig, cuideachd a' tabhann maoineachadh de dhiofar seòrsa ann an dòigh nas neo-chunbhalach. Tha an sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd aig BnG a' maoineachadh iomairtean coimhearsnachd de gach seòrsa, mòran aca a' gabhail a-steach solarachadh Gdl leithid chlasaichean do phàrantan cloinne ann am FTG. Faodar a' Mhaoin Gniomhachaidh Phlanaichean Gàidhlig a bhios BnG a' ruith a chleachdadh airson solarachadh Gdl, ge bith an ann airson clasaichean Gàidhlig a thoirt do luchd-obrach no airson solarachadh foghlam coimhearsnachd.

Tha maoineachadh airson leabhraichean agus stòrasan mheadhanan a chruthachadh na shruth air leth agus cudromach de thaic ionmhasail Gdl. Tha prìomh àite aig Comhairle nan Leabhraichean ann a bhith a' lasachadh prìs raon fhoillseachaidhean a tha freagarrach do luchd-ionnsachaidh inbheach, a' gabhail a-steach leabhraichean cùrsa agus stuthan fiosrachaidh ach cuideachd an sreath nobhailean goirid a tha ag amas air luchd-ionnsachadh a tha Sandstone Press a' cur a-mach. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig air stòrasan cudromach a dhèanamh do FLI ann an sgoiltean a dh'fhaodadh a bhith feumail do luchd-ionnsachaidh inbheach, a' gabhail a-steach *Gràmar na Gàidhlig* agus an leabhar-cùrsa *Ceumannan* a nochd o chionn ghoirid. Bidh MG Alba (Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) agus am BBC a' maoineachadh grunn stòrasan do luchd-ionnsachaidh inbheach, gu h-àraidh na tha air làrach-lìn BBC Alba ([www.bbc.co.uk/alba/foghlam/learn\\_gaelic](http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/learn_gaelic)). Tha Riaghaltas na h-Alba air £50,000 a bharrachd a thoirt do MG ALBA o chionn ghoirid airson làrach-lìn ùr a dheasachadh a bhios a' libhrigeadh ghoireasan is taic a bharrachd do Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.<sup>8</sup>

Ged a tha e duilich àireamh iomlan a chur air an iomadh sruth ionmhais eadar-dhealaichte seo, tha e cinnteach gur e glè bheag maoineachaidh a bhios Gdl a' faighinn an coimeas ri foghlam sgoile ann an Gàidhlig (FTG agus FLI) no structar Cuimris do dh'Inbhidh (£2.25 millean sa bhliadhna airson nan sia Ionadan Cànain Cuimris a mhàin).

Is e taobh eile de cheist a' mhaoineachaidh sealladh an oileanaich: prìs nan cùrsaichean agus cothrom air bursaraidhean. Mar a chanadh gu h-àirde, tha cuid de chùrsaichean

---

<sup>8</sup>Faic [www.scotland.gov.uk/News/Releases/2009/12/07095612](http://www.scotland.gov.uk/News/Releases/2009/12/07095612).

ùghdarras ionadail an asgaidh, mar thoradh air co-dhùnadh poileasaidh na comhairle.<sup>9</sup> Bidh luchd-solair eile ag iarraidh cìs co-ionnan ri mu £5 gach uair a thìde de theagasg. Airson chùrsaichean làn-ùine, leithid Cùrsa Comais Sabhal Mòr Ostaig agus Cùrsa Bogaidh Cholaiste Stow, tha bursaraidhean rim faighinn bho Bhuidheann Tabhartais Oileanach na h-Alba (SAAS) a rèir nan riaghailtean àbhaisteach a bhuineas ri cùrsaichean FA/FAI. Is e aon duilgheadas gur mathaid gu bheil barantas FAI mar-thà aig oileanach a tha ag iarraidh clàradh air dian-chùrsaichean Gàidhlig leithid seo, a' ciallachadh nach eil còir aca air maoinachadh bho SAAS. Tha Cunntasan Ionnsachaidh Pearsanta a tha gan tabhann le ILA Alba nan dòigh taice chudromach cuideachd do dhaoine air sochairean sòisealta no le teachd-a-steach bhliadhnail de £22,000 no nas lugha, ged nach e tabhartas mòr a gheibh iad (suas ri £500 sa bhliadhna).

Ann an Fhaoilleach 2010, chuir Clì Gàidhlig air chois sgeama deuchainn air taic tabhartais do luchd-ionnsachaidh ùr na Gàidhlig, 'Cuideachadh Luchd-Ionnsachaidh Ùr' (Clìù). Tha an sgeama seo a' cur ri dealas BnG anns a' Phlana Nàiseanta a bhith 'a' cur an sàs sgeama thabhartasan gus taic a thoirt do dhaoine a tha ag iarraidh an sgilean Gàidhlig a leasachadh' (BnG 2007a: 21) agus tha am Bòrd a' maoinachadh pàirt den iomairt. Fo mhaoineachadh Clìù faodaidh Clì Gàidhlig taic a thabhann airson chosgaisean dìreach leithid cùram-cloinne, siubhal, àite-còmhnaidh no cosgaisean a tha an lùib dhuilgheadasan gluasaid no ciorram. Tha taic cuideachd ri faighinn do dhaoine nach d' fhuair maoinachadh ILA agus faodaidh luchd-oideachaidh ùr aon tabhartas-tòiseachaidh fhaighinn. Chan eil na sgrìobhainnean poblach aca ag innse dè an ìre as àirde a gheibhear bho Chliù.

---

<sup>9</sup>Tha e suaicheanta an seo gu bheil Comhairle Bhaile Ghlaschu air dearbhadh nach eil planaichean sam bith aca cìs a chur air cùrsaichean foghlam coimhearsnachd, fiù nuair a tha iad air gearraidhean mòra a ghairm ann an caitheamh sa chumantas agus gun tuiirt cuibhreann susbainteach de dh'oileanaich Ghàidhlig air an deach a' cheist a chur o chionn ghoirid gum biodh pris £60 air a' char as lugha iomchaidh do shreath de 10 clasaichean (Comhairle Bhaile Ghlaschu 2009b).

## 4 Adhbharan agus eòlasan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

### 4.1 Geàrr-chunntas agus anailis air toradh an t-suirbhidh luchd-ionnsachaidh

Ann an dàrna pàirt mhòr den rannsachadh seo air solarachadh chothroman do dh'inbhidh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, rinneadh ceisteachan suirbhidh gus rannsachadh cò a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, *dè* tha iad ag ionnsachadh, *càite* bheil iad ag ionnsachadh, *ciamar* a tha iad ag ionnsachadh, agus, as cudromaiche buileach, *carson* a tha iad ag ionnsachadh. Tha na ceistean suirbhidh coltach ris an fheadhainn a chleachdadh ann an suirbhidh MhicCaluim (2002, 2007) agus thug seo dhuinn cothrom tarchoimeas a dhèanamh.

Chaidh iarraidh air na buidhnean agus luchd-solair a leanas ceangal gu ceisteachan air-loidhne a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bha clàraichte air cùrsaichean làthaireach: Clì Gàidhlig (a thaobh chùrsaichean Ùlpan), Sabhal Mòr Ostaig (An Cùrsa Inntigidh agus An Cùrsa Adhartais), Colaiste Stow (Gàidhlig Àrd-ìre agus Inntigeadh do Ghàidhlig Àrd-ìre), Oifis Ionnsachadh Fad-beatha Oilthigh Dhùn Èideann (Gàidhlig 1.1, 2.1, agus 3.1), agus a' Bhuidheann Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (cùrsaichean foghlam coimhearsnachd air an libhrigeadh le ùghdarrasan ionadail ann an grunn bhadan de dh'Alba).<sup>10</sup> Fhuair luchd-ionnsachaidh an cothrom an suirbhidh a dhèanamh air-loidhne, tron inneal Bristol Online Surveys, no ceisteachan a fhreagairt tron phost, ach thagh an luchd-freagairt uile a dhèanamh air-loidhne. Chithear foirm an t-suirbhidh, 28 ceist uile gu lèir, ann am Pàipear-taice D.

B' e amas an t-suirbhidh 200 freagairt fhaighinn. Fhuaras 329 luchd-freagairt gu lèir, ged a bha 45 aca nach do chrìochnaich an suirbhidh. Às na 284 suirbhidh crìochnaichte, chòdhùnadh nach gabhadh 67 a chleachdadh a chionn gu robh an luchd-freagairt a' dèanamh chùrsaichean taobh a-muigh na h-Alba (a' mhòr-chuid ann an Acadamaidh Gàidhlig an Atlantaig ann an Canada no bho Chomann Gàidhlig Mhoscaw), no a chionn nach robh iad clàraichte air cùrsa aig an àm. Mar sin, rinneadh anailis air 216 suirbhidh. Dh'fhaighnich a' cheist mu dheireadh den t-suirbhidh am biodh luchd-ionnsachaidh deònach pàirt a ghabhail ann an agallamh; bha sinn ag amas air 40 agallamh a dhèanamh. Dh'aontaich 178 neach-ionnsachaidh ri agallamh; às dèidh sgrùdadh, cheadaich 105 neach-ionnsachaidh airson agallamh agus aig a cheann thall rinneadh agallamh le 60 neach-ionnsachaidh. Tha fiosrachadh air pròiseas agus toraidhean an agallaimh ri fhaighinn anns an ath earrainn den aithisg.

#### Clàr 1


##### Anailis air luchd-freagairt an t-suirbhidh

Luchd-freagairt gu lèir:	329
Suirbhidhean crìochnaichte gu lèir:	284 (86% den luchd-fhreagairt gu lèir)
Suirbhidhean a fhuair anailis gu lèir:	216 (76% de shuirbhidhean crìochnaichte)
Daoine deònach agallamh a dhèanamh gu lèir:	178 (63% de shuirbhidhean crìochnaichte)
Luchd-agallaimh a fhuair cuireadh freagairt:	105 (49% de shuirbhidhean a fhuair anailis)
Agallamhan a chaidh a chrìochnachadh gu lèir:	60 (57% den fheadhainn a fhuair cuireadh; 28% de shuirbhidhean a fhuair anailis)

<sup>10</sup>Thuir cuid de na solaraichean ùghdarras ionadail, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle na Gàidhealtachd nam measg, nach robh iad deònach an suirbhidh a sgaoileadh a chionn gu robh iad teagmhach mu a bhith a' cleachdadh suirbhidh air-loidhne. Mar sin, chan eil suirbhidhean bhon luchd-ionnsachaidh ann an clasaichean nan solaraichean seo am measg an luchd-fhreagairt.

Tha an 216 freagairt a ghabhadh a chleachdadh a' riochdachadh raon farsaing de luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig. Bha 30% den luchd-fhreagairt clàraichte air cùrsaichean Ùlpan, 30% eile air cùrsaichean aig astar Shabhal Mòr Ostaig, 24% air cùrsaichean foghlaim coimhearsnachd agus an còrr aig Colaiste Stow (2%), aig Oifis Ionnsachadh Fad-beatha Oilthigh Dhùn Èideann (9%), no air cùrsaichean eile (5%).<sup>11</sup> Bha dusan neach-ionnsachaidh (5%) air barrachd air aon chùrsa; 6 air dà chùrsa foghlam coimhearsnachd eadar-dhealaichte, 3 air cùrsaichean Ùlpan agus cùrsaichean ionnsachadh air astar, 2 air cùrsaichean ionnsachadh air astar agus cùrsaichean foghlam coimhearsnachd, agus 1 air cùrsa Ùlpan agus cùrsa foghlam coimhearsnachd. Tha iad seo rim faicinn air a' chairt gu h-ìosal.


**Figear 1**  
**Seòrsaichean clas a bhios luchd-fhreagairt a' frithealadh**



Mar a shaoilear, bha a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt a' fuireach ann an Alba, ach bha 18 (8%) den luchd-fhreagairt a' dèanamh chùrsaichean ionnsachaidh air astar a' fuireach thall thairis, ann an Sasainn, Èirinn, na Stàitean Aonaichte, Canada, Astràilia, a' Ghearmailt, an Ruis, an Spàinn, agus an Eilbheis. Bha sgaoileadh-aoise farsaing ann cuideachd, mar a chithear gu h-ìosal. Ach cha robh ach 15% den luchd-fhreagairt fo 30; bha 50% eadar 30 agus 49, agus bha 35% 50 na nas aosta. Tha an àireamh mhòr anns a' bhuidhinn meadhain-aoise suaicheanta ach chan eil e cho suaicheanta ris na fhuaras bho shuirbhuidh beag a rinneadh air oileanaich air cùrsaichean Gàidhlig Comhairle Bhaile Ghlaschu ann an 2009, far an robh 49% den luchd-fhreagairt anns a' bhuidhinn aoise 35-44 (Comhairle Bhaile Ghlaschu 2009a, 2009b).


<sup>11</sup>Fhuaras grunn fhreagairtean suirbhuidh gun iarraidh, a' leigeil fhaicinn gur mathaid gun do sgaoil luchd-ionnsachaidh fa leth air aon de na cùrsaichean an suirbhuidh gu luchd-ionnsachaidh air cùrsaichean eile. A chionn nach robh adhbhar ann dhuinn smaoinichadh gum milleadh dàta bhon luchd-ionnsachaidh eile seo na toraidhean againn, tha sinn air na freagairtean acasan a chur an lùib na h-anailis againn.

**Figear 2**  
Sgaoileadh aoise an luchd-fhreagairt



Bha mu thrìan (29%) den luchd-fhreagairt a bha ag ionnsachadh Gàidhlig nas lugha na bliadhna, ach bha 10% ag ionnsachadh còrr is 10 bliadhna agus 10% eile airson eadar 5 agus 10 bliadhna. A dh'aindeoin sin, tha a' cho-roinn de luchd-ionnsachaidh a tha air a bhith ag ionnsachadh ùine mhòr mòran nas lugha na fhuair Galloway (1995b).


**Figear 3**  
Ùine a tha luchd-freagairt air a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig



Chaidh faighneachd do luchd-freagairt cuideachd a' phrìomh dhòigh san robh iad ag ionnsachadh na Gàidhlig, mar a chithear sa chairt gu h-ìosal.



**Figear 4**  
**Prìomh dhòigh aig luchd-freagairt airson Gàidhlig ionnsachadh**



Bha 69 neach-ionnsachaidh (32%) a' gabhail a' chiad chlas aca, agus 28 eile (13%) a' gabhail an dàrna clas. Mar a shaoilear, ma-thà, thuir mu thrìan (37%) den luchd-fhreagairt gu robh na sgìlean èisteachd, labhairt, leughadh, agus sgrìobhadh Gàidhlig aca aig 'fìor ìre tòiseachaidh/chan eil idir' no 'ìre tòiseachaidh'. Shaoil na bu lugha na 10% den luchd-ionnsachaidh gu robh iad 'adhartach no 'làn-fhileanta' ann an èisteachd agus leughadh, agus dìreach mu 5% ann an labhairt agus sgrìobhadh. Cha robh barantas foirmeil sa Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid (75%) den luchd-ionnsachaidh, agus cha robh ach 18% aca aig an robh barantas mar-thà. Às an 162 neach-ionnsachaidh às aonais barantas, cha robh ach 54 (33%) a bha ag iarraidh fear, agus cha robh a' mhòr-chuid acasan cinnteach dè am barantas a bha iad ag iarraidh (gu dearbh, rinneadh luaidh air iomadh barantas nach eil ann idir don Ghàidhlig an-dràsta).

A thaobh dualchas Gàidhlig san teaghlach, ged a shaoilte gum biodh seo na adhbhar do iomadh neach a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, cha robh ach 20% den luchd-ionnsachaidh aig an robh pàrant le Gàidhlig; às an fheadhainn seo, cha robh ach 11 neach-ionnsachaidh (5%) a thuir gu robh Gàidhlig aig an dithis phàrant. Bha peathraichean is bràithrean le Gàidhlig tearc (3.7%), ach bha seanairean is seanmhairean le Gàidhlig mòran nas bitheanta – bho co-dhiù seanair no seanmhair le Gàidhlig aig trìan (33%) den luchd-fhreagairt. Thuir mu thrìan (30%) den luchd-fhreagairt gu robh Gàidhlig aig 'càirdean eile' (bràithrean is peathraichean pàrant, co-oghaichean, bràithrean is peathraichean seanar no seanmhar). Bha 47 (22%) den luchd-fhreagairt aig an robh seanairean is seanmhairean agus càirdean eile le Gàidhlig (ach cha robh Gàidhlig aig am pàrantan no am bràithrean is peathraichean), agus bha 17 (8%) aig an robh càirdean eile le Gàidhlig ach aig nach robh seanair no seanmhair le Gàidhlig. Cha robh ceangal follaiseach eadar aois luchd-ionnsachaidh agus an uiread chàirdean a bh' aca le Gàidhlig. Bha 124 neach-freagairt (57%) aig nach robh càirdean sam bith le Gàidhlig. Dh'fhaodadh an toradh mu dheireadh seo a bhith feumail, oir tha e a' sealltainn gur mathaid gu bheil 'a' mhargaidh' airson Gdl a' gabhail a-steach cuibhreann mòr den phoball san fharsaingeachd agus nach eil i air a cuingealachadh gu buidheann bheag de dhaoine le càirdean a bhruidhneas Gàidhlig.

## Clàr 2

### Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus càirdean le Gàidhlig


Càirdean le Gàidhlig	Àireamh is co-roinn an luchd-fhreagairt
Peathraichean, bràithrean, dà phàrant, gach seanair is seanmhair agus eile	3 (1.4%)
Dà phàrant, gach seanair is seanmhair agus eile	7 (3.2%)
Aon phàrant, gach seanair is seanmhair agus eile	5 (2.3%)
Aon phàrant, seanair is seanmhair air aon taobh agus eile	16 (7.4%)
Aon phàrant agus a p(h)àrantan-san	4 (1.9%)
Pàrant agus eile a mhàin	2 (0.9%)
Seanair(ean), seanmhair(ean) agus eile a mhàin	9 (4.2%)
Peathraichean, bràithrean no pàrant(an) a mhàin	3 (1.4%)
Seanair is seanmhair air aon taobh a mhàin	18 (8.3%)
Eile a mhàin	14 (6.5%)
Measgachadh <sup>12</sup>	11 (5%)

Cha robh ach beagan den luchd-ionnsachaidh a thuir gu robh iad a' cleachdadh Gàidhlig sam bith san dachaigh aca fhèin: bha 15 (7%) aig an robh cèile le Gàidhlig, agus bha 28 (13%) aig an robh clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bha trithead neach-freagairt eile a thuir gu robh beagan Gàidhlig ga bruidhinn aig an taigh, leithid ri clann bheaga agus oghaichean, càirdean eile a' fuireach aig an taigh (leithid phàrantan agus bràithrean/peathraichean), cèile a bha ag ionnsachadh, agus fiù cuid a bha a' bruidhinn riutha fhèin no ris a' chù.

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt innse dè na h-amasan is targaidean pearsanta a bh' aca ann an ionnsachadh na Gàidhlig. Bha trì-cairteal (163 - 75%) den luchd-ionnsachaidh airson a bhith fileanta ann an labhairt na Gàidhlig, agus dà-thrian (136 - 63%) airson a bhith fileanta ann an leughadh agus sgrìobhadh na Gàidhlig. Bha amasan aig cuid nach robh cho àrd, leithid gabhail pàirt ann an còmhradh (91 - 42%), tuigsinn nam meadhanan (92 - 42%), agus leughadh (79 - 37%). Rinneadh luaidh tric air adhbharan cultarach (leithid ainmean àite, litreachas agus ceòl), agus a bhith a' cuideachadh clann le obair-dhachaigh. Bha eadar 10% agus 15% den luchd-ionnsachaidh nach robh an dùil ach ri ìre 'bhunasach' a ruighinn anns na ceithir sgìlean càinain.

<sup>12</sup>Bha am 'measgachadh' eugsamhail dha-rìribh: seanair no seanmhair taobh na màthar agus seanair no seanmhair taobh an athar; seanair no seanmhair taobh na màthar agus seanair agus seanmhair taobh an athar; seanair no seanmhair taobh an athar is seanair agus seanmhair taobh na màthar; bràthair no piuthar, màthair, seanair no seanmhair taobh na màthar, agus eile; bràthair no piuthar, athair, seanair no seanmhair taobh an athar, agus eile; bràthair no piuthar, màthair, seanair no seanmhair taobh na màthar, seanair no seanmhair taobh an athar, eile; bràthair no piuthar, seanair no seanmhair taobh na màthar, seanair no seanmhair taobh an athar, eile; màthair, seanair no seanmhair taobh na màthar, seanair no seanmhair taobh an athar; athair, seanair no seanmhair taobh na màthar, seanair no seanmhair taobh an athar; agus màthair, athair, seanair no seanmhair taobh na màthar, eile.


**Figear 5**  
**Targaidean is amasan luchd-freagairt**



Bha liosta adhbharan anns an t-suirbhidh air carson a thòisich luchd-ionnsachaidh ag ionnsachadh Gàidhlig, agus fhuair luchd-freagairt cuideachd cothrom adhbharan eile a sgrìobhadh a-steach. Dh'iarradh air luchd-freagairt a h-uile adhbhar innse, agus an uair sin am prìomh adhbhar a thaghadh. Thuirt a' chuid as motha den luchd-fhreagairt gu robh iomadh adhbhar aca airson Gàidhlig ionnsachadh. B' e am prìomh adhbhar as tric a thagh daoine 'Bhithinn a' cuideachadh na Gàidhlig cumail beò' aig 17%; agus às dèidh seo bha 'Mar Albannach/cuideigin a' fuireach an Alba bu chòir Gàidhlig a bhith agam' (13%), 'Tha mo chlann ann am Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig' (10%), 'Tha ùidh agam ann an cànanan' (9%) agus 'Bhiodh a' Ghàidhlig gam thoirt nas fhaisge air an dualchas agam' (9%).<sup>13</sup> Tha e suaicheanta nach do thagh luchd-ionnsachaidh *sam bith* tuigsinn telebhisean Gàidhlig mar phrìomh adhbhar, agus thagh glè bheag gur e ceòl, litreachas no cur-seachadan a mhealtainn am prìomh adhbhar aca; mar an ceudna, b' e fìor bheagan a thagh adhbhar sòisealta no turasachd sa phrìomh àite. Tha na toraidhean seo glè choltach ris na fhuair MacCalum (2007: 157), ach a' cho-roinn a thagh 'Tha mo chlann ann am Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig', nach tug ach 2.9% den luchd-fhreagairt mar phrìomh adhbhar ann an suirbhidh MhicCaluim.

<sup>13</sup>Tha am pàtran eadar-dhealaichte nuair a thèid a h-uile adhbhar a chlàradh (agus nach e dìreach am prìomh adhbhar). Uile-gu-lèir, b' iad na còig adhbharan bu chumanta 'Bhithinn a' cuideachadh na Gàidhlig cumail beò' (le 77.3% de luchd-ionnsachaidh), 'Mar Albannach/cuideigin a' fuireach an Alba bu chòir Gàidhlig a bhith agam' (55.5%), 'Tha ùidh agam ann an cànanan' (47.2%), B' urrainn dhomh litreachas Gàidhlig a thuigsinn' (39.8%) agus 'Chòrdadh ceòl Gàidhlig rium na b' fheàrr' (39.8%). In taca ri seo, b' e 'Tha mo chlann ann am Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig' an t-adhbhar bu thearc (17 a-mach à 17 roghainnean), air a thaghadh le 12.5% den luchd-fhreagairt, ach, mar a chanadh gu h-àirde, glè thrìc b' e seo am prìomh adhbhar aca.

**Figear 6**  
**Prìomh adhbhar aig luchd-freagairt airson Gàidhlig ionnsachadh**




Bha luchd-ionnsachaidh glè dheònach am beachdan innse mu na bacaidhean a bh' ann ri Gàidhlig ionnsachadh agus fàs fileanta sa chànan. Thuir còrr is dàrna leth (54%) den luchd-fhreagairt gu robh 'dìth chothroman conaltraidh le daoine le Gàidhlig bho thùs agus luchd-ionnsachaidh fileanta' na bhacadh. Thuir àireamh shusbainteach cuideachd 'duilgheadas cothrom fhaighinn air cùrsa a dhèanamh air sgàth dhleastanasan eile' (81 – 38%) agus 'dìth chùrsaichean freagarrach san sgìre' (75 – 35%). Shaoil 51 neach-ionnsachaidh (24%) gur e 'cànan duilich ionnsachadh a tha sa Ghàidhlig', agus bha 47 (22%) ga fhaighinn 'duilich faighinn a-mach mu chothroman ionnsachaidh'. Ach bha an coltas ann gu robh luchd-ionnsachaidh sàsaichte gu leòr le clàr-ama chùrsaichean (thuir 27 – 13% gu robh seo na dhuilgheadas), cosgais (34 – 16%), an taic a bha ri faighinn (27 – 13%), agus stuthan ionnsachaidh (18 – 8%). Chuir 56 neach-freagairt beachdan eile a-steach mu na bacaidhean a choinnich iad. Bha mòran de na beachdan seo a' leudachadh

air freagairtean san t-suirbhidh; ach, chuireadh beachdan eile a-steach cuideachd. Thuir seachdnar (3%) nach robh duilgheadasan sam bith aca. Thuir sianar gu robh eagal orra gum fàilligeadh iad agus gur e sin an t-adhbhar nach robh iad a' dèanamh adhartas. Bha seachd beachdan ann nach robh a' Ghàidhlig faicsinneach gu leòr (me air sanasan bùtha) agus nach bi luchd-labhairt na Gàidhlig 'a' bruidhinn mòran Gàidhlig' no gu bheil iad 'aindeònach an cànan a bhruidhinn'. Bha 17 beachdan ann uile-gu-lèir (8%) air cho mì-riaghailteach 's a bha solarachadh nan cùrsaichean (3), nach robh leantaileachd, no adhartas freagarrach, bho chùrsa gu cùrsa (6), dìth chùrsaichean cloinne is teaghlach (5), agus beachdan air droch theagasg (3). Chaidh coimhead ris na cuspairean seo nas fhaide air adhart anns an t-suirbhidh.

**Figear 7**


**Cnapan-starra fa chomhair luchd-freagairt ag ionnsachadh na Gàidhlig**



Bha earrann mhòr den t-suirbhidh mu ciamar a bha an luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh na Gàidhlig. Thuir cha mhòr cairteal (24%) den luchd-fhreagairt gu robh iad a' bruidhinn Gàidhlig a h-uile latha ris an teaghlach (bu chòir cuimhneachadh nach robh ach suas gu 15% a' fuireach còmhla ri càirdean aig an robh Gàidhlig), ged a bha dàrna leth (52%) nach robh idir. Bha a' chuid as motha de luchd-ionnsachaidh (71%) a' bruidhinn Gàidhlig le luchd-ionnsachaidh eile a h-uile seachdain, mar bu trice ann an clas no buidheann còmhraidh (80%). Bha faisg air 10% nach robh a' bruidhinn ri luchd-ionnsachaidh eile idir, ged nach robh ach 7% a thuir nach robh iad a' bruidhinn ann an clas no buidheann structarach sam bith. Mar a shaoilte bho na freagairtean mu bhacaidhean do dh'ionnsachadh na Gàidhlig, thuir cairteal (25%) den luchd-ionnsachaidh nach biodh iad a'


bruidhinn ri daoine le Gàidhlig bho dhùthchas idir, cairteal eile (28%) ag ràdh gun dèanadh iad seo na b' ainneimhe na uair sa mhìos. Bha trian (34%) den luchd-fhreagairt a' bruidhinn ri daoine le Gàidhlig dhùthchasail gach seachdain; a-rithist, bha seo buailteach a bhith ann an clas. Bha còrr is 80% den luchd-fhreagairt nach robh a' bruidhinn Gàidhlig ann an suidheachadh sòisealta idir, no glè ainneamh, agus bha 95% nach robh ga bruidhinn ann an suidheachadh pragtaigeach. Cha robh ach 17 den luchd-ionnsachaidh (8%) a' bruidhinn Gàidhlig san eaglais, a' chuid bu mhotha aca na b' ainneamh na uair sa mhìos, agus aig an obair bha cairteal (27%) de luchd-ionnsachaidh ga bruidhinn (ach cha robh ach 14% a dhèanadh seo na bu trice na uair sa mhìos).

**Figear 8**  
**Cleachdadh na Gàidhlig le luchd-freagairt**




Bha luchd-ionnsachaidh na bu bhualtiche èisteachd ri Gàidhlig seach a bruidhinn, a chionn nach robh na gnìomhan air an liosta feumach air neach-labhairt eile. Bha cairteal den luchd-fhreagairt (28%) ag èisteachd ri rèidio Gàidhlig a h-uile latha, agus cairteal eile (29%) a h-uile seachdain, ged a bha 20% nach bitheadh aig àm sam bith. Bha 19% a' coimhead telebhisean Gàidhlig a h-uile latha agus 34% a h-uile seachdain, ach bha 21% nach bitheadh aig àm sam bith. Bha stuth Gàidhlig air-loidhne ga chleachdadh le 12% gach latha agus 25% gach seachdain; a-rithist, bha 25% nach robh a' cleachdadh stuth air-loidhne aig àm sam bith. Cha robh dòighean eile air èisteachd ri Gaelic, leithid leabhraichean claisinn agus stuthan ionnsachaidh (leithid *Speaking Our Language*) gan cleachdadh cho tric, le dà-thrian (70%) den luchd-ionnsachaidh nach robh ag èisteachd ri leabhraichean claisinn idir agus bha dìreach trian (38%) den luchd-ionnsachaidh a bha ag èisteachd ri stuthan ionnsachaidh Gàidhlig tric.

**Figear 9**  
**Cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig le luchd-freagairt**



Cha robh leughadh no sgrìobhadh sa Ghàidhlig gan dèanamh tric no le mòran am measg an luchd-ionnsachaidh, ged a dh'fhaodadh ìre comais an luchd-tòiseachaidh a bhith na adhbhar mòr airson seo. Bha mu dhàrna leth (39.4% - 61.1%) den luchd-ionnsachaidh nach robh a' leughadh sa Ghàidhlig idir, ge bith an e colbhan sa phàipear, stuth air-loidhne, bàrdachd, am Bioball, no litrichean is sgrìobhainnean. Bha stuth air-loidhne fada air thoiseach mar an seòrsa leughaidh bu toil le daoine, le 11% den luchd-fhreagairt a' leughadh seo a h-uile latha, agus 20% a h-uile seachdain. B' e BBC Alba an aon làrach-lìn air an deach luaidh shònraichte a dhèanamh còrr is 5 uair. Bha pàtran freagairt ionnan aig pàipearan-naidheachd, nobhailean agus sgeulachdan goirid, agus bàrdachd, le 1-3% gan leughadh a h-uile latha, 17% a' leughadh a' phàipeir a h-uile seachdain, agus 7-8% a' leughadh nobhailean, sgeulachdan goirid agus bàrdachd a h-uile seachdain. A thaobh phàipearan-naidheachd, rinn iomadh neach-freagairt luaidh air *Cothrom*, an *Scotsman*, *Gasaet Steòrnabhaigh* agus *'Am Pàipear Beag'*. Cha deach luaidh shònraichte a dhèanamh air bàrd sam bith fa leth; bhruidhinn seachdnar air 'leabhraichean cloinne' agus 11 neach-freagairt air sreath Ùr-Sgeul no leabhraichean àraidh anns an t-sreath sin. Bha sgrìobhadh nas teirce buileach am measg an luchd-fhreagairt, le 5% a' sgrìobhadh air-loidhne a h-uile latha agus 28% a' sgrìobhadh air-loidhne a h-uile seachdain; rinn 10% 'sgrìobhadh eile' a h-uile latha agus 27% a h-uile seachdain, nach robh a' gabhail a-steach litrichean no sgrìobhadh co-cheangailte ri obair (2.5% agus 4.5% a h-uile latha agus a h-uile seachdain còmhla).

**Figear 10**  
**Cleachdadh stuth leughaidh Gàidhlig le luchd-freagairt**



Bha ballrachd luchd-ionnsachaidh anns na buidhnean Gàidhlig, airson na mòr-chuid, na b' ìsle na shaoilte bho rannsachadh eile leithid MhicCaluim (2007). B' iad na buidhnean air an robh an fhèill bu mhotha Clì Gàidhlig, le 48 a tha no bha nam ball, buidhnean air-loidhne (gu h-àraidh mygaelic.com agus Fòram na Gàidhlig) le 36 buill làthaireach, còisirean Gàidhlig le 16 a tha no bha nam ball, A' Chiste Leabhraichean le 15 a tha no bha nam ball, agus Comann nam Pàrant le 12 a tha no bha nam ball. Ann am buidhnean eile leithid a' Chomuinn Ghàidhealaich, Taic, Comunn na Gàidhlig, Comunn Gàidhlig Inbhir Nis, agus comainn dràma is oilthigh, bha 3 agus 10 a tha no bha nam ball. Sgrìobh 25 neach-freagairt a-steach buidhnean eile cuideachd, a' dol bho bhuidhnean comhairle leithid Clann Gàidhlig<sup>14</sup> (4) agus Fòram Gàidhlig Siorrachd Àir a-Tuath (3) gu Sabhal Mòr Ostaig (4) agus buidhnean ionadail (5). Bha e inntinneach, ge-tà, gu robh, airson gach buidheann air an deach luaidh gu h-àirde, eadar 10 agus 30 neach ag ràdh gur mathaid gun gabhadh iad ballrachd uaireigin. B' ainneamh a thug daoine a bha dìreach air ùr thòiseachadh no a bha san ìre tòiseachaidh freagairt don cheist seo, a' leigeil fhaicinn gur mathaid nach robh fios aca mu na buidhnean seo.


Bha an aon seòrsa pàtrain air gabhail pàirt ann an gnìomhan cultarach 's a bh' air ballrachd ann am buidhnean Gàidhlig, le dàrna leth no barrachd den luchd-fhreagairt nach robh a' gabhail pàirt annta idir. A thuilleadh air buidhnean còmhraidh, le 16%, cha robh gnìomh sam bith le còrr is 7% a' gabhail pàirt chunbhalach. Bha reataichean gabhail-pàirt a cheart cho ìosal airson a' Mhòid Nàiseanta agus mòdan ionadail 84% agus 82% an urra, le dìreach mu 5% a' gabhail pàirt chunbhalach no an-dràsta 's a-rithist anns gach fear agus 11% agus 13% air gabhail pàirt roimhe. Bha barrachd fèill air fèisean, le 10% a' gabhail pàirt chunbhalach no an-dràsta 's a-rithist agus 15% roimhe; bha fèill air cuirmean-ciùil is cèilidhean cuideachd, le 29% a' gabhail pàirt chunbhalach no an-dràsta 's a-rithist agus 16% roimhe. Cha robh mòran a' gabhail pàirt ann am buidhnean dràma Gàidhlig agus còisirean, le 92% agus 82% nach do ghabh pàirt a riamh, agus cha robh ach 5% a' gabhail pàirt chunbhalach no an-dràsta 's a-rithist ann an seirbheisean eaglais Ghàidhlig. Bha 13%

<sup>14</sup>A rèir na làraich-lìn aca ([www.clanngaidhlig.org](http://www.clanngaidhlig.org)), chaidh Clann Gàidhlig [sic] a stèidheachadh sa Mhàrt 2004 gus cànan is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail Siorrachd Rinn Friù an Ear, Inbhir Chluaidh agus Siorrachd Rinn Friù.



a' gabhail pàirt chunbhalach no an-dràsta 's a-rithist ann an coinneamhan is co-labhairtean Gàidhlig agus 10% roimhe. Bha gnìomhan eile, air an d' rinn 14% luaidh, a' gabhail a-steach Làithean Gàidhlig, clasaichean seinn, gnìomhan co-cheangailte ri obair, agus tachartasan ann am foghlam sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. De na gnìomhan seo uile, bha eadar 40% agus 80% tro mheadhan na Gàidhlig.

**Figear 11**  
**Luchd-fhreagairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan cultarach Gàidhlig**



Ann am pàirt a chionn nach robh àireamh mhòr a' gabhail pàirt ann am buidhnean Gàidhlig agus gnìomhan cultarach, cha robh a' chuid as motha den luchd-fhreagairt 'a' leantainn naidheachdan is cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig'. Bha 27 den luchd-fhreagairt (13%) nam ball de liosta puist-d no fòram, bha 59 (27%) a' leughadh earrainnean sa phàipear a bhuineadh ri Gàidhlig gu cunbhalach, agus bha 56 (26%) a' coimhead gu cunbhalach ri làraich-lìn a bhuineadh ri Gàidhlig (bha àireamh shusbainteach de luchd-fhreagairt a' dèanamh na dhà). Bha 64 neach-fhreagairt eile (30%) a' coimhead ris na

stòrasan naidheachd seo an-dràsta 's a-rithist agus bha 63 (29%) nach bitheadh aig àm sam bith.

Bha a' cheist mu dheireadh san t-suirbhidh a' faighneachd an robh an neach-freagairt an dùil a c(h)làradh fhèin mar neach-labhairt na Gàidhlig anns an ath chunntas-sluaigh. Thuir 52 den luchd-fhreagairt (24%) gum bitheadh gun teagamh, agus 100 eile (46%) gum bitheadh nam biodh iad na b' fhileanta aig an àm. Thuir 26 (12%) nach bitheadh agus bha 38 (18%) nach robh iad cinnteach; bha cuid a thuir nach bitheadh iad gan clàradh fhèin mar neach-labhairt na Gàidhlig a chionn nach robh iad a' fuireach ann an Alba, ge-tà. Bha luchd-ionnsachaidh aig diofar irean fileantachd a thuir gun clàradh iad mar luchd-labhairt na Gàidhlig, le aomadh soilleir a' sealltainn gur iad na daoine a b' fhileanta an fheadhainn as buailtiche clàradh mar luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha am pàtran seo caran eadar-dhealaichte bho na fhuaras ann an rannsachadh MhicCaluim (2007: 186-7): uile-gu-lèir, cha robh an luchd-ionnsachaidh anns an rannsachadh seo cho buailteach an clàradh fhèin mar luchd-labhairt na Gàidhlig.

### Clàr 3

#### 'A bheil sibh am beachd bhu clàradh fhèin mar neach-labhairt na Gàidhlig ann an cunntas-sluaigh 2011?'

	Chan eil Gàidhlig agam idir/Fìor neach-tòiseachadh	Tòiseachadh	Iar-tòiseachadh	Eadar-mheadhanach ìosal	Eadar-mheadhanach àrd	Adhartach	Làn-fhileanta	Àir. iomlan
Tha	2	7	12	9	14	5	3	52 (24.1%)
Tha, ma bhios mi nas fileanta	15	31	30	16	7	1	0	100 (46.3%)
Chan eil	7	4	7	4	3	1	0	26 (12.0%)
Chan eil mi cinnteach/cham eil fios agam	5	8	9	13	3	0	0	38 (17.6%)
<b>Àir. iomlan</b>	<b>29</b>	<b>50</b>	<b>58</b>	<b>42</b>	<b>27</b>	<b>7</b>	<b>3</b>	<b>216</b>

Fhuair luchd-freagairt cuideachd cothrom beachdan a bharrachd a sgrìobhadh a-steach aig deireadh an t-suirbhidh (a thuilleadh air na h-àiteachan a bhuineadh ri ceistean fa leth). Thug 106 neach-freagairt (49%) beachdan a bharrachd seachad, cuid aca gu math fada. Tha prìomh chinn nam freagairtean rim faicinn gu h-ìosal. Rinn 18 neach-freagairt (8%) luaidh air cho duilich 's a bha e clasaichean ionadail, ruigsinneach aig an ìre cheart a lorg. Thuir aonan gur e 'foghlam coimhearsnachd a' chiad eòlas a gheibh mòran inbheach air a' Ghàidhlig, agus air an adhbhar sin gum biodh e math nan robh barrachd taic ann don t-seirbheis seo'. Bha luchd-freagairt cuideachd air am mealladh le dìth chunbhalachd agus leantailteachd, gu h-àraidh an dìth chùrsaichean eadar-mheadhanach agus adhartach. Mhol aon neach-ionnsachaidh 'clas aig ìre roinneil a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh adhartach a bha dealasach'. Bha cuid den luchd-fhreagairt ag iarraidh barrachd chothroman còmhraidh. Bha seachdnar (3%) a rinn luaidh air duilgheadas a' lorg an

fhiosrachaidh as ùire mu chlasaichean. Bha naoinear (4%) den bheachd gum bu chòir an cànan a chur air adhart barrachd mar aon de chànanan dualchasach na h-Alba, gu h-àraidh anns na sgoiltean, agus thuirt aon neach-freagairt gum bu chòir luchd-ionnsachaidh a bhith nas aithnichte aig BnG: 'bu chòir aire a thogail gu mòr mun phrìomh àite a th' aig luchd-ionnsachaidh ann an ath-thilleadh gluasad cànan agus bu chòir spèis is urram a thoirt do na h-inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig'.

Thuirt ochdnar den luchd-fhreagairt (4%) gu robh an cànan duilich dhaibh; ach, bha mòran a bharrachd ag ràdh gu robh e a' còrdadh riutha. A thaobh cùrsaichean sònraichte, fhuair Ùlpan 11 beachdan fàbharach (a' gabhail a-steach beachdan air leantail eachd, structar agus èifeachdas) agus thuirt aon neach gum bu chòir don chùrsa coimhead ri Gàidhlig Leòdhais, agus fhuair cùrsaichean Sabhal Mòr Ostaig 4 beachdan matha, agus 2 bheachd nach robh na cùrsaichean air an deagh chur air dòigh no air an deagh sgrùdadh. Uile-gu-lèir bha e coltach gu robh luchd-freagairt toilichte leis na cùrsaichean a bha iad a' dèanamh, ach bha iad ag iarraidh tuilleadh chothroman Gàidhlig ionnsachadh agus a bhruidhinn.

#### **4.2 Geàrr-chunntas agus anailis air agallamhan le luchd-ionnsachaidh**


Dh'fhaighnich a' cheist mu dheireadh den t-suirbhidh am biodh an luchd-ionnsachaidh deònach pàirt a ghabhail ann an agallamh a' sealltainn ri cuid de na cùisean a nochd anns an t-suirbhidh. B' e an targaid a chaidh ainmeachadh anns an tagradh rannsachaidh 40 agallamh a dhèanamh le luchd-ionnsachaidh taghte. Thug 172 neach-ionnsachaidh cead agus fios a chur orra airson agallamh; às dèidh an luchd-freagairt a lorg a bha a' fuireach an Alba agus clàraichte air aon de na cùrsaichean air an deach cuimseachadh no ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an dòigh cho-ionnan, chaidh 123 neach-ionnsachaidh a mheas freagarrach airson agallamh. Chuireadh fios air an luchd-ionnsachaidh seo le cuireadh agallaimh nas mionaidiche, agus fhuair iad cothrom agallamh a dhèanamh air fòn no post-d. Fhuaras 71 freagairt aontachaidh agus rinneadh sgrìobtaichean agallaimh pearsanta airson an luchd-ionnsachaidh seo stèidhichte air na freagairtean a thug iad seachad san t-suirbhidh. Tha am prìomh sgrìobt agallaimh, le 18 prìomh cheistean, ri fhaighinn ann am Pàipear-taice E.

Rinneadh agallamh le 60 neach-ionnsachaidh uile gu lèir, 18 le agallamh fòn agus 42 le agallamh puist-d. Rinneadh na h-agallamhan eadar 17 Samhain agus 20 Dùbhlachd. Bha a' chuid bu mhotha de na h-agallamhan fòn eadar 20 is 25 mionaid de dh'fhaid, agus sgrìobhadh trì rosg-rannan sa chuibheasachd san fhreagairt do gach ceist anns na h-agallamhan puist-d. Bha a' mhòr-chuid den luchd-ionnsachaidh a rinn agallamh toilichte pàirt a ghabhail san rannsachadh agus thug iad seachad beachdan tuigseach, feumail air an eòlas a fhuair iad air ionnsachadh na Gàidhlig agus carson a bha iad ga dhèanamh.


Bha an 60 neach-ionnsachaidh a rinn agallamh riochdachail den 216 neach-fhreagairt suirbhidh gu lèir, ged nach robh annta ach 28% den iomlan. Bha an sgoileadh aoise ionnan, ged a ghabh co-roinn beagan na bu lugha de sheann daoine (aois 60 agus nas aosta) pàirt – bha 19% den luchd-fhreagairt suirbhidh thar 60, ach dìreach 8% den luchd-agallaimh.

**Figear 12**  
**Sgaoileadh aoise luchd-agallaimh agus luchd-freagairt an t-suirbhidh**

**Age Distribution of Interviewees**




**Age Distribution of Survey Respondents**




A thaobh nan cùrsaichean a bha an 60 neach-agallaimh a' dèanamh, bha na co-roinnean glè choltach ris an luchd-fhreagairt san iomlan: mu chairteal (16) air cùrsaichean foghlam coimhearsnachd, trian (20) air cùrsaichean ionnsachaidh air astar Sabhal Mòr Ostaig, mu chairteal (14) ann an cùrsaichean Ùlpan, agus an còrr den luchd-ionnsachaidh aig Colaiste Stow (3) agus cùrsaichean ionnsachadh fad-beatha Oilthigh Dhùn Èideann (8). Bha còignear a' dèanamh barrachd air aon chùrsa. B' e am prìomh eadar-dhealachadh eadar an dà bhuidheann nach robh co-roinn luchd-ionnsachaidh Ùlpan cho àrd sa bhuidhinn agallaimh 's a bha iad san iomlan.

**Figear 13**  
**Cùrsaichean a thathas a' frithealadh an-dràsta (luchd-agallaimh)**



Bha raon math de chomasan agus irean chùrsaichean ri fhaicinn anns a' bhuidhinn luchd-agallaimh. Bha mun aon àireamh (22 agus 25) clàraichte ann an cùrsaichean luchd-tòiseachaidh agus eadar-mheadhanach, le àireamh na bu lugha ann an iar-luchd-tòiseachaidh (6), adhartach (5), agus clasaichean còmhraidh (4). Tha an aon seòrsa choinnean chomasan air aithris am measg luchd-freagairt an t-suirbhaidh, agus tha seo ri fhaicinn gu h-ìosal. Mar a chithear, tha an luchd-ionnsachaidh air an sgaoileadh gu cothromach thar ceann ìosal an raon mheadhanaich den sgèile fileantachd.

**Figear 14**  
**Fèin-bheachd air fileantachd**




A rèir nam feartan seo, faodar measadh gu bheil an luchd-agallaimh nam mion-bhuidheann riochdachail de luchd-fhreagairt an t-suirbhaidh gu lèir.

B' e prìomh amas an agallaimh leudachadh a dhèanamh air freagairtean an t-suirbhaidh agus tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn air na cuspairean sin seach cuspairean ùra a thogail. Air an adhbhar sin, chan eil mòran fiosrachadh ùr a' nochdadh ann am freagairtean an t-suirbhaidh ged a tha mòran mineachadh inntinneach ga thoirt seachad. Bha a' chiad earrann a' dèiligeadh ri eachdraidh Ghàidhlig an neach-agallaimh, gus oidhirp a dhèanamh tuigsinn dè a' bhuidh a bh' aig eòlas òg air a' Ghàidhlig air togradh an cànan ionnsachadh.

Thuirte còrr is dàrna leth (53%) den luchd-agallaimh nach robh iad air coinneachadh ri Gàidhlig idir nan cloinn. Bha mu chairteal (27%) aig an robh pàrantan no seanairean/seanmhairean aig an robh Gàidhlig; bha 7% aig an robh tomhas de dhualchas Gàidhlig ach cha robh iad air suathadh ris a' chànan idir. Thuirte seachdnar den luchd-agallaimh gun cuala iad Gàidhlig air an telebhisean (tha an luchd-freagairt seo uile anns na 30an no nas òige), agus thuirte dithis gu robh Gàidhlig anns an sgìre (tha an dithis aca anns na 60an). Cha robh a' chuid bu mhotha (58%) den luchd-agallaimh air pàirt a ghabhail ann an tachartasan cultarach le ceangal sam bith don Ghàidhlig, leithid seinn, pìobaireachd, ceòl fìdhle, no dannsa, mus do thòisich iad air an cànan ionnsachadh. Rinn naoinear (15%) luaidh air cuirmean-ciùil agus tachartasan ciùil eile, agus chaidh seinn, dannsa agus siubhal nam beann a luaidh le triùir luchd-agallaimh an urra. Thuirte còignear luchd-agallaimh (8%) gun d' fhuair iad eòlas air taobh air choreigin de chultar Gàidhlig anns an sgoil, mar eisimpleir òrain Ghàidhlig.

Bha raon farsaing de dh'adhbharan aig luchd-agallaimh airson tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh nan inbhich, agus bha iomadh adhbhar aig mòran aca. Thuirte 13 neach-agallaimh (22%) gur e turas don Ghàidhealtachd a thug orra Gàidhlig ionnsachadh, agus thuirte 6 neach-agallaimh (10%) gu robh iad air imrich a dhèanamh do sgìre Ghàidhlig agus gu robh iad airson cànan an àite ionnsachadh. Thuirte ceathrar luchd-agallaimh (7%) gu robh iad a' faireachdainn ciontach nach robh cànan na dùthcha aca fhèin aca, gu h-àraidh às dèidh a bhith thall thairis. Bha dualchas, ionadail agus nàiseanta, cuideachd na adhbhar brosnachaidh cudromach do mhòran luchd-agallaimh: rinn ochdnar (13%) luaidh air dualchas Gàidhlig an teaghlach aca fhèin, agus bhruidhinn ochdnar (13%) eile air àite na Gàidhlig ann an eachdraidh na h-Alba agus gu robh iad airson an cànan a chumail beò, agus bhruidhinn sianar (10%) air cultar gu sònraichte. Bha ùidh aig seachdnar luchd-agallaimh (12%) ann an ainmean àite, mar bu trice tro bhith a' siubhal nam beann. B' e dàimhean pearsanta an t-adhbhar bu chudromaiche do chuid den luchd-agallaimh: cèile le Gàidhlig (2 – 3%), miann clann a thogail le Gàidhlig (3 – 5%), caraid aig an robh an aon thogradh (3 – 5%). Thòisich ochdnar luchd-agallaimh (13%) air Gàidhlig ionnsachadh air adhbhar foghlaim, agus thuirte ceathrar (7%) gu robh ùidh aca ann an cànanan san fharsaingeachd; bha sianar (10%) a thòisich air Gàidhlig ionnsachadh air adhbhar obrach. Am measg adhbharan eile a nochd bha meas air a' chànan (3 – 5%), miann bàrdachd a leughadh sa chànan thùsail (1 – 2%), a bhith nas eòlaiche air ceòl Gàidhlig (1 – 2%), agus brosnachadh bhon riaghaltas (1 – 2%).



**Figear 15**  
**Adhbharan luchd-agallaimh airson Gàidhlig ionnsachadh**



Dh'fhaighnich an dàrna earrann den agallamh ceistean airson tuigsinn na h-àrainneachd san robh gach neach-agallaimh ag ionnsachadh na Gàidhlig. Dh'fhaighnicheadh don luchd-agallaimh aig an robh càirdean le Gàidhlig dè a' bhuaidh a bh' aig na càirdean sin air an ionnsachadh aca, ach dh'fhaighnicheadh don luchd-agallaimh uile dè na seòrsaichean conaltradh Gàidhlig a b' fheumaile dhaibh. Cha robhas den bheachd gu robh càirdean le Gàidhlig, mar bu trice, nan dòigh taice chudromach airson ionnsachadh. Airson seachdnar b' e an leanabh aca an neach bu mhotha a bhruidhneadh riutha, agus do cheathrar luchd-agallaimh b' e an cèile, a bha cuideachd ag ionnsachadh Gàidhlig, a bu chuideachaile. Airson luchd-agallaimh aig an robh càirdean le Gàidhlig, b' e cuideachadh le fuaimneachadh agus gnàthasan-cainnte bu trice a nochd (le ceathrar luchd-agallaimh), agus cha bhiodh ach trìuir luchd-agallaimh a' còmhradh gu cunbhalach sa Ghàidhlig le buill teaghlaich. Thuirt trìuir luchd-agallaimh nach robh na càirdean Gàidhlig aca uabhasach deònach bruidhinn riutha sa Ghàidhlig. Am measg an luchd-agallaimh gu lèir, nochd còmhradh mar an dòigh conaltraidh bu chuideachaile (air a thogail le 27 neach-agallaimh - 45%). Às dèidh seo thàinig clas (11 - 18%) agus èisteachd ri CDan, TBh, agus rèidio (10 - 17%). Thuirt sianar luchd-agallaimh (10%) gur e leughadh agus sgrìobhadh bu chuideachaile. Rinneadh luaidh turas no dhà an urra air cluich mas-e-fior, geamaichean, teagasg, an t-Eadar-lìon, obair ann am paidhrichean, ath-aithris, cairtean cuimhneachaidh, dràma agus còisir.

Chaidh iarraidh air luchd-agallaimh barrachd mìneachaidh a dhèanamh air mar a bha iad a' cleachdadh rèidio agus telebhisean agus an Eadar-lìn. Mar bu trice bha luchd-agallaimh a' cleachdadh nam meadhanan mar dòigh air èisteachd ri luchd-labhairt fileanta agus faclan is abairtean a thogail; bhathas tric a' cleachdadh an Eadar-lìn gu sònraichte mar stòras ionnsachaidh, mar eisimpleir 'Litir do Luchd-Ionnsachaidh' agus 'Beag air Bheag' (faic [www.bbc.co.uk/alba/foghlam/learngaelic](http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/learngaelic)). Bha fèill mhòr air prògraman cloinne airson gu robh na dealbhan cuideachail agus an cànan sìmplidh. Bhiodh mòran a' cur Rèidio nan Gaidheal air agus iad a' sàs ann an rudan eile aig an taigh, anns a' chàr no aig an obair airson gun cluinneadh iad uiread Gàidhlig ga bruidhinn 's a ghabhadh.

**Figear 16**  
**Coimeas eadar luchd-freagairt agus luchd-agallaimh air cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig**



Mar a chithear bho na cairtean seo, cha robh ach dà thrian den luchd-fhreagairt (65%) agus luchd-agallaimh (66%) a' cleachdadh rèidio agus telebhisean Gàidhlig gu cunbhalach no an-dràsta 's a-rithist, agus bha na bu lugha na dàrna leth (47% agus 42%) a' cleachdadh an Eadar-lìn mar stòras ionnsachaidh. Bha co-dhiù 12 neach-agallaimh (20%) nach b' urrainn BBC Alba fhaighinn – chan fhaighear fhathast air Freeview e. Bha e na bhriseadh dùil do chuid nach robh barrachd prògraman Gàidhlig air-loidhne air BBC



iPlayer. Shaoil mòran luchd-agallaimh nach robh iad fhathast fileanta gu leòr gus buannachd a mhealtainn às na meadhanan Gàidhlig; mar eisimpleir, nach robh iad a' togail ach facal no dhà, no nach robh iad a' tuigsinn nam prògraman. Bha beachdan eadar-dhealaichte ann mu fo-thotalan. Thuir an luchd-agallaimh a b' fhileanta nach robh iad an còmhnaidh a' cleachdadh nam prògraman mar dhòigh ionnsachaidh, ach mar 'chur-seachad, dìreach mar phrògraman Beurla'.


Chaidh faighneachd don luchd-agallaimh innse cànanan sam bith eile a bh' aca no a bha iad ag ionnsachadh, carson a bha iad ag ionnsachadh nan cànanan sin, agus coimeas a dhèanamh eadar an eòlas a chuir iad air ionnsachadh nan cànanan sin ris an eòlas a chuir iad air ionnsachadh na Gàidhlig. Cha robh ach trìuir luchd-agallaimh a' bruidhinn dìreach Beurla agus Gàidhlig. Bha dithis aig nach robh Beurla dhùthchasach. Bha dithis eile air Cuimris ionnsachadh san sgoil nan cloinn, ach cha deach cànan Ceilteach sam bith eile a luaidh. Bha mu dhàrna leth den luchd-agallaimh (45%) air cànanan ionnsachadh, Fraingis no Gearmailtis, mar bu tric, anns an sgoil agus cha robh iad air cumail a' dol. Bha 13 neach-agallaimh (22%) a' bruidhinn aon chànan eile (b' e cànan Eòrpach a bh' ann an deich aca), agus bha 15 neach-agallaimh (25%) a' bruidhinn dà chànan no barrachd a thuilleadh air a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, agus Beurla. B' iad na prìomh adhbharan a bh' aig luchd-agallaimh a thòisich air cànan ionnsachadh às dèidh dhaibh an sgoil fhàgail gu robh iad a' fuireach ann an dùthaich eile no a' siubhal ann tric (6), adhbhar obrach (3), a bhith pòsta ri cèile aig an robh cànan eile (3), no adhbhar dualchais (2). Air an làimh eile bha adhbharan airson Gàidhlig ionnsachadh buailteach a bhith na bu chaidreamhaiche.

A thaobh an eòlais a chuir luchd-agallaimh air ionnsachadh chànanan eile an taca ri ionnsachadh na Gàidhlig, bha grunn fhreagairtean eadar-dhealaichte aca. Bha cuid de na prìomh chuspairean a nochd mar a leanas: a thaobh na Gàidhlig, chan eil ach beagan chothroman air bogadh sa chànan, chan eil e deatamach a bruidhinn aig àm sam bith a chionn gu bheil an luchd-labhairt dà-chànanach (co-dhiù), agus, chan eileas a' dol an lùib a' chànan gu cunbhalach; an taca ri na tha sin, togar cànanan cèin le bhith a' siubhal, ag obair no a' fuireach thall thairis. Shaoil grunn luchd-agallaimh gu robh na sgilean còmhraidh aca gu h-àraidh lag. Tha luchd-agallaimh den bheachd gu bheil barrachd taic, barrachd stòrasan agus barrachd chlasaichean ann do chànanan eile, agus gu bheil e tàmailteach nach eil Gàidhlig ri faighinn ann am barrachd sgoiltean. Thuir cuid den luchd-agallaimh, ge-tà, gu robh na clasaichean Gàidhlig a' còrdadh riutha na b' fheàrr na bhith ag ionnsachadh chànanan eile, air sgàth dhòighean teagaisg innleachdach leithid Ùlpan agus stoidhle aighearach, shona cuid den luchd-oideachaidh. Shaoil còignear luchd-agallaimh gu robh Gàidhlig na b' fhasa ionnsachadh na cànanan eile, ach bha 12 neach-agallaimh a shaoil gu robh i na bu duilghe.

Is iad na buidhnean taic a th' ann airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig taobh eile de cho-theagsa ionnsachadh Gàidhlig. Chaidh iarraidh air luchd-agallaimh innse mu bhuidhnean sam bith a shaoil iad taiceil, agus chithear seo gu h-ìosal. Bu chòir a thoirt fa-near nach robh na beachdan uile math; mar eisimpleir, fhuair aon neach-agallaimh briseadh dùil bho chùrsa latha Clì, shaoil dithis luchd-agallaimh gu robh structar is leudachadh làthaireachd a dhìth air Taic/CNSA, agus bha trìuir luchd-agallaimh a bha nam ball de mygaelic.com nach do shaoil e feumail no inntinneach. Bha an luchd-agallaimh beagan na bu bhuailtiche dol an sàs ann an gnìomhan cultarach na a' bhuidheann luchd-freagairt suirbhidh gu lèir. Bu chòir cuimhneachadh, ge-tà, gu robh seachdnar luchd-agallaimh (12%) nach robh eòlach air, agus mar sin nach robh an sàs ann no a' faighinn taic bho, bhuidhnean Gàidhlig sam bith. A-rithist, cha robh luchd-tòiseachaidh an sàs ann an uiread bhuidhnean, ann am pàirt a chionn nach robh iad cho fiosrach mun deidhinn, agus cuideachd a chionn gu robh iad iomagaineach am biodh iad fileanta gu leòr agus an gabhadh a' bhuidheann riutha. B' e

clasaichean an 'taic' bu mhotha a bha na buidhnean seo a' toirt do luchd-ionnsachaidh, agus às dèidh sin fiosrachadh air naidheachdan agus tachartasan san amharc.


**Figear 17**  
**Buidhnean Gàidhlig air an tug luchd-agallaimh luaidh**



Mar a shaoilte bhon àireamh caran ìosal de buidhnean a chaidh innse, agus a' cuimhneachadh gun do rinn cuid den luchd-agallaimh luaidh air grunn bhuidhnean, bha ìrean gu math ìosal airson gabhail pàirt ann an tachartasan 'culturalach'. Airson an 53% den


luchd-agallaimh a bhios a' frithealadh thachartasan den t-seòrsa an-dràsta, b' e an t-adhbhar bu cumanta gu robh e na thoileachas dhaibh a bhith a' tòiseachadh a' tuigsinn nan òran no a' chòmhradh. B' e an dòigh bu chumanta a bha luchd-agallaimh a' dol an sàs ann an tachartasan cultarach a bhith a' dol gu cuirm-ciùil no cèilidh an-dràsta 's a-rithist no dol gu buidheann còmhradh. Bha e iongantach nach robh ach ceathrar (7%) luchd-agallaimh a shaoil gu robh e na chuideachadh don tuigse aca air cultar agus luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith a' frithealadh thachartasan cultarach.

**Figear 18**  
**Luchd-agallaimh a' gabhail pàirt ann an tachartasan cultarach Gàidhlig**



Mar a thuigear bho ghabhail pàirt an luchd-agallaimh ann an gnothaichean cultarach, cho math ris na gearainean air an deach luaidh gu h-àirde mu cho beag 's bha cothrom ann a bhith a' dol an lùib luchd-ionnsachaidh fileanta agus daoine le Gàidhlig bho dhùthchas, cha robh a' chuid bu mhotha den luchd-agallaimh a' faireachdainn uabhasach ceangailte ri 'coimhearsnachd na Gàidhlig', ge bith ciamar a mhìnichadh iad i. Bha prìomh àite aig a' choimhearsnachd ionadail (15%) agus buidhnean ionadail (7%), agus thuir cuid den luchd-ionnsachaidh (15%) gu robh ceangal aca ri an teaghlach agus dualchas an sinnsirean, no dualchas na h-Alba.

**Figear 19**  
**Beachdan luchd-agallaimh air ceangalan ris ‘a choimhearsnachd Ghàidhlig’**




Dh’fhaighnich an ath earrann den agallamh don luchd-ionnsachaidh mun adhartas aca ann an ionnsachadh na Gàidhlig, agus dùbhlain sam bith a choinnich riutha. Cha robh ach 20% den luchd-agallaimh (12) a shaoil gu robh iad air adhartas ‘math’ no ‘glè mhath’ a dhèanamh, agus cha tuirt ach 10% (6) gun d’ fhuair iad brosnachadh fhad ‘s a bha iad ag ionnsachadh. Dh’innse càch grunn adhbharan airson an dìth adhartais a shaoil iad a bha iad a’ fulang, a’ chuid bu mhotha a tha air nochdadh mar chuspairean nas tràithe san t-suirbhidh agus san agallamh. B’ e dìth tìde an t-adhbhar bu chumanta, bho dheichnear luchd-agallaimh (17%). B’ iad na h-adhbharan cumanta eile, aig eadar ceathrar is seachdnar luchd-agallaimh: gur e cànan duilich a th’ anns a’ Ghàidhlig (gu h-àraidh gràmar, fuaimneachadh agus faclan), clasaichean no clasaichean fòn aig amannan mì-ghoireasach, gainnead chlasaichean, dìth leantail eachd eadar clasaichean, luchd-oideachaidh agus/no daoine le Gàidhlig dhùthchasach gan dìth-mhisneachadh, atharrachadh luchd-oideachaidh ann an meadhan cùrsa, agus dòighean teagaisg neo-chunbhalach. Bhruidhinn luchd-agallaimh cuideachd air dìth chothroman còmhraidh, faireachdainn gu robh an t-ionnsachadh aca air stad, astar ionnsachaidh ro luath agus cosgaisean àrda.

A’ leantainn bho cheist air adhartas, chaidh faighneachd don luchd-agallaimh an robh beàrnan mòra san t-slighe ionnsachaidh aca. Thuirt 20 neach-agallaimh (33%) gu robh, mar bu trice air sgàth dìth chlasaichean aig an ìre cheart, agus cha robh ach còignear (8%) den luchd-agallaimh a bha air barrachd air aon chlas a dhèanamh aig nach robh beàrn san t-slighe ionnsachaidh aca. Bha 46 neach-agallaimh (77%) an dùil cumail orra le bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, ach bha dragh aig 13 (22%) am biodh seo comasach dhaibh; bha cuid teagmhach an lorgadh iad cùrsa aig an ath ìre an-àirde, luchd-oideachaidh a’ fàgail, agus maoinneachadh. Cha robh ach seachdnar luchd-agallaimh (12%) nach robh an dùil cùrsa eile a dhèanamh. Bha triùir den luchd-agallaimh seo den bheachd gu robh iad adhartach gu leòr cumail orra air an ceann fhèin; bha an ceathrar luchd-agallaimh eile airson stad gus na bha iad air ionnsachadh mar-thà a dhaingneachadh.

Dh'fhaighnicheadh an uair sin don luchd-agallaimh mu bharantas Gàidhlig sam bith a bh' aca no a bha iad a' dèanamh, agus mu ciamar a bha am pròiseas seo air buaidh a thoirt air am brosnachadh. Cha tuirt ach còignear luchd-agallaimh (8%) gu robh barantas na dheagh bhrosnachadh agus/no glè chudromach don bhrosnachadh aca. Shaoil 21 (35%) gu robh barantas caran cudromach don bhrosnachadh aca, agus shaoil seachdnar (12%) gur e leas beag a bh' ann ach gum biodh iad air an clas a dhèanamh às aonais. Thuir deichnear (15%) nach robh am barantas aca idir cudromach, agus thuir aonan gu robh riatanasan a' bharantais na bhacadh. Bha 17 neach-agallaimh eile (28%) nach robh an dùil feuchainn airson barantas, agus bha naoinear (15%) nach robh cinnteach.

**Figear 20**  
**Àite bharantais ann am brosnachadh luchd-agallaimh**




Chaidh iarraidh air luchd-agallaimh am beachd a thoirt seachad air a' chlas a bha iad a' dèanamh aig an àm, agus a choimeas ri clasaichean Gàidhlig a rinn iad roimhe. Nochd raon farsaing de bheachdan an seo. Uile-gu-lèir, shaoil 34 neach-agallaimh (57%) gu robh an clas aig an àm math no glè mhath, ach thuir ochdnar (13%) nach robh iad toilichte. Fhuair a' chuid bu mhotha de chùrsaichean beachdan matha agus dona: cha d' fhuair Ùlpan ach beachdan matha (barrachd air 40 beachd, le triùir ag ràdh a-muigh 's a-mach gum b' fheàrr leotha dòigh Ùlpan na cùrsaichean roimhe) ach cha d' fhuair Total Immersion Plus ach dà bheachd, agus b' iad sin beachdan dona. Chòrd na cùrsaichean san robh iad an sàs ris a' chuid bu mhotha de luchd-agallaimh, a' bruidhinn gu h-àraidh air luchd-oideachaidh ealanta, cuideachail, luchd-ionnsachaidh dealasach, structar agus ath-aithris mar rudan a chuir ris an tlachd aca.

Bha an earrann mu dheireadh den agallaimh a' dèiligeadh ris an taic a fhuair luchd-agallaimh, agus dè na seòrsaichean taice eile no leasachaidhean a bu toil leotha fhaicinn. Dh'fhaighnicheadh do luchd-agallaimh an do mhothaich iad diofar ann an ìomhaigh phoblach na Gàidhlig bhon a thòisich iad ag ionnsachadh, agus an robh leasachaidhean o chionn ghoirid air cur ris an eòlas a bha iad a' cur air ionnsachadh na Gàidhlig. B' e beachdan matha a bh' aig a' mhòr-chuid, mar a chithear sa chairt gu h-ìosal. Am measg nan droch bheachdan bha nach robh planaichean Gàidhlig air buaidh a thoirt air cùisean pragtaigeach fhathast (4 beachdan), nach robh BBC Alba ri fhaighinn air Freeview (12 beachd), agus gu feum bun-structar ionnsachaidh na Gàidhlig barrachd eagrachaidh agus sanasachd (2 bheachd). B' e an droch bheachd a nochd bu làidir, a bh' aig naoinear luchd-agallaimh, gu robh iad a' mothachadh barrachd ghearanan agus càineadh mun Ghàidhlig, gu h-àraidh anns na meadhanan.

**Figear 21**


**Leasachaidhean o chionn ghoirid air an robh deagh bheachd aig luchd-agallaimh**



Chaidh faighneachd den luchd-agallaimh dè na targaidean a bh' aca san fhad-ùine airson Gàidhlig a bhruidhinn, agus am beachdaicheadh iad a dhol nan luchd-oideachaidh iad fhèin. Bha grunn fhreagairtean ann don cheist seo, le àireamh caran gann ag amas air làn fhileantachd. Bha mòran den luchd-agallaimh aig an robh iomadh targaid. Chithear na freagairtean gu h-ìosal.

**Figear 22**


**Targaidean luchd-agallaimh airson Gàidhlig a chleachdadh san fhad-ùine**



Cha robh e air tighinn a-steach air a' chuid bu mhotha den luchd-agallaimh riamh roimhe a dhol nan luchd-oideachaidh, ged a bha fios aig a' chuid bu mhotha gu robh luchd-ionnsachaidh eile air seo a dhèanamh. Ach, bha ùidh aig grunn math aca: thuir 21% den luchd-agallaimh gu robh coltas math ann gum beachdaicheadh iad air, agus 47% gur dòcha gum beachdaicheadh iad air. Ach bha mòran a chuir teagamh an lùib na freagairt mu fhileantachd agus misneachd, no thuir iad gu robh obair oideachaidh bliadhnaichean air thoiseach orra fhathast. Tha na h-àireamhan seo fhathast nan adhbhar dòchais, ge-tà, agus a' nochdadh dòigh sam faodadh staing an dìth luchd-oideachadh fhuasgladh, ma tha trèanadh agus taic fhreagarrach ri fhaighinn.

**Figear 23**

**Freagairtean luchd-agallaimh don cheist ‘An smaoinicheadh sibh a dhol nur neach-oideachaidh Gàidhlig?’**



Anns an earrainn mu dheireadh den agallamh chaidh faighneachd den luchd-agallaimh dè chuidicheadh iad a’ ruighinn an targaidean ann an ionnsachadh na Gàidhlig, agus dè bhiodh na chuideachadh dhaibh a’ faighinn seachad air cnapan-starra no dùbhlain. Thèid beachdachadh air an dà cheist sin air leth bho chèile, ged a tha iad ceangailte ann an dòigh, agus tha cuid de na freagairtean a rinneadh na bu tràithe a’ nochdadh an seo cuideachd; bha luchd-agallaimh glè thoilichte am beachdan innse anns na cùisean seo. A thaobh targaidean a ruighinn, bha 18 neach-agallaimh (30%) ag iarraidh barrachd chothroman còmhraidh agus daoine ris am bruidhneadh iad; bha 13 (22%) gu h-àraidh ag iarraidh barrachd tìde, agus aon duine deug (18%) ag iarraidh barrachd chlasaichean. Am measg mholaidhean eile bha barrachd chothroman bogaidh (4), barrachd phrògraman luchd-ionnsachaidh air an telebhisean agus air-loidhne (4), barrachd chothroman dol an lùib na Gàidhlig anns gach dòigh (3), làrach-lìn eadar-obrachail do luchd-ionnsachaidh (3), barrachd gràmair (3) agus ath-aithris (2), barrachd liostaichean fhaclan (2), barrachd misneachd (2), neach-comhairle Gàidhlig (2), agus barrachd maoinicheadh (2).

Nochd na cuspairean seo a-rithist anns na freagairtean air dùbhlain, agus chaidh iad a chur an òrdugh fo na cinn a leanas: tìde, cùrsaichean, stòrasan, cothroman cleachdaidh, agus fiosrachadh agus taic. A-rithist bhathas tric ag iarraidh, ‘barrachd tìde’ (8 (13%)), le cuid den luchd-agallaimh a’ faireachdainn gu robh astar a’ chùrsa ro luath; bha a’ chuid bu mhotha de na daoine seo, ge-tà, ag ràdh gur e an trioblaid gu robh cus eile aca ri dhèanamh airson tìde gu leòr a chaitheamh air obair-chùrsa. Bha iomadh beachd ann mu chùrsaichean sònraichte. Bha seachdnar luchd-agallaimh (12%) airson chlasaichean na b’ ionadail, triùir (5%) ag iarraidh cothrom na b’ fheàrr air cùrsaichean agus dithis (3%) airson barrachd chùrsaichean adhartach air astar. Bha ceathrar luchd-agallaimh (7%) a’ saoilinn gum bu chòir do chùrsaichean a bhith na bu shaoire agus bha sianar luchd-agallaimh (10%) airson barrachd maoinicheadh agus barrachd roghainnean maoinicheadh. Bha dragh aig còignear luchd-agallaimh (8%) mu dìth leantail eachd eadar chùrsaichean, agus thuirt aon neach gum bu chòir cothrom a bhith ann Gàidhlig ionnsachadh fad na bliadhna. A thaobh subsaint chùrsaichean, bha triùir luchd-agallaimh (5%) ag iarraidh barrachd roghainn chùrsaichean agus dithis (3%) ag iarraidh chùrsaichean na b’ ùr-nodha; bha beachdan ann cuideachd nach robh na barantasan cunbhalach, nach robh càileachd nan cùrsaichean ga riaghladh, agus gu robh clasaichean ro mhòr.

Bha a’ chuid bu mhotha den luchd-agallaimh sàsaichte leis na stòrasan a bh’ ann airson Gàidhlig ionnsachadh, ach bha moidhean aca a thaobh cleachdadh teicneòlais. Bha dithis neach-agallaimh ag iarraidh barrachd phrògraman air telebhisean agus rèidio do luchd-tòiseachaidh, aonan ag iarraidh cothrom fo-thiotalan fhalach, aonan ag iarraidh DVD



de phrògraman a b' urrainnear coimhead a-rithist 's a-rithist, bhruidhinn dithis air làrach-lìn do luchd-tòiseachaidh a-mhàin, agus shaoil aon neach gun gabhadh barrachd leasachaidh a dhèanamh air cùrsaichean air-loidhne airson barrachd feum a dhèanamh den mheadhan. Mar a bha follaiseach ann an earrainnean eile den t-suirbhidh agus agallamh, bha luchd-agallaimh gu mòr ag iarraidh cothroman còmhraidh ri luchd-ionnsachaidh fileanta agus daoine le Gàidhlig dhùthchasach (11 — 18%). Bha mòran mholaidhean aca air ciamar a ghabhadh seo a dhèanamh, bho bhràiste a chaitheamh (1) agus àireamh an luchd-labhairt san iomlan a chur am meud (3); gu làn-bhogadh (4); gu lìonra ionadail de luchd-labhairt a chruthachadh (5), strùpag is seachas le luchd-labhairt (3), luchd-misneachaidh Gàidhlig (2), agus seòmar seanchais no fòram air-loidhne (3). Bha luchd-agallaimh cuideachd ag iarraidh barrachd chlasaichean còmhraidh structarach (3). Agus, bha luchd-agallaimh ag iarraidh barrachd fiosrachaidh is taic, aig ìre nàiseanta (5) agus ionadail (2). Shaoil còignear luchd-agallaimh gum bu chòir clasaichean a bhith air an sanasachd na b' fheàrr, agus uair a' chlas air a daingneachadh ro làimhe, agus mhol sianar leabhran no làrach-lìn le liosta chlasaichean ann.

## 5 Meòrachadh air prìomh chùisean

Feumar aghaidh a chur ri grunn dhùbhlann cudromach ma tha bun-structar Gdl a' dol a bhith nas èifeachdaiche agus barrachd luchd-ionnsachaidh a' dol a thighinn don t-siostam. Tha an earrann seo den aithisg a' beachdachadh air grunn de na cùisean seo, a' coimhead an toiseach ri ceistean air ciamar a thàlar luchd-ionnsachaidh agus an uair sin a' tionndadh gu ceistean mu structar solarachaidh Gdl.

Feumar leasachadh air solarachadh Gdl a thuigsinn ann an co-theagasa roi-innleachdach freagarrach. B' e aon de na prìomh cho-dhùnaidhean anns an aithisg *Measuring the Gaelic Labour Market: Current and Future Potential* (Caimbeul et al. 2008) 'there needs to be a greater emphasis brought to bear on the achievement of specific language outputs and outcomes in relation to expenditures on Gaelic language development activities' (Caimbeul et al. 2008: 98). Faodar an co-dhùnadh seo a dhèanamh mun raon Gdl gun teagamh sam bith. Tha e ga thagradh gur e uiread inbheach 's a ghabhas a thoirt gu fileantachd sa Ghàidhlig a bu chòir a bhith mar phrìomh cheann uidhe aig solarachadh Gdl. Tha dà bhuidheann shònraichte gu h-àraidh cudromach sa chùis seo: inbhich aig aois breith pàiste (*mus bi* clann aca) agus daoine aig a bheil na sgilean a tha a dhìth anns a' mhargaidh obrach Ghàidhlig (me tidsearan barantaichte).

Ged a shaoilear nach leigear a leas sin a ràdh, tha rannsachadh air sealltainn nach robh bun-structar na Gàidhlig a-riamh soirbheachail air àireamh shusbainteach de luchd-ionnsachaidh a thoirt gu fileantachd, fiù ged a bha àireamh mhòr de dhaoine a' feuchainn ris a' chànan ionnsachadh (MacCaluim 2007). Bu chòir a thoirt fa-near, ged a tha dealas ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* airson an àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach a chur am meud, nach eil targaid ga sònrachadh, fiù ged a chaidh àireamhan a chur mu choinneamh thargaidean ann an grunn raointean eile leithid clann-sgoile FTG agus àireamhan cunntas-sluaigh. Tha e ga mholadh gu sònraich BnG targaid airson àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach a' ruighinn fileantachd.

Aig an aon àm, bidh cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig a' cur ri AGC ann an dòighean neo-dhìreach. Bidh clasaichean Gàidhlig a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a dhol an lùib a' chànan agus bruidhinn air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a' gabhail a-steach thachartasan, seirbheisean, naidheachdan agus iomairtean. Fiù nuair nach eil clasaichean èifeachdach ann a bhith a' toirt luchd-ionnsachaidh gu fileantachd, faodaidh iad a bhith soirbheachail a' cruthachadh luchd-taic is luchd-iomairt don chànan, agus dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh letheach fileanta an clàradh fhèin mar luchd-labhairt na Gàidhlig sa chunntas-shluaigh.

### 5.1 A' cur iarrtas am meud airson Gdl

Ged a tha e cudromach gun toir bun-structar Gdl luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gu fileantachd tro leasachadh air cùrsaichean agus structaran, tha e deatamach gun tèid luchd-ionnsachaidh ùr a thàladh, gu h-àraidh daoine fo 25, buidheann chudromach a thaobh ro-innleachd. Mar sin, bu chòir tàladh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bhith na prìomh phàirt de ro-innleachd nàiseanta Gdl.

Faodar dà phrìomh dhùbhlann fhaicinn a thaobh tàladh barrachd luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. An toiseach, tha e duilich an-dràsta do luchd-ionnsachaidh san amharc faighinn a-mach mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig. Thèid beachdachadh air a' chùis seo ann an earrann 5.2 den aithisg seo. Anns an dàrna àite, tha mòran daoine ann a dh'fhaodadh Gàidhlig ionnsachadh ach chan eil iad a' faireachdainn gu bheil a' Ghàidhlig a' buntainn riutha agus chan eil iad a' faicinn adhbhar sam bith airson a h-ionnsachadh. Tha gnè an dà

dhùbhlain seo glè eadar-dhealaichte agus bidh fuasglaidhean sam bith air an son a cheart cho eadar-dhealaichte.

Tha rannsachadh air sealltainn gu bheil ìre taice don Ghàidhlig am measg a' phobaill a tha na fhìor adhbhar misneachd ach nach eil iad idir fiosrachail mun chànan no mu ciamar a gheibh iad a-mach ma deidhinn (me MacFhionghain 1981, BBC 2003). Fhuair suirbhìdh ann an 1996 a rinn System 3 Alba don iomairt sanasachd *Gàidhlig '96* gu robh 86% de shampall riochdachail de dhaoine ag aontachadh gum bu chòir cànan agus dòigh-beatha na Gàidhlig a ghlèidheadh. Fhuair e cuideachd, ge-tà, gu robh 62% de na h-aon bhuidhnean a' faireachdainn gu robh e duilich do dhaoine ann an Alba fiosrachadh mun Ghàidhlig a lorg no nach robh fios aca gu robh a leithid ri fhaighinn (*Gàidhlig '96* 1997).

Ann an sgrùdadh a rinn BBC na h-Alba ann an 1996 a bha na bu buntainniche ri ionnsachadh Gàidhlig fhuaras gu robh ùidh mhòr aig 5% de shampall riochdachail de dh'Albannaich ann an Gàidhlig ionnsachadh agus gu robh ùidh air choireigin aig 18% eile (CnaG 1999:12). Nuair a dh'fhaighnich cunntas bheachd a rinneadh don BhBC ann an 2003 de shampall riochdachail de phoball na h-Alba am biodh iad deònach smaoineachadh air Gàidhlig ionnsachadh san àm ri teachd, thuirt 16% 'bhitheadh', le 16% eile a' freagairt 'is dòcha'. Ach fhuaras cuideachd, ge-tà, nach robh ach 31% den t-sampall ag aontachadh ris an aithris, 'nam bithinn ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh bhiodh e furasta an cùrsa ceart a lorg'. Ged nach urrainn na h-àireamhan seo a ghabhail mar riochdachadh air cia mhead duine a dh'ionnsaicheas Gàidhlig dha-rìribh, tha iad a' leigeil fhaicinn gu faodadh ùidh mhòr a bhith ann airson ionnsachadh na Gàidhlig nan robh goireasan ionnsachaidh freagarrach ann agus sanasachd gu leòr air cothroman ionnsachaidh.

Ach fiù le structaran is fiosrachadh nas fheàrr, tha e soilleir nach eil mòran daoine buailteach Gàidhlig ionnsachadh. Fhuair sgrùdadh bheachd a rinneadh do BnG a thaobh pròiseict [mygaelic.com](http://mygaelic.com), mar eisimpleir, gu robh mòran daoine a' saoilinn nach robh a' Ghàidhlig a' buntainn riuthasan gu pearsanta, mar bu tric den bheachd nach robh i a' buntainn ri Alba air fad no ri dreuchd sam bith a dhèanadh iad (Progressive/Creative Cell 2007). Tha e cudromach a thoirt fa-near nach e dìreach daoine a bha an aghaidh na Gàidhlig a shaoil seo ach mòran a bha airson a' Ghàidhlig a ghlèidheadh.

Ged nach eil mòran coltais gum biodh daoine gun ùidh sam bith sa Ghàidhlig no a tha an aghaidh a' chànan ag iarraidh a h-ionnsachadh, tha daoine eile ann a dh'fhaodadh feuchainn ri a h-ionnsachadh nam biodh iad a' faireachdainn gu robh i a' buntainn riutha fhèin ann an dòigh air choreigin. Airson na daoine seo a thàladh don chànan cha bhiodh e gu leòr dìreach barrachd fiosrachaidh a libhrigeadh mu chothroman ionnsachaidh na Gàidhlig; dh'fheumte aire a thogail mun Ghàidhlig agus dòighean-smaoineachaidh atharrachadh mun chànan.

Mar sin, is i cùis thoinnte a th' ann an tàladh luchd-ionnsachaidh don Ghàidhlig, a chionn gu faod ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart a dh'aon ghnothach le oidhirpean a bhrosnaicheas ionnsachadh agus cuideachd mar thoradh air iomairtean cur-air-adhart cànan eile. A nis, thèid beachdachadh air na dòighean a leanas airson luchd-ionnsachaidh a thàladh: barrachd Gàidhlig anns a' bheatha phoblaich, margaidheachd ghnìomhach na Gàidhlig, agus iomairtean sgoile a bheir buaidh air Gdl.

### **5.1.1 Barrachd Gàidhlig anns a' bheatha phoblaich**

Bha aire mun Ghàidhlig anns a' chuid bu mhotha de dh'Alba glè ìosal gu beagan bhliadhnaichean air ais agus cha robh a' chuid bu mhotha de dh'Albannaich taobh a-muigh nan sgìrean Gàidhlig ga cluinntinn no ga faicinn ach fìor chorra uair. O chionn ghoirid, ge-

tà, tha atharrachadh air tòiseachadh a' tighinn air an t-suidheachadh seo, gu h-àraidh mar thoradh air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tron *Phlana Nàiseanta* agus pròiseas deasachaidh nam planaichean cànan reachdail, tha BnG air cudrom a chur air dòighean airson a' Ghàidhlig a dhèanamh nas faicsinniche airson inbhe a' chànan a thogail am measg dhaoine a tha a' bruidhinn na Gàidhlig agus daoine nach eil (BnG 2007a: 33; 2007b).

Am measg adhartas suaicheanta ann am faicsinneachd phoblach na Gàidhlig o chionn ghoirid tha barrachd shoidhnichean rathaid dà-chànanach (gu h-àraidh ann an sgìrean Chomhairlean na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid); cuid de bhuidhnean nàiseanta poblach, leithid Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba, a' cruthachadh shuaicheantasan dà-chànanach; barrachd faicsinneachd na Gàidhlig san amharc aig lìonra rèile na h-Alba agus Gàidhlig air soidhnichean a' cur fàilte air daoine do dh'Alba anns na puirt-adhair agus air na rathaidean.

Tha stèidheachadh BBC Alba cuideachd air ìomhaigh a' chànan a thogail agus tha an sianal air amas air raon phrògraman a dhèanamh a bhios tarraingeach do dhaoine aig nach eil Gàidhlig air feadh na h-Alba. Tha tar-shanasachd den t-sianail air a bhith feumail airson aire dhaoine aig nach eil Gàidhlig a tharraing gu, an dà chuid, BBC Alba agus an cànan fhèin. Thèid buaidh na h-iomairt seo am meud gu mòr ma bhios an sianal ri fhaighinn air Freeview.

Faodaidh oidhirpean a nì a' Ghàidhlig nas faicsinniche, leithid shoidhnichean, a bhith cudromach airson ionnsachadh a bhrosnachadh airson gum bi iad a' togail aire dhaoine mun chànan. Mar a thuirt Grin is Vaillancourt anns an rannsachadh aca air soidhnichean rathaid sa Chuimrigh, 'the symbolic agus psychological impact of bilingual signs [...] must not be underestimated' (1999: 27). Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an dòigh fhaicsinneach taobh a-muigh na Gàidhealtachd agus le buidhnean poblach nàiseanta a bhith cudromach airson sealltainn gum buin an cànan do dh'Alba air fad (cf. Figear 21 gu h-àirde). Air an adhbhar sin faodaidh e cur gu mòr ann a bhith a' brosnachadh dhaoine le deagh ghean don Ghàidhlig ach nach eil a' saoilinn gum buin i rim beatha fhèin an cànan ionnsachadh. Air na h-adhbharan sin, tha e cudromach gun lean BnG orra a bhith gnìomhach a' brosnachadh faicsinneachd phoblach air a' chànan.

### 5.1.2 Margaidheachd ghnìomhach na Gàidhlig

Is i an dàrna dhòigh air ionnsachadh a' chànan a chur air adhart a bhith gnìomhach ann am margaidheachd tro iomairtean sanasachd. Mar a chithear gu h-àrd, tha rannsachadh air sealltainn gu bheil mòran taice am measg a' mhòr-shluaigh don Ghàidhlig ach nach eil uiread fios ann mun chànan no ciamar a gheibhear a-mach ma deidhinn.

Is e am prìomh ghnìomh aig iomairt sanasachd ceangal a dhèanamh eadar àrd-ìre de thaic bhon phoball agus barrachd fiosrachaidh mun chànan airson gun tèid barrachd dhaoine na lùib. Rinn Buidheann Comhairleachaidh Mhinistireil don Ghàidhlig luaidh ann an 2002 gu bheil feum air 'comprehensive awareness-raising campaign [...] to bring about attitudinal change, and culture shift to give the wider Scottish population ownership of Gaelic' (2002: 31).

Tha grunn iomairtean sanasachd beaga mun Ghàidhlig air tachairt anns an fhichead bliadhna a chaidh seachad. Bha am pròiseact *Gàidhlig '96/'97* ag amas air ìomhaigh na Gàidhlig a thogail ann an dòigh adhartach aig ìre nàiseanta. Deich bliadhna às dèidh sin, bha am pròiseact fad-bliadhna *Air Splaoid* ag amas air ionnsachadh na Gàidhlig a

bhrosnachadh mar phàirt de dh'iomairt Highland 2007. O chionn ghoirid bha an iomairt sanasachd airson làrach-lìn mygaelic.com a' brosnachadh muinntir a' phobaill a bhith 'a' lorg na Gàidhlig annad fhèin'.

Ged a tha gach iomairt sin air cur ri togail aire, bidh feum air iomairt sanasachd nas motha don Ghàidhlig ma tha dòighean smaoinichaidh mun chànan a' dol a dh'atharrachadh agus eadar-dhealachadh ann an cultar dol a thighinn gu buil agus mòr-shluagh na h-Alba a' dol a dh'fhaireachdainn gu bheil an cànan a' buntainn riuthasan. Ach gu h-àraidh, tha feum air iomairt sanasachd nas follaisiche airson aire dhaoine a thogail ann an dòigh shusbainteach mu dheidhinn nam buannachdan a thig bho ionnsachadh na Gàidhlig, mu chothroman ionnsachaidh agus àireamh an luchd-ionnsachaidh a chur am meud. Tha seo a' buntainn ri dealas BnG ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig gus 'cur an sàs iomairt follaiseachd airson ìomhaigh fhiughaireach don Ghàidhlig adhartachadh ann an Alba' (BnG 2007a:29). Is e aon mhodail a dh'fhaodadh obair sa chùis seo an iomairt bhon Bhreatainn Bhig 'Deskomp Brezhoneg' (Nach Ionnsaich Sinn Breatannais), a chleachd, am measg rudan eile, 900 postair air fasgaidhean bus air feadh na Breatainne Bige, agus iad ag amas air dùblachadh a dhèanamh air an àireamh dhaoine a bha an sàs ann an cànan na Breatainne Bige ionnsachadh (Oifis ar Brezhoneg/Office de la Langue Bretonne 2005).

Bu chòir dha a bhith am measg prìomh amasan poileasaidh den leithid gun tèid luchd-ionnsachaidh òg a thàladh don chànan. Bu chòir Gàidhlig a chur air adhart an còmhnaidh mar chànan an latha an-diugh a bhuineas ri daoine ann an Alba air fad, bu chòir cudrom a chur air eugsamhlachd coimhearsnachd na Gàidhlig agus ìomhaighean seann-phasanta a sheachnadh. Tha e cuideachd cudromach gun tèid cudrom a chur air buannachdan sgilean Gàidhlig sa mhargaidh obrach oir tha e coltach nach eil cothroman fastaidh ann an dreuchdan a bhuineas ri Gàidhlig fhathast na prìomh adhbhar aig daoine airson an cànan ionnsachadh (faic Figearan 6 agus 15 gu h-àirde).

### **5.1.3 Iomairtean sgoile a bheir buaidh air Gdl**

Faodaidh grunn iomairtean aig ìre na bun-sgoile agus àrd-sgoile, a' gabhail a-steach chlasaichean a' togail aire mun Ghàidhlig agus diofar sheòrsaichean Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI), buaidh chudromach a thoirt air inbhich a bhrosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh.

#### **5.1.3.1 Aire mun Ghàidhlig**

Nuair a tha inbhich a' co-dhùnadh cànan ionnsachadh feumaidh iad, gun teagamh, fiosrachadh air choireigin mun chànan sin agus deagh ghean a bhith aca don chànan. Airson na mòr-chuid, cha robh siostam foghlaim an h-Alba riamh ag innse mun Ghàidhlig, a h-eachdraidh no a suidheachadh làthaireach. Mura faigh clann-sgoile fiosrachadh pongail mun Ghàidhlig nuair a tha iad san sgoil, chan eil iad a' dol a bhith buailteach tuigsinn àite a' chànan ann an eachdraidh agus mòr-chomann na h-Alba, no ìomhaighean fallsa is stereotaidhean aithneachadh bhon fhìrinn, agus mar thoradh air sin, chan eil iad coltach an cànan ionnsachadh mar inbhich (McLeod 2001a: 6-7, 26; McLeod 2004: 44; Robasdan 2006: 107).

Is ann air na h-adhbharan sin a tha buidhnean Gàidhlig agus eòlaichean foghlaim thar nam bliadhnaichean air grunn mholaidhean a chur air adhart gus an ionnsaich a h-uile leanabh mu chànan is cultar na Gàidhlig anns an sgoil tro chùrsaichean aire mun Ghàidhlig no cùrsaichean aire air eugsamhlachd chànanan san fharsaingeachd (CnaG 1998: 4, Lo Bianco 2001: 65; Robasdan 1999: 255, Robasdan 2006: 88, 105, 107).

B' e aon phrìomhachas a chaidh a nochdadh ann an earrann 'Còir is Togail Aire' den Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig 'adhartachadh iomadachd cànan is àrdachadh mothachaidh air a' Ghàidhlig tro chùrsaichean eachdraidh, cultar is dualchas Gàidhlig ann an sgoiltean na h-Alba', leis a' bhuil stiùireadh curraicealaim a dhèanamh do sgoiltean mu iomadachd cànan is cùrsaichean co-cheangailte ri Gàidhlig (BnG 2007a: 57).

Bu chòir am prìomhachas seo anns an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig a chur an làn-ghnìomh ann an Alba air fad agus bu chòir cùis togail aire mun Ghàidhlig a sheasamh gu daingeann tro phròiseas deasachaidh nam planaichean Gàidhlig airson ùghdarrasan ionadail agus buidhnean foghlaim nàiseanta agus tron Bhuidhinn Stiùiridh Nàiseanta air Foghlam Gàidhlig.

A thaobh brìgh prògram togail aire, tha e cudromach gu seachnar gnàth-ìomhaighean seann fhasanta agus gun tèid Gàidhlig a dhealbadh mar chànan a bhuineas ris an latha an-diugh agus ri Alba air fad. Tha seo gu h-àraidh cudromach ma tha togail aire mun Ghàidhlig a' tachairt mar phàirt de theagasg air eugsamhlachd chànanan san fharsaingeachd.

Dhèanadh oidhirpean den leithid seo mòran gus eòlas a' mhòr-shluaigh an Alba a mheudachadh mun Ghàidhlig agus bhrosnaicheadh iad inbhich gu bhith ag ionnsachadh a' chànan. Bu chòir oidhirpean den leithid fhaicinn mar phrìomhachas ann an ro-innleachd sam bith airson àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a chur an-àirde, agus, tro aire agus spèis air a' Ghàidhlig a thogail, airson AGC san fharsaingeachd.

#### **5.1.3.2 FLI: Gàidhlig sa Bhun-sgoil**

Tha àite aig an sgeama Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GBS) ann a bhith a' brosnachadh Gdl le bhith a' meudachadh àireamhan airson FLI san àrd-sgoil agus aire a thogail mun chànan san fharsaingeachd. Mar a thuirt Ridseard Johnstone sa bhreithneachadh aige air GBS ann an 2003:

Although it cannot deliver the levels of proficiency which arise from Gaelic-medium primary education, it nonetheless has an important role to play in helping a relatively hidden language of Scotland to assume a higher public profile. It may encourage pupils to stay with the language beyond primary school and it may help to bring the language back into families and local communities (Johnstone 2003: 5).

Nochd am beachd seo a-rithist ann an aithisg le Luchd-sgrùdaidh na Banrìghe airson Foghlaim, 'An coimeas ri FTG, dh' fhaodadh clasaichean GBS agus luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil a thabhann do àireamhan mòran nas motha de sgoilearan air feadh na h-Albann gu lèir aig a bheil ùidh ann an cànan agus cultar nan Gàidheal. Bhiodh an t-àrdachadh àireamhan math gun teagamh airson leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd agus, an ceann tìde, dh' fhaodadh cuid de na sgoilearan seo fàs fileanta tro fhoghlam Gàidhlig a leantainn do ìrean nas àirde' (Luchd-sgrùdaidh na Banrìghe airson Foghlaim 2005: 36).

Ann an 2006/7 bha mu 4,800 sgoilear ag ionnsachadh GBS ann an grunn ùghdarrasan ionadail (BnG 2007a: 53). Bha an solarachadh seo mar bu trice ann an ùghdarrasan foghlaim sa Ghàidhealtachd ach fiù anns na sgìrean sin fhèin, cha robh Gàidhlig ga tabhann ach ann am beag-chuid de bhun-sgoiltean ann an sgìrean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle na Gàidhealtachd. Taobh a-muigh na Gàidhealtachd, is àbhaist do sholarachadh GBS a bhith ann an sgoiltean agus buidhnean sgoiltean a tha a'

tabhann FTG.

Tha LSBF air moladh gum bu chòir do sgoiltean agus ùghdarrasan foghlaim 'solarachadh a mheudachadh airson luchd-ionnsachaidh Gàidhlig sa bhun-sgoil (GBS) agus san àrd-sgoil' (LSBF 2005: 39). Tha an Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig cuideachd air aithneachadh cho cudromach 's a tha GBS, ag ràdh gu bheil feum air 'tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air solar FLI agus obrachadh a dh'ionnsaigh toirt a-steach solar GBS anns a h-uile bun-sgoil ann an Alba'. Tha an ro-innleachd cuideachd ag ràdh gum bi BnG ag obair còmhla ri cuid eile gus 'leudachadh solar do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann am bun-sgoiltean is na h-àrd-sgoiltean nan lùib' leis a' bhith a' bhith a' sgaoileadh trèanadh GBS 'a' leantainn gu meudachadh san àireamh de sgoilearan le cothrom air GBS is Gàidhlig air feadh Alba' (BnG 2007a: 53, 58).

Tha e cudromach don raon Gdl gun tèid GBS a chur am meud agus bu chòir do BnG obair a dh'ionnsaigh a' chinn-uidhe seo a chur air adhart tro phlanaichean cànan ùghdarrasan ionadail agus buidhnean foghlaim nàiseanta agus tron Bhuidhinn Stiùiridh Nàiseanta air Foghlam Gàidhlig.

### **5.1.3.3 FLI: Gàidhlig mar chuspair àrd-sgoile**

Tha prìomh àite cuideachd aig teagasg na Gàidhlig mar chuspair àrd-sgoile do luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' cur Gdl air adhart agus ann an aire a thogail mun Ghàidhlig san fharsaingeachd.

Tha an rannsachadh seo fhèin agus feadhainn nas tràithe air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an còmhnaidh air lorg gu bheil aois luchd-ionnsachaidh ag aomadh a dh'ionnsaigh meadhan-aois is sean, le glè bheag anns a' bhuidhinn chudromaich ro-innleachdaich aois 16-25 (CnaG / CLI 1992: 72, NicNèill is Dòmhnallach 1997: 9, MacCaluim 2007: 115). Nan robh clasaichean Gàidhlig na h-Ìre Coitcheann agus Àrd-Ìre rim faighinn ann am barrachd àiteachan bhiodh barrachd sgoilearan a' dol air adhart a dhèanamh Gàidhlig aig ìre FA/FAI agus a dhèanamh dhreuchdan a bhuineas ri Gàidhlig.

Chaidh dìth tìde, dleastanas teaghlaich agus cosgais a thogail mar phrìomh dhùilgheadasan do dh'inbhich ag ionnsachadh na Gàidhlig (MacCaluim 2007: 34). Nam biodh cothrom aig sgoilearan Gàidhlig a dhèanamh anns an àrd-sgoil gheibheadh barrachd aca tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh mus robh aca ri dleastanasan inbhich a thoirt orra agus, do chuid, bhiodh bunait aca airson tuilleadh ionnsachadh.

Ged a tha an àireamh cloinne san àrd-sgoil a' dèanamh chlasaichean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air a dhol an-àirde o chionn beagan bhliadhnaichean, tha an àireamh a' dèanamh barantas Àrd-Ìre agus Sàr Àrd-Ìre air ìsleachadh. Uile-gu-lèir, bha 2,813 sgoilear ann an Alba a' dèanamh Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh mar chuspair àrd-sgoile ann an seisean 2008-9. Tha seo a' ciallachadh àrdachadh 32% bho 2001-2, nuair a b' e an àireamh sgoilear ris am b' urrainnear coimeas a dhèanamh 2,131 (Oilthigh Shrath Chluaidh 2002, 2009), ach fhathast tha seo fada nas lugha na 1% de sgoilearan àrd-sgoile ann an Alba. Tha an fhìor mhòr-chuid den luchd-ionnsachaidh seo aig ìrean tràtha na h-àrd-sgoile: ann an 2008-9, bha 93.9% ann an AS1-4 agus 65.4% ann an AS1-2. Ann an 2009 cha do shuidh ach 118 neach-ionnsachaidh Àrd-Ìre agus dìreach 15 Sàr Àrd-Ìre (Oilthigh Shrath Chluaidh 2009; SQA 2009). An coimeas ri seo, shuidh 154 sgoilear Àrd-Ìre an luchd-ionnsachaidh ann an 2006 agus shuidh 28 Sàr Àrd-Ìre an luchd-ionnsachaidh ann an 2004 (SQA 2008).

Aig an àm seo chan eil cùrsaichean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig rim faighinn ach ann an glè bheag de dh'àrd-sgoiltean, dìreach 39 ann an 2008-9, no gann is 10% den iomlan nàiseanta. Cha bhi ach 8 den 32 ùghdarras foghlaim ionadail a' tabhann Gàidhlig mar chuspair ann an gin de na h-àrd-sgoiltean aca. Às na sgoiltean a' teagasg chùrsaichean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an 2008-9, cha robh ach sia nach robh ann am badan Gàidhealach den dùthaich; sin, ùghdarrasan ionadail Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid (Oilthigh Shrath Chluaidh 2009). Ach fiù anns na comhairlean Gàidhealach sin fhèin cha robh a h-uile sgoil a' gabhail pàirt: ged a bha a h-uile àrd-sgoil anns na h-Eileanan Siar a' tabhann FLI, cha b' ann mar sin a bhà ann an sgìrean Chomhairle na Gàidhealtachd (17 a-mach à 29 sgoil) no Earra-Ghàidheal is Bòid (5 à 10). Air Ghalldachd, tha àrd-sgoiltean a bhios a' tabhann chlasaichean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gann dha-rìribh. Ann an 2008-9, mar eisimpleir, cha deach Gàidhlig a thabhann mar chuspair do luchd-ionnsachaidh aig àrd-sgoil sam bith ann am bailtean Dhùn Èideann, Ghlaschu no Dhùn Dèagh (Oilthigh Shrath Chluaidh 2009).

Fiù far a bheil Gàidhlig ri faighinn mar chuspair, tha an àireamh sgoilearan àrd-sgoile a' roghnachadh an cànan a dhèanamh mar as trice nas ìsle na shaoilear airson gu feum clann glè thric taghadh eadar Gàidhlig agus cànan cèin leithid Fraingis air neo cha bhi iad a' faighinn cothrom Gàidhlig a dhèanamh gus an dàrna no an treas bliadhna (Robasdan 1999: 248, Robasdan 2001b: 13, Johnstone 2003: 10). Chan e sin a-mhàin ach chan eil GBS ri faighinn anns a h-uile bun-sgoil ceangailte ri àrd-sgoiltean a bhitheas a' tabhann FLI agus mar sin tha a' Ghàidhlig fo anacothrom an taca ri cànanan anns a' phrògram Cànanan Ùr-nodha sa Bhun-sgoil.

Gus àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a chur am meud, agus gu h-àraidh an àireamh a bhios a' fàs fileanta, tha e cudromach gun tèid an roinn FLI san àrd-sgoil a mheudachadh agus cnapan-starra a' bacadh gabhail a thogail às an rathad. Tha e gu h-àraidh cudromach aghaidh a chur ris an fhìor ghainnead chothroman Gàidhlig ionnsachadh sa Ghalldachd agus nach eil solarachadh Gàidhlig ri fhaighinn ann an iomadh àite sa Ghàidhealtachd.

Ged a tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig mothachail air 'an àite luachmhor aig foghlam luchd-ionnsachaidh' agus ag ràdh gum bi BnG ag iarraidh cothrom air agus càileachd FLI a thoirt am feabhas (BnG 2007a: 20), tha e suaicheanta nach eil targaid sa Phlana Nàiseanta airson an àireamh sgoilearan a' dèanamh FLI san àrd-sgoil a mheudachadh. Tha e ga mholadh gu sònraich BnG targaid airson seo agus na ceuman freagarrach a ghabhail, tron phròiseas leasachadh phlanaichean cànan agus a' Bhuidheann Stiùiridh Nàiseanta Foghlam Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gu ruigear i.

Tha foghlam sgoile cuideachd a' tighinn an lùib Gdl a thaobh trèanadh thidsearan. Tha e air a bhith a' sìor fhàs soilleir gur e an aon fhuasgladh air a' ghainnead thidsearan agus am meudachadh ann am FTG a mhol Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-2012 a thoirt gu buil gun tèid tidsearan/oileanaich teagaisg a tha air Gàidhlig ionnsachadh gu ìre fileantachd a thoirt dhan an t-siostam. Chan eil gu leòr ann an-dràsta de luchd-labhairt na Gàidhlig airson an àireamh thidsearan a tha a dhìth fhaighinn. Bu chòir cùrsa Gàidhlig a stèidheachadh mar chùis èiginn airson tidsearan air ùr-cheumnachadh no tidsearan san dreuchd, a' gabhail a-steach, gun teagamh sam bith, luchd-ceuma no tidsearan a bhiodh ag ionnsachadh Gàidhlig bhon fhìor thoiseach.



## 5.2 A' toirt piseach air structar is libhrigeadh solarachadh Gdl

Tha e follaiseach gu bheil grunn uireasbhaidhean dona anns a' bhun-structar làthaireach airson Gdl. Gus piseach a thoirt air an t-siostam, feumar structar libhrigidh nas co-òrdanaichte agus nas simplidhe a chur air dòigh, frèam-obrach tàbhachdach agus ùghdarrasail airson sgrùdadh cànan agus barantachadh agus an siostam trèanadh luchd-oideachaidh ùrachadh agus a chur fo rèim phroifeiseanta.

Mar a chithear san stòr-dàta, agus mar a chaidh a chur an cèill ann an earrann 3 gu h-àrd, tha solarachadh Gdl ann an Alba an-dràsta buailteach a bhith neo-cheangailte, beàrnach, gun cho-òrdanachadh, air a dhroch chur air adhart, air a dhroch mhaoineachadh agus tric às aonais rèim phroifeiseanta. Chan eil an siostam seo idir cho math ri solarachadh ionnan airson na Cuimris sa Chuimrigh agus Gaeilge an Èirinn, a tha nam modailean feumail do leasachadh an Alba.

A dh'aindeoin nan uireasbhaidhean seo, bu chòir a thoirt fa-near nach do nochd stuthan ionnsachaidh mar adhbhar gearain mòr do luchd-ionnsachaidh (faic Figear 7 gu h-àirde). Is e leasachadh cudromach anns an raon Gdl a tha seo a tha mar thoradh air leasachadh anns na leabhraichean foillsichte do luchd-ionnsachaidh (gu h-àraidh leabhraichean-cùrsa agus faclairan) ach cuideachd gu bheil stuthan dealanach, a' gabhail a-steach stòrasan air-loidhne, air an cleachdadh gu soirbheachail.

### 5.2.1 Ionadan ionnsachaidh Gàidhlig

Tha am *Plana Nàiseanta* ag ràdh gu bheil BnG 'ag aithneachadh cho cudromach 's a tha ionadan roinneil ionnsachadh agus cultar Gàidhlig', agus gu bheil iad 'ag iarraidh na buidhnean iomchaidh a mhisneachadh gus beachdachadh am biodh e comasach an solar seo a leudachadh' (BnG 2007a: 21). Ged a tha na briathran seo caran lag agus teagmhach, agus an luaidh air 'cultar' is dòcha na chlaonadh bhon t-slighe ann an suidheachadh Gdl, is e ceann-uidhe cudromach a tha seo a gheallas àrdachadh susbainteach ann an solarachadh Gdl ann an Alba ma thèid a chur an gnìomh san dòigh cheart.

Tha an aithris theagmhach seo a-nis air stèidh nas daingne agus am Bòrd a' gealltainn ann an *Ginealach Ùr na Gàidhlig* gum bi 'dà thogalach gan sònrachadh mar Ionadan Ionnsachaidh Gàidhlig a' tairgsinn sàr-mhathas ann an cothroman togail Gàidhlig' (BnG 2010: 11).

Is e am modail as nochdte an seo am fear a chaidh a leasachadh o chionn ghoirid sa Chuimrigh. Ann an 2006, stèidhich Riaghaltas na Cuimrigh lionradh de shia Ionadan Cuimris do dh'Inbhich air feadh na Cuimrigh, ann an roinnean Ceann a-Tuath na Cuimrigh, Meadhan na Cuimrigh, an Iar-dheas, Glamorgan, Cardiff/Vale of Glamorgan agus Gwent. Tha a h-uile ionad ceangailte ri stèidh FA no FAI sònraichte. Tha e an urra ris na h-ionadan seo frèaman-obrach nàiseanta agus ionadail a stèidheachadh airson planadh chùrsaichean, piseach a thoirt air leantail eachd eadar na cùrsaichean aig ìre ìosal agus na cùrsaichean a bheir oileanaich gu fileantach, leasachadh chùrsaichean sònraichte airson Cuimris san àite-obrach agus Cuimris do phàrantan, rèim phroifeiseanta agus structar adhartachadh dreuchd a thoirt do luchd-oideachaidh, leasachadh càileachd ann an ionnsachadh agus cunbhalachd ann an inbhean nàiseanta, agus margaidheachd Cuimris

do dh'Inbhich a dhèanamh nas fheàrr.<sup>15</sup> Tha maoinachadh bliadhnaile nan sia ionadan mu £2.25 millean, mòran nas motha na buidseatan Gdl ann an Alba.<sup>16</sup>

Bidh gach ionad ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean ionadail eadar-dhealaichte, a' gabhail a-steach Colaistean FA agus ùghdarrasan ionadail, agus a' co-òrdanachadh iomlanachd de chùrsaichean san sgìre sin, aig diofar ìrean agus dèinead. Tha fiosrachadh fosgailte do na h-uile mu chùrsaichean air inneal-lorg a tha mionaideach agus furasta a chleachdadh air duilleag-dhachaigh làrach-lìn an ionaid (me [www.learnwymraeg.org](http://www.learnwymraeg.org), làrach-lìn Ionad a' Chinn a-Tuath). Tha fiosrachadh mionaideach mu chothroman Cuimris ionnsachadh cuideachd ri fhaighinn air làrach-lìn an riaghaltais, le duilleag ag ràdh, gu sìmplidh, 'Ciamar as urrainn dhomh Cuimris ionnsachadh?', far a bheil grunn cheanglaichean do làrach gach ionad ionnsachaidh fa leth.<sup>17</sup>

Ged a bha solarachadh Cuimris do dh'Inbhich mus deach na h-Ionadan Cuimris a stèidheachadh na b' fhoirmeile mar-thà na solarachadh Gdl, thàinig am moladh airson dòigh-obrach nas co-òrdanaichte bho Phlana Nàiseanta na Cuimris, a chaidh fhoillseachadh ann an 2002, *Iaith Pawb* (Riaghaltas na Cuimrigh 2002), agus co-chomhairle mar thoradh air. Bha na lochdan air an robhas a' gearan sa Chuimrigh coltach ris an fheadhainn a tha a' nochdadh a-nis ann an suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba: feum air rèim phroifeiseanta air an t-siostam airson coinneachadh ri dùbhlain leasachaidh. Bhathas ga mheas deatamach 'solarachadh a mheudachadh gus cothroman a thoirt do mòran a bharrachd daoine fàs fileanta sa Chuimris gus an cleachd iad na sgilean sin san àite-obrach agus sa choimhearsnachd', ach 'aig amannan nach robh eòlas gu leòr aig stèidhean airson am prògram seo a leasachadh, a tha air a mheas neo-dhreuchdail agus air an iomall a thaobh solarachadh foghlaim' (Education and Learning Wales 2004: paragrafan 9-10; cf. Estyn 2004).

Dh'fhaodadh siostam ionnan de dh'ionadan Gàidhlig do dh'Inbhich ann an Alba a bhith a' gabhail a-steach, sa chiad àite, ionadan ann an Dùn Èideann agus Glaschu (mar phrìomh bhailtean agus far as motha a gheibhear tachartasan Gdl an-dràsta), Inbhir Nis (mar phrìomh bhaile na Gàidhealtachd agus far a bheil prìomh oifisean grunn bhuidhnean Gàidhlig) agus Steòrnabhagh (far a bheil an sluagh as motha sna h-Eileanan Siar agus am meadhan rianachd). An ceann greis thigeadh feum air lìonradh na b' fharsaingeach de dh'ionadan (is dòcha eadar còig is deich a bharrachd), gus am faighear cothrom air Gàidhlig thar na h-Alba air fad.

Ged a tha grunn mhodailean structarach ann a ghabhadh a chur an gnìomh, dh'fheumadh na h-ionadan sin luchd-teagaisg fhadhadh a dh'aon ghnòthaich dhaibh fhèin agus bun-stèidh de chùrsaichean a bhith aca le diofar ìrean dèinead agus le leantail eachd shoilleir, deimhinnte eatarra a h-uile bliadhna, a' tòiseachadh aig diofar amannan den bhliadhna. Mar eisimpleir, raon de chùrsaichean luchd-tòiseachaidh, eadar-mheadhanach agus adhartach, eadar dà is fichead uair a thìde san t-seachdain, a' tòiseachadh gach Sultain, Faoilleach agus Giblean (agus cinnteach ruith ge bith dè cho ìosal 's a bha an àireamh oileanach). Dh'fhaodte na cùrsaichean seo a thabhann ann an com-pàirteachas le luchd-solair eile, is dòcha a' cleachdadh thogalaichean an luchd-solair no nam buidhnean sin, ach b' e am prìomh phrionnsapal gum biodh na cùrsaichean cinnteach ruith agus ruith tric agus le cinnt gum biodh clasaichean na b' adhartach ann airson leantail eachd.

<sup>15</sup>Faic <http://cymru.gov.uk/topics/educationandskills/wfasub/welshforadults/tutors/welshforadultscentres/?skip=1&lang=en>

<sup>16</sup>[www.adjudicationpanelwales.org.uk/news/topic/welsh/2008/080804welshforadults/?cr=3&lang=en&ts=4](http://www.adjudicationpanelwales.org.uk/news/topic/welsh/2008/080804welshforadults/?cr=3&lang=en&ts=4)

<sup>17</sup>[wales.gov.uk/topics/educationandskills/wfasub/welshforadults/learners/howtolearn/?lang=en](http://wales.gov.uk/topics/educationandskills/wfasub/welshforadults/learners/howtolearn/?lang=en)

Air an làimh eile, tha cunnart ann am moladh a' Bhùird ann an *Ginealach Ùr na Gàidhlig* airson dà thogalach a shònrachadh mar Ionadan Ionnsachaidh Gàidhlig nach biodh sin a' ciallachadh ach ainm ùr a thoirt dhaibh, sin, gum faigheadh buidheann a bh' ann mar-thà an t-ainm 'Ionad Ionnsachaidh na Gàidhlig', gun mhaoineachadh ùr susbainteach fhaighinn na chois agus gun a bhith fo dhleastanas cùrsaichean a dheasachadh agus a ruith anns an dòigh riaghailteach a chaidh a dhealbh gu h-àrd.

Nam biodh barrachd maoinachaidh aca, leantaileachd nas fheàrr eadar chùrsaichean agus leasachadh air trèanadh luchd-oideachaidh, dh'fhaodadh lionra ionadan den leithid fìor eadar-dhealachadh a thoirt air solarachadh Gdl ann an Alba.

### 5.2.2 Leantaileachd, barantachadh agus buileachadh teisteanais

Tha dith dòigh-obrach ùghdarrasail ann an Gdl air a bhith na uireasbhaidh fhollaiseach anns an t-siostam airson ùine mhòr. Chithear anns an Stòr-dàta a chaidh a chur ri chèile airson na h-aithisg seo cùrsaichean luchd-tòiseachaidh, iar-luchd-tòiseachaidh, eadar-mheadhanach, adhartach agus mar sin air adhart, ach às aonais dòigh-obrach aontaichte gus comasan cànan nan oileanach a dhearbhadh, tha na tiotalan seo gu beag feum. Gus rèim phroifeiseanta a chur air an t-siostam, bhiodh feum air siostam sgrùdaidh agus barantachaidh.

Is e aon bhuil de dhìth sgrùdaidh agus measaidh sa chùis seo gu bheil e an ìre mhath do-dhèanta breithneachadh dè cho soirbheachail 's a tha na cùrsaichean is dòighean-teagaisg eadar-dhealaichte an taca ri chèile. Ann am prionnsapal, is e an cùrsa Gàidhlig as èifeachdaiche am fear far an ionnsaich oileanaich Gàidhlig as luaithe, leis an reat as àirde de dh'oileanaich a' crìochnachadh. Ach, mura h-eil dòigh chinnteach ann airson measadh an adhartais a nì oileanach, tha co-mheasadh chùrsaichean a-rèir bheachdan pearsanta aig a' char as fheàrr agus aig a' char as miosa, neo-riaghailteach no gun chiall sam bith.

Is e an siostam as freagarraiche agus as cliùitiche anns a' chùis seo am *Frèam-obrach Coitcheann Eòrpach air Slatan-tomhais Chànanan: Ionnsachadh, Teagasg, Measadh (CEFR)* aig Comhairle na h-Eòrpa. Tha an CEFR 'a' toirt tuairisgeul iomlan air dè dh'fheumas luchd-ionnsachaidh cànan ionnsachadh airson cànan a chleachdadh airson conaltradh agus dè an t-eòlas agus sgilean a dh'fheumas iad faighinn gus a bhith èifeachdach'. Gu h-àraidh, tha e 'a' mìneachadh ìrean comais airson gun gabh adhartas luchd-ionnsachaidh a thomhas aig gach ìre ionnsachaidh', a' cleachdadh sgèile mìneachaidh a tha air aithneachadh air feadh na Roinn Eòrpa agus nas fhaide (Comhairle na h-Eòrpa 2001: 1).

Tha an CEFR a' sònrachadh Shlatan-tomhais Coitcheann aig trì ìrean: A, Bunasach, B, Neo-eisimeileach, agus C, Fileanta. Tha dà phàirt air gach ìre: A1, A2, B1, B2, C1 agus C2. Anns an dòigh seo, mar eisimpleir, is iad na comasan aig an ìre as ìsle, A1:

A' tuigsinn agus a' cleachdadh abairtean cumanta, làitheil glè bhunasach airson feumalachdan practaigeach a shàsachadh. Innse cò iad agus cò daoine eile agus faighneachd is freagairt cheistean leithid càite bheil iad a' fuireach, daoine as aithne dhaibh agus rudan a th' aca. Is urrainn dhaibh conaltradh sìmplidh a bhith aca le daoine a bhruidhneas gu slaodach, soilleir agus a tha deònach an cuideachadh.

Agus, aig ìre B1:

A' tuigsinn prìomh phuingeann ann an cànan sìmplidh, àbhaisteach air cùisean cumanta ris an coinnichear san àite-obrach, san sgoil, ann an cur-seachadan, agus

msaa. As urrainn dèiligeadh ris a' mhòr-chuid de rudan a tha buailteach tachairt nuair a bhithear a' siubhal ann an sgìre far a bheileas a' bruidhinn a' chànain. As urrainn teagsa sìmplidh, leantail each a dhèanamh air cuspairean an eòlais. As urrainn cunntas a thoirt air na thachair riutha, tachartasan, miannan, amasan is dòchasan agus adhbhar is mìneachadh goirid a thoirt air beachdan agus planaichean.

Mu dheireadh, neach-ionnsachaidh aig an ìre as àirde, C2:

Tuigsinn cha mhòr a h-uile càil a chluinneas no a leughas iad gu furasta. As urrainn geàrr-chunntas a thoirt air fiosrachadh sgrìobhte is labhairteach bho dhiofar àiteachan, a' taisbeanadh beachdan agus cunntasan gu dòigheil. As urrainn iad fhèin a chur an cèill gun deasachadh, ann an dòigh a tha glè fhileanta agus mionaideach le sùbailteachd agus eirmseachd mìneachaidh fiù ann an suidheachaidhean toinnte.

(Comhairle na h-Eòrpa 2001: 24)

Tha curraicealam agus siostam sgrùdaidh stèidhichte air an CEFR air a dheasachadh a-nis airson luchd-ionnsachaidh na Gaeilge: Teastas Eorpach na Gaeilge (Teisteanas Eòrpach na Gaeilge). Chaidh a h-uile ìre suas gu C1 a chrìochnachadh agus tha C2 ga dheasachadh an-dràsta. Chaidh an obair seo a thoirt air adhart aig Ionad na dTeangacha (an Ionad Cànan) at NUI Maynooth agus chaidh làrach-lìn iomlan ([www.teg.ie](http://www.teg.ie)) a leasachadh, far am faodar curraicealaman agus sampail de dheuchainnean a luchdachadh a-nuas. Tha ochd ionadan sgrùdaidh a-nis stèidhichte air feadh na h-Èireann, agus faodaidh deuchainnean do dh'ìrean A1 agus A2 a shuidhe fiù aig ceithir ionadan eadar-nàiseanta.

Tha Co-chomhairle Foghlaim na Cuimris air siostam barantachaidh ionnan a dheasachadh do Chuimris, air a bheil Defnyddio'r Gymraeg (A' Cleachdadh na Cuimris). Tha gach ìre a' ceangal ri ìre CEFR: tha Inntrigeadh a' ceangal ri A1, Bun-ìre ri A2, Eadar-mheadhanach ri B1, Adhartach ri B2/C1, agus Sàr-chomasach ri C2. A-rithist, tha iad ceangailte ri siostam coileanta de dheuchainnean agus theisteanasan.<sup>18</sup>

Bhiodh Teastas Eorpach na Gaeilge na shàr-mhodail airson Gdl ann an Alba. Ged nach biodh e ciallach smaoineachadh gun gabhadh na stuthan a chaidh a dheasachadh sa Ghaeilge eadar-theangachadh agus an cleachdadh gun atharrachadh airson na Gàidhlig, tha an dà chànain cho faisg air a chèile 's gun dèanadh seo fìor dheagh thoiseach tòiseachaidh.

Tha dealas ann an dreachd Plana Gàidhlig an SQA airson 'raon cuimsichte de sholarachadh bharantasan, Aonadan agus Duaisean Buidhne gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh chànanan inbheach' (SQA 2009: 16). Ged a tha an aithris seo caran neo-mhionaideach, tha e gun teagamh a' stèidheachadh frèam-obrach airson adhartas sa chùis seo.

### 5.2.3 Trèanadh agus taic do luchd-oideachaidh

Tha trèanadh luchd-oideachaidh na phrìomh chùl-taic ri bun-structar Gdl a chionn gu bheil buaidh làidir aig solar is càileachd luchd-oideachaidh air an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh Gàidhlig agus air a' cho-roinn aca a dh'fhàsas fileanta. Às aonais deagh

<sup>18</sup>Faic [www.wjec.co.uk/index.php?subject=116](http://www.wjec.co.uk/index.php?subject=116)

oideachaidh, chan eil e coltach gu fàs neach-ionnsachaidh fileanta gu bràth.

Is fhada bhon a bha fios gu robh gainnead luchd-oideachaidh Gàidhlig agus dìth trèanaidh luchd-oideachaidh na laigse mhòr ann am bun-structar Gdl. Tràth anns na 1990an, nochdadh ann am *Feumalachdan Luchd-ionnsachaidh* gu robh droch ghainnead ann an àireamh an luchd-oideachaidh, gu robh dìth trèanaidh ann agus gu robh mu dhàrna leth den luchd-oideachaidh a lìon an suirbhidh aig nach robh trèanadh sam bith no eòlas ann an teagasg (CnaG/CLI 1992). Chaidh na draghan seo a thogail a-rithist ann an sgrùdaidhean MhicCaluim deich agus còig bliadhna deug às dèidh sin (MacCaluim 2002, 2007: 67) agus ann an rannsachadh Pollock ann an 2008. Sheall Suirbhidh Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig MhicCaluim gu robh dragh aig mòran luchd-ionnsachaidh mu neo-chunbhalachd ann an càileachd oideachadh na Gàidhlig a nochd airson gu robh uiread fhileantach gan cleachdadh mar luchd-oideachaidh aig nach robh ach beagan eòlas teagaisg ma bha càil idir.

Bha aois chuibheasach an luchd-oideachaidh cuideachd na adhbhar iomagain (MacCaluim 2007; Pollock 2008). Fhuair Pollock gu robh a' chuid bu mhotha den luchd-oideachaidh san t-suirbhidh thar 50, agus mòran nas sine na aois a' pheinnsein. Cha robh coltas ann gu robh daoine òga a' gabhail àite an t-seann luchd-oideachaidh; bha glè bheag de luchd-oideachaidh fo 30. Cha robh ach beag-chuid de luchd-oideachaidh air trèanadh sònraichte sam bith a dhèanamh sa Ghàidhlig.

Rinn *Feumalachdan Luchd-ionnsachaidh* grunn mholaidhean a thaobh trèanadh, a' gabhail a-steach cùrsaichean intrigidh fad latha, deireadh-sheachdaine no seachdaine do luchd-oideachaidh Gàidhlig, trèanadh in-sheirbheis cunbhalach, leabhar-stiùiridh luchd-oideachaidh, lìonra taic, ionad stòrasan is cuairt-litir nàiseanta do luchd-oideachaidh (CnaG/CLI 1992). Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir fileantaich aig nach robh trèanadh ann an teagasg a bhith ag obair mar luchd-cuideachaidh cànanain ann an clasaichean Gàidhlig no buidhnean Gàidhlig neo-fhoirmeil seach mar luchd-oideachaidh (CnaG/CLI 1992: 8). Mhol sgrùdadh MhicCaluim às dèidh seo structar nàiseanta airson trèanadh luchd-oideachaidh agus teisteanasan do luchd-oideachaidh (2007).

Ach, faisg air fichead bliadhna bhon a thàinig an aithisg *Feumalachdan Luchd-ionnsachaidh* a-mach tha an dìth adhartais ann an trèanadh luchd-oideachaidh na bhriseadh dùil mòr. Tha trèanadh luchd-oideachaidh Gàidhlig fhathast neo-leasaichte agus chan eil ach beagan den luchd-oideachaidh a tha air trèanadh sònraichte a dhèanamh. Ged a tha dà sheòrsa trèanaidh a-nis rim faighinn, mar a tha ga chur an cèill gu h-ìosal, chan eil iad gu leòr airson coinneachadh ri feumalachdan bun-structar ionnsachaidh na Gàidhlig gus àireamh mhòr de luchd-ionnsachaidh a thoirt gu fileantachd.

Tha trèanadh ri fhaighinn an-dràsta tron Bhuidhinn Ath-bhreithneachaidh air Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd airson na Gàidhlig (CLDRG) agus tro phrògram Ùlpan a dheasaich Deiseal Ltd. Tha CLDRG, agus na h-ùghdarrasan a tha nam buill, air cùrsaichean trèanaidh fad latha no cùrsaichean còmhnaidh goirid do luchd-oideachaidh chlasaichean oidhche a ruith thar nan deich bliadhna a chaidh seachad. Bho tràth sna 2000an tha na cùrsaichean seo air a bhith a' fàs nas bitheanta agus nas proifeiseanta, a' gabhail a-steach deireadh-seachdainean trèanaidh luchd-oideachaidh aig Sabhal Mòr Ostaig agus corra latha trèanaidh ann an ùghdarrasan ionadail eadar-dhealaichte, gu h-àraidh ann am Baile Ghlaschu agus Comhairle na Gàidhealtachd. Tha na cùrsaichean seo air a bhith cuimsichte mar bu tric air luchd-oideachaidh a tha ag obair mar-thà ann an clasaichean oidhche ùghdarrasan ionadail.

Ged nach eil teagamh nach eil na h-ìomairtean seo feumail, tha susbaint nan cùrsaichean seo cuingichte a chionn gu bheil iad goirid agus ag amas air luchd-oideachaidh chlasaichean oidhche ùghdarrasan ionadail. Cuideachd, tha na cùrsaichean air a bhith mar bu trice a' cumail ri sgilean cumanta a dh'fheumar airson inbhich a theagasg seach sgilean cànanain no sgilean Gàidhlig sònraichte. Chan eil fhathast taic dhòigheil no structar trèanaidh rianail ann do luchd-oideachaidh Gàidhlig san fharsaingeachd.

Tha buaidh nas làidire air a bhith aig trèanadh luchd-oideachaidh Ùlpan a chaidh a chur air chois o chionn ghoirid. A chionn gu bheil Ùlpan stèidhichte air leabhar stiùiridh sgrìobhte de dh'aonadan leantail, chan eil uiread trèanaidh a dhith air luchd-oideachaidh airson gum bi iad a' cleachdadh stuthan teagaisg a' chùrsa agus chan eil aca ach ri sgilean teagaisg coitcheann ionnsachadh seach ionnsachadh cuideachd ciamar a theagaisgeas iad gràmar no stuthan teagaisg a lorg no a dhèanamh iad fhèin. Tha an structar seo air trèanadh fhosgladh do bharrachd daoine. Tha trèanadh Ùlpan air an àireamh luchd-oideachaidh a chur am meud, le 73 neach-oideachaidh air an trèanadh leotha gu ruige seo. Tha sochair eile aig trèanadh Ùlpan agus is i sin gu bheil an teagasg a bhios an luchd-oideachaidh a' libhrigeadh nas cunbhalache. Is e aon duilgheadas an-dràsta gu bheil trèanadh luchd-oideachaidh Ùlpan caran daor do na daoine a tha a' gabhail pàirt (£850 airson 64 uairean a thìde de thrèanadh); bu chòir coimhead ris a' cheist seo nuair a thathas a' beachdachadh air maoinachadh don raon Gdl.

A thuilleadh air trèanadh Ùlpan, bidh feum fhathast air trèanadh àbhaisteach luchd-oideachaidh. Bidh feum cuideachd air cùrsaichean nas trice agus nas mionaidiche na feadhainn CLDRG, a' gabhail a-steach cùrsaichean *ab initio*, airson an àireamh luchd-oideachaidh àrdachadh agus an sgilean a chur am meud, gus an urrainn dhaibh dèiligeadh ri diofar sheòrsaichean chlasaichean agus cùrsa. Bu chòir sgeama trèanadh luchd-oideachaidh den leithid a bhith air a theisteanachadh gus cunbhalachd ann an càileachd a dhearbhadh.

Tha sàr-thrèanadh luchd-oideachaidh riatanach airson bun-structar Gdl ùr-nodha is èifeachdach a thoirt gu buil. Mar a dh'fhàsas bun-structar Gdl nas cuimsichte air cinn-uidhe agus air daoine a thoirt gu fileantachd agus mar a ghluaiseas e air falbh bho mhodail nan clasaichean oidhche traidiseanta, thig feum air luchd-oideachaidh gu leòr a thrèanadh aig a bheil na sgilean a tha a dhith airson chùrsaichean bogaidh, cùrsaichean ionnsachadh sùbailte agus cothroman eile air dian-ionnsachadh. Bidh e riatanach cuideachd airson uiread nan clasaichean teisteanachd a chur am meud.

Dh'fhaodadh sgeama teisteanais do luchd-oideachaidh Gàidhlig a bhith stèidhichte air leasachadh aonadan ann an teagasg Gàidhlig do dh'inbhich bho Ùghdarras Teisteanas na h-Alba (SQA). Bhiodh aonadan den leithid nam bun-stèidh sùbailte airson raon chùrsaichean eadar-dhealaichte do luchd-oideachaidh leithid ionnsachadh air astar, sgoiltean samhraidh teisteanachd no sreath dhian-chùrsaichean deireadh-sheachdaine le teisteanas ri fhaighinn an ceann grunn mhìosan.

B' e amas na b' àirde agus na b' fhaide ùine barantas foirmeil a stèidheachadh ionnan ri cùrsa Teisteanas Foghlaim Iar-cheumnach ann an teagasg Gàidhlig do dh'inbhich. Chaidh barantas nàiseanta airson luchd-oideachaidh Cuimris do dh'Inbhich a dheasachadh o chionn ghoirid le Oilthigh Chardiff às leth Riaghaltas na Cuimrigh, le trèanadh luchd-oideachaidh ga thabhann anns na h-Ionadan Cuimris do dh'Inbhich. Mar a tha a' chùis le tidsearan sgoile, tha taic agus trèanadh in-sheirbheis cudromach do luchd-oideachaidh Gdl cuideachd. Is e aon dòigh air seo a libhrigeadh iris-d a chur a-mach do luchd-oideachaidh

Gàidhlig coltach ri Y Tiwtor sa Chuimrigh (<http://ytiwtor.org/>).<sup>19</sup>

Mar a dh'fhàsas an raon Gdl ann am meud agus proifeiseantachd, dh'fhaodadh cothrom a bhith ann do chuid den luchd-oideachaidh Gdl am beòshlaint a thoirt a-mach a' teagasg Gàidhlig do dh'inbhich, làn-thìde air aon chùrsa no tro mheasgachadh chùrsaichean latha, feasgair is deireadh-sheachdaine agus clasaichean eile tron bhliadhna, agus, aig a' char as fheàrr, air tuarastal cunbhalach gach mìos seach pàighte air gach cùrsa no uair a thìde fa leth. Bhiodh atharrachadh den leithid na fhìor phiseach air an raon Gdl. Is e glè bheag de luchd-oideachaidh a bheir am beòshlaint no pàirt shusbainteach dhith a-mach tro theagasg Gàidhlig do dh'inbhich. A chionn gu bheil e cudromach gu bheil teachd-a-steach gu leòr aig luchd-oideachaidh, dh'fheumte ìrean pàighidh luchd-oideachaidh a thoirt an lùib beachdachadh air maoinachadh bun-structar Gdl.

Chan eil e coltach gum biodh a h-uile neach-oideachaidh an-dràsta no san amharc deònach làn thrèanadh luchd-oideachaidh a dhèanadh. Is dòcha gun gabhadh an fheadhainn nach robh airson trèanadh den leithid a dhèanamh a bhith air an cleachdadh mar luchd-stiùiridh bhuidhnean còmhraidh agus taic is trèanadh fhaighinn ann a bhith a' brosnachadh bhuidhnean còmhraidh.

Ged a tha dìth thidsearan Gàidhlig ga fhaicinn mar aon de na prìomh chnapan-starra air fàs àireamh Luchd-labhairt na Gàidhlig, tha an gainnead ann an luchd-oideachaidh Gdl a cheart cho cudromach agus luchd-ionnsachaidh inbheach cho cudromach do ath-bheothachadh na Gàidhlig. Chan eil e iomchaidh, a bharrachd, nach eil trèanadh aig a' chuid as motha de luchd-oideachaidh Gdl, rud a tha coltach ri clasaichean meadhan Gàidhlig san sgoil a bhith air an teagasg le daoine aig nach robh barantas teagaisg. Is e trèanadh luchd-oideachaidh aon de na prìomh chùisean leasachaidh airson bun-structar Gdl ùr-nodha agus freagarrach a thoirt gu buil.

#### **5.2.4 Fiosrachadh agus cur air adhart**

Cha ghabh e àicheadh nach eil solarachadh Gdl ga shanasachd no air a chur air adhart gu leòr. Sheall na duilgheadasan a nochd nuair a bhathas a' cur an stòr-dàta air dòigh airson na h-aithisg seo cho duilich 's a tha e am fiosrachadh earbsach as ùire fhaighinn air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig.

Uaireannan, bidh droch shanasachd is droch chur air adhart ag èirigh bho droch phlanadh is riaghladh an luchd-sholair. Tha e iongantach nach bi ùghdarrasan ionadail, mar eisimpleir, a' toirt seachad làn fhiosrachadh mu na clasaichean aca air na làraichean-lìn aca, agus uiread ghoireasan TF aca. Uaireannan eile, is e an duilgheadas dìth co-òrdanachaidh eadar buidhnean a bheir seachad fiosrachadh aig ìre nàiseanta agus an iomadh buidheann eadar-dhealaichte a tha a' toirt fiosrachadh dhaibh. Gun seòl a nì cinnteach gun tèid am fiosrachadh sin ùrachadh gu luath is gu cunbhalach, faodaidh seann fhiosrachadh gun fheum laighe air làrach-lìn cha mhòr gu bràth.

Tha lochdan ann am fiosrachadh agus cur air adhart a' toirt fìor dhroch bhuaidh air solarachadh Gdl. Bidh e a' faileachadh air mòran daoine cothroman ionnsachaidh a lorg, no gheibh iad a-mach mun deidhinn ro fhada, no caillidh iad foighidinn no misneachd le cho toinnte 's tha e fiosrachadh fhaighinn.

---

<sup>19</sup>Thoiribh fa-near cuideachd an iris-d do luchd-ionnsachaidh na Cuimris: [www.learnons4c.com/magazine.php](http://www.learnons4c.com/magazine.php)

Tha feum air siostam fiosrachaidh nas sìmplidhe agus nas ùghdarrasail. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an riochd portal fiosrachaidh ath-nuadhaichte le luchd-obrach gu leòr airson fiosrachadh air solarachadh làthaireach a lorg agus sìor-ùrachadh a dhèanamh air an stòr-dàta. B' e an dòigh-obrach as èifeachdaiche an siostam lorg-fiosrachaidh leasaichte seo a cheangal ri siostam nas co-òrdanaichte de dh'ionadan Gàidhlig do dh'Inbich.

### **5.2.5 A' toirt luchd-ionnsachaidh an lùib chùisean**

Nuair a thathas a' bruidhinn air an raon Gdl is e glè bheag aire a th' air luchd-ionnsachadh a thoirt an lùib cùisean na Gàidhlig san fharsaingeachd, sin, a bhith gam brosnachadh gus ùidh agus pàirt a ghabhail ann an gnothaichean a bhuineas ri Gàidhlig.

Tha ùidh a' ciallachadh an seo ùidh ann an naidheachdan agus cùisean an latha a bhuineas ri Gàidhlig, tachartasan, seirbheisean agus cothroman ionnsachaidh, agus eachdraidh na Gàidhlig agus suidheachadh a' chànain san latha an-diugh. Tha gabhail pàirt a' ciallachadh cothroman a ghabhail a dhol an lùib chùisean Gàidhlig a bharrachd air Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh.

Mar a thogadh san ro-ràdh, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig mòran a chur ri AGC le bhith a' fàs fileanta sa chànain. Ach, faodaidh luchd-ionnsachaidh uile rudeigin a chur ri AGC, a' gabhail a-steach an fheadhainn nach eil fileanta fhathast, nach fàs fileanta gu bràth agus nach eil ag amas air fileantachd.

Ged a tha taic do AGC bho luchd-ionnsachaidh agus miann cur ri AGC math annta fhèin, gun teagamh, tha an uiread as urrainnear miann a chur an gnìomh a' crochadh air cho mothachail 's a tha luchd-ionnsachaidh air cùisean Gàidhlig agus an uiread a ghabhas iad pàirt ann an gnothaichean Gàidhlig. Tha an ìre ìosal de dh'ùidh a bhios an luchd-freagairt san aithisg seo a' gabhail ann an gnothaichean Gàidhlig na adhbhar iomagain (faic figearan 11, 18 agus 19).

Tha e tric duilich do luchd-ionnsachaidh faighinn a-mach mu gnothaichean Gàidhlig san fharsaingeachd. Bha riamh aithne glè bheag aig na meadhanan air Gàidhlig, leis a' chuid bu mhotha de sgeulachdan Gàidhlig a' faighinn aire ann am pàipearan ionadail na Gàidhealtachd no tionndaidhean Gàidhealach de phàipearan nàiseanta. Nuair a tha cùisean Gàidhlig a' nochdadh tha na sgeulachdan buailteach a bhith, chan e a-mhàin claon ach ceàrr.

Mar buil air nach robh dùil, tha dà leasachadh air Gàidhlig air a dhèanamh duilich do dhaoine aig nach eil Gàidhlig fhileanta gnothaichean Gàidhlig a leantainn. O chionn beagan bhliadhnaichean tha e air a bhith a' fàs nas cumanta Gàidhlig a chleachdadh airson cùisean Gàidhlig a dheasbad, le mòran prìomh cheistean airson a' chànain gan cnuasachadh air Rèidio nan Gàidheal, ann an colbhan Gàidhlig nam pàipearan-naidheachd agus air liostaichean is fòrman Gàidhlig air-loidhne.

Tha fàs an Eadar-lìn air a dhèanamh nas fhasa fiosrachadh co-cheangailte ri Gàidhlig a sgaoileadh ach tha gnè neo-cheangailte an Eadar-lìn a' ciallachadh gur e dìreach na daoine as aithne fiosrachadh Gàidhlig a lorg a gheibh e, gu h-àraidh a chionn nach eil sàr-làrach-lìn aonaichte ann airson naidheachdan Gàidhlig. Tha post-d cuideachd air a bhith na shochair mhòr do sgaoileadh fiosrachaidh mun Ghàidhlig ach a-rithist tha seo an eisimeil liostaichean puist-d neo-cheangailte nam Buidhnean Gàidhlig fa leth. Dh'fhaodadh nach eil luchd-ionnsachaidh neo-fhileanta air na liostaichean puist seo co-dhiù.



Gus fios a chumail ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, fileantaich agus daoine eile le ùidh sa chànain mu naidheachdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, dh'fhaodte iris-d Ghàidhlig dhà-chànainach, a' nochdadh gu cunbhalach stèidhichte air modail iris-d sheachdaineach Foras na Gaeilge *Gaelport* e-zine ([www.gaelport.com](http://www.gaelport.com)) a stèidheachadh. Tha an iris-d seo a' tarraing còmhla naidheachdan, beachdan is fios mu thachartasan a bhuineas ri Gaeilge ann am post-d goirid, tlachdmhor a h-uile seachdain (ceangailte ri làrach-lìn) le cinn-naidheachd agus ceanglaichean ri earrainnean nas mionaidiche. Dh'fhaodadh iris Ghàidhlig den leithid prìomh naidheachdan ann an leasachadh na Gàidhlig innse ann an aon àite a dheigheadh a sgaoileadh do aon liosta puist. Dh'fhaodadh naidheachdan a bhith innte cuideachd mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig.

## 6 Molaidhean agus geàrr-chunntas

Tha an rannsachadh seo air grunn uireasbhaidhean a nochdadh ann an solarachadh Gdl. Airson piseach is leudachadh soirbheachail a thoirt gu buil tha feum air gnìomh air iomadh taobh, cuid aca a' crochadh air tomhas susbainteach de mhaoineachadh ùr. Tha grunnan mholaidhean gan cur an cèill gu h-ìosal.

- Bu chòir do BnG luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig aithneachadh mar bhuidheann aig a bheil prìomh phàirt ann an leasachadh na Gàidhlig ann an Alba, agus bu chòir an aithne seo a dhaingneachadh ann an ro-innleachd is poileasaidh a' Bhùird. An-dràsta, dh'fhaodte a ràdh gu bheil cùisean luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gam meas iomallach, neo-riatanach agus chan eil iad nam prìomhachas ann am poileasaidh is ro-innleachd leasachaidh na Gàidhlig.
- Bu chòir riochdaire bhon raon Gdl a bhith air Buidheann Stiùiridh Nàiseanta Foghlam Gàidhlig a' Bhùird gus an tèid beachd a ghabhail air math an raoin seo ann an ro-innleachd is dealbhadh foghlaim san fharsaingeachd.
- Bu chòir an abairt 'Gàidhlig do dh'Inbheach' (Gdl) a chleachdadh airson an raon luchd-ionnsachaidh Gàidhlig inbheach airson gur e as goireasaiche agus airson nach eil an abairt 'luchd-ionnsachaidh' pongail no soilleir gu leòr.
- Bu chòir do BnG targaidean a shònrachadh airson na h-àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bhios a' fàs fileanta. Mar a nochdadh gu h-àrd, tha am *Plana Nàiseanta* ag amas air an àireamh a chur am meud ach chan eil e a' cur figear air.
- Bu chòir do BnG cumail orra a' brosnachadh faicsinneachd phoblach na Gàidhlig gus aithne a chur am meud agus aire muinntir na h-Alba air fad a tharraing don chànan. Bu chòir na h-oidhirpean seo a bhith a' cuairteachadh margaidheachd ghnìomhach a' chànan tro iomairtean sanasachd nàiseanta. Bhiodh an t-sanasachd seo a' cuimseachadh air daoine òga agus mar a bhuineas a' Ghàidhlig ri obair agus dreuchdan.
- Tha feum air tar-structar co-òrdanachaidh nàiseanta airson bun-structar Gdl. Is i an dòigh-obrach as soilleire airson seo lìonradh de dh'Ionadan Gàidhlig do dh'Inbheach ann am badan eadar-dhealaichte de dh'Alba coltach ris an t-siostam a chaidh a stèidheachadh sa Chuimrigh.
- Tha cruaidh fheum air raon nas farsaing de chùrsaichean bogaidh Gàidhlig a stèidheachadh sa bhad (a' gabhail a-steach clasaichean 'làthaireach' cho math ri ionnsachadh air astar), far am bi oileanaich Gàidhlig a' dian-ionnsachadh (20+ uairean a thide de chonaltradh gach seachdain) airson adhartas luath a dhèanamh. Tha e na chùis èiginn don raon Gdl gu bheil na cùrsaichean seo air a dhol à bith, cha mhòr, anns an raon FA, agus tha feum seo a chur ceart gun dàil.
- Tha feum air prìomh làrach a stèidheachadh airson fiosrachadh mun h-uile cothrom ionnsachaidh Gàidhlig. Bhiodh soirbheachadh seirbheis den leithid a' crochadh air sìor-oidhirp gus cothroman ionnsachaidh a lorg agus sìor-ùrachadh air stòr-dàta meadhanach, agus dh'fheumadh sin luchd-obrach gu leòr airson a ruith.

- Dh'fhaodadh a' phrìomh làrach fiosrachaidh seo fios a thoirt seachad cuideachd mu dhòighean ionnsachaidh eadar-dhealaichte (me na seòrsaichean chlasaichean agus cùrsaichean a th' ann, dòighean-teagaisg, dè na dòighean ionnsachaidh a fhreagras feumalachdan agus stoidhlean ionnsachaidh eadar-dhealaichte), fios air maoinachadh is barantasan, ro-innleachdan airson cànan ionnsachadh (a' gabhail a-steach comhairle air ionnsachadh cànan san fharsaingeachd, agus comhairle shònraichte air mion-chànanan agus air a' Ghàidhlig), ciamar a lorgar suidheachaidhean airson Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh an t-seòmar clas, ciamar a chleachdar rèidio agus TBh mar stòrasan ionnsachaidh neo-fhoirmeil, agus ciamar am faodar pàirt nas motha a ghabhail ann an coimhearsnachd na Gàidhlig.
- Tha sgeama trèanaidh is barantachaidh luchd-oideachaidh riatanach airson gum bi luchd-oideachaidh gu leòr ann de chàileachd fhreagarrach.
- Tha aonadh mu ìrean comais sa Ghàidhlig agus sgrùdadh is barantasan co-cheangailte riutha riatanach airson gluasad eadar cùrsaichean a bhith furasta agus sgilean aithneachadh. Dh'fhaodte deagh chleachdadh ann an Èirinn (gu h-àraidh Teastas Eorpach na Gaeilge, [www.teg.ie](http://www.teg.ie)) a dhèanamh freagarrach don Ghàidhlig.
- Bu chòir a shùileachadh, no a bhith riatanach, gum bi cùrsaichean foirmeil a tha a' faighinn maoinachadh poblach air am filleadh a-steach do structaran nam barantasan seo. Bu chòir cùrsaichean a theisteanachadh no, mura bi, dh'fhaodte an cleachdadh mar 'bhlasad Gàidhlig' airson aire a thogail mun Ghàidhlig agus nan dòigh air oileanaich a stiùireadh gu cùrsaichean aig a bheil teisteanas. Is iad na buidhnean còmhraidh neo-fhoirmeil an aon seòrsa cùrsa nach tigeadh fon riaghailt seo.
- Tha adhbhar a bhith glè thaingeil airson nam molaidhean ann an dreachd plana Gàidhlig an SFC gus maoinachadh bhuidhnean beaga a thoirt a-steach airson dian-chùrsaichean Gàidhlig, agus airson an dealais aca gus ath-bhreithneachadh a dhèanamh air an dòigh maoinachaidh airson solarachadh Gàidhlig, gu h-àraidh nuair a shaoilear cho beag 's a tha na h-àireamhan, mar as trice. Bu chòir an dòigh obrach seo a thoirt air adhart gun dàil airson gu bheil e cudromach gun tèid dòigh maoinachaidh a stèidheachadh airson leigeil le cùrsaichean bogaidh Gàidhlig fàs.
- Tha maoinachadh bhuidhnean beaga cuideachd riatanach do sholarachadh Gdl le ùghdarrasan ionadail, agus bu chòir prìomhachas a chur air maoinachadh a shònrachadh airson seo gun dàil. Aig an àm seo, ged a bhios ùghdarrasan ionadail a' dealbhadh chùrsaichean Gàidhlig tha mòran aca nach bi a' ruith air sgàth nach eil, am beachd an ùghdarrais, oileanaich gu leòr air clàradh.
- Bu chòir Buidheann Tabhartais Oileanach na h-Alba a bhrosnachadh gus daoine aig a bheil ceum mar-thà a mhaoineachadh airson cùrsaichean Gàidhlig làn-ùine a dhèanamh.
- Bu chòir cùrsaichean togail aire mun Ghàidhlig a chur air adhart gu gnìomhach tro phròiseas deasachaidh nam planaichean cànan an dà chuid ann an ùghdarrasan ionadail agus ann am buidhnean foghlaim nàiseanta, agus tron Bhuidhinn Stiùiridh Nàiseanta Foghlam Gàidhlig.

- Bu chòir FLI, an dà chuid GBS agus Gàidhlig san àrd-sgoil, a sgaoileadh do uiread sgoil 's a ghabhas mar dhòigh air àireamhan airson solarachadh Gdl a chur am meud, a' gabhail a-steach clasaichean FA/FAI agus eile. Bu chòir do BnG Plana targaid fhoirmeil a stèidheachadh airson an àireamh sgoilearan ann am FLI a chur am meud san àrd-sgoil agus cùisean a chur air dòigh gus am meudachadh sin a thoirt gu buil.
- Bu chòir sgeama a chur air dòigh airson trèanadh cànan sònraichte a thoirt do luchd-ceuma ùra no tidsearan aig nach eil Gàidhlig ach a tha airson a bhith nan tidsearan FTG no FLI.
- Bu chòir cothroman a leasachadh gu gnìomhach airson gu faigh luchd-ionnsachaidh air Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachadh sòisealta. Dh'fhaodadh buidhnean sòisealta ionadail leithid Bothan ann an Dùn Èideann, Ceòl is Craic ann an Glaschu agus An t-Oisean, a dh'fhosgail o chionn ghoirid ann am Baile Eòghainn faisg air Inbhir Pheofharain, a bhith feumail sa chùis seo .

## Clàr thùsan

BBC 2003. *Attitudes To The Gaelic Language*. Opinion survey by Market Research UK for the BBC.

Bòrd na Gàidhlig 2007a. *Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007–2012 / The National Plan for Gaelic 2007-2012*. Inverness: Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig 2007b. *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig / Guidance on the Development of Gaelic Language Plans*. Inverness: Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig 2010. *Ginealach Ùr na Gàidhlig: An Action Plan to increase the numbers of Gaelic speakers / Plana Gníomha gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh*. Inverness: Bòrd na Gàidhlig.

Caimbeul, Iain, et al. 2008. *Measuring the Gaelic Labour Market: Current and Future Potential*. Report for Highlands and Islands Enterprise, Skills Development Scotland and Bòrd na Gàidhlig. Inverness: Hecla Consulting.

Comunn na Gàidhlig and Comann an Luchd-Ionnsachaidh 1992. *Feumalachdan Luchd-Ionnsachaidh – Rannsachadh Nàiseanta / Provision for Gaelic Learners: A National Survey*. Inverness: Comunn na Gàidhlig.

Comunn na Gàidhlig 1998. *Còmhhdail 98 Annual Congress: Bho linn gu linn - Gaelic's New Millennium*. Inverness: Comunn na Gàidhlig.

Comunn na Gàidhlig 1999. *Gàidhlig PLC: Plana Leasachaidh Gàidhlig / A Development Plan for Gaelic*. Inverness: Comunn na Gàidhlig.

Council of Europe 2001. *Common European Framework of Reference for Languages: Learning, Teaching, Assessment*. Available on-line at [www.coe.int/T/DG4/Linguistic/Source/Framework\\_EN.pdf](http://www.coe.int/T/DG4/Linguistic/Source/Framework_EN.pdf)

Deiseal Ltd 2010. 'Ùlpan: Course Provider Basis and Costs'. Dalgety Bay: Deiseal Ltd.

Dunbar, Robert 2006. 'Gaelic in Scotland: The Legal and Institutional Framework', in McLeod 2006a, 1-23.

Education and Learning Wales 2004. *Welsh for Adults: Consultation Document on the Restructuring of Welsh for Adults 2004*. Caerphilly: Education and Learning Wales. Available on-line at [www.adjudicationpanelwales.org.uk/dcells/publications/publications/circularsindex/04/welshforadultsreview/ncc0412bl-e.pdf?lang=en&status=closed](http://www.adjudicationpanelwales.org.uk/dcells/publications/publications/circularsindex/04/welshforadultsreview/ncc0412bl-e.pdf?lang=en&status=closed)

Estyn: Her Majesty's Inspectorate for Education and Training in Wales 2004. *The Quality of Provision in Welsh for Adults*. Cardiff: Estyn. Available on-line at [www.estyn.gov.uk/publications/Welsh\\_for\\_Adults\\_report.pdf](http://www.estyn.gov.uk/publications/Welsh_for_Adults_report.pdf)

Fishman, Joshua A. 1991. *Reversing Language Shift - Theoretical and Empirical Foundation Assistance to Threatened Languages*. Clevedon: Multilingual Matters.

Fishman, Joshua A. (ed.) 2001. *Can Threatened Languages be Saved?*. Clevedon: Multilingual Matters.

Gaelic Medium Teachers' Action Group 2005. *The Report of the Gaelic Medium Teachers' Action Group*. Edinburgh: The Scottish Executive.

Gàidhlig '96 1997. *Gàidhlig '96 Project Manager's Report from 4 March to 15 December 1996*.

Galloway, John 1995a. *The Role of Employment in Gaelic Language Maintenance and Development*. Unpublished PhD thesis, University of Edinburgh.

Galloway, John 1995b. *Estimation of the Number and Distribution of Adult Learners of Gaelic: Final Report*. Inverness: Comunn na Gàidhlig.

General Register Office Scotland 2005. *Scotland's Census 2001: Gaelic Report*. Edinburgh: General Register Office Scotland.

Glasgow City Council (2009a). *Gaelic Learners Survey: Main Findings*. Glasgow: Glasgow City Council.

Glasgow City Council (2009b). *Gaelic Learners Survey Feedback Newsletter*. Glasgow: Glasgow City Council.

Grin, François, and Vaillancourt, François 1999. *The Cost-Effectiveness Evaluation of Minority Languages Policies: Case studies on Wales, Ireland and the Basque Country*. Flensburg, Germany: European Centre for Minority Issues.

HM Inspectorate of Education 2005. *Leasachadh Coileanaidh ann an Gàidhlig / Improving Achievement in Gaelic*. Edinburgh: HM Inspectorate of Education. Available on-line at: [www.hmie.gov.uk/documents/publication/iage.html](http://www.hmie.gov.uk/documents/publication/iage.html)).

Johnstone, Richard 1994. *The Impact of Current Developments to Support the Gaelic Language: Review of Research*, Stirling: Scottish CILT.

Johnstone, Richard, with Doughty, Hannay and McKinstry, Robert 2003. *Gaelic Learners in the Primary School (GLPS) in Argyll & Bute, East Ayrshire, North Lanarkshire, Perth & Kinross and Stirling*, Stirling: Scottish CILT.

Lo Bianco, Joseph 2001. *Language and Literacy Policy in Scotland*, Stirling Scottish CILT.

MacCaluim, Alasdair 2002. 'Periphery of the Periphery? Adult Learners of Scottish Gaelic and Reversal of Language Shift'. Unpublished PhD thesis, University of Edinburgh.

MacCaluim, Alasdair 2007. *Reversing Language Shift: The Social Identity and Role of Adult Learners of Scottish Gaelic*. Belfast: Cló Ollscoil na Banríona.

McEwan-Fujita, Emily 2010. Ideology, affect, and socialization in language shift and revitalization: The experiences of adults learning Gaelic in the Western Isles of Scotland. *Language in Society*, 39, 27-64.

MacFhionghain, Coinneach 1981. *Scottish Opinion on Gaelic*. Hatfield: Hatfield Polytechnic.

MacFhionghain, Coinneach 1991. *Gaelic - A Past and Future Prospect*. Edinburgh: The Saltire Society.

MacFhionghain, Coinneach 2003. *Bòrd Gàidhlig na h-Alba: New Thinking for a Fresh Start?*, seminar paper delivered to Edinburgh Department of Celtic and Scottish Studies, 5 March 2003. Available on-line at [www.arts.ed.ac.uk/celtic/poileasaidh/newthinking/index.html](http://www.arts.ed.ac.uk/celtic/poileasaidh/newthinking/index.html)

MacFhionghain, Coinneach. *Migration, Family And Education In Gaelic Policy Perspective: a presentation to the Language-planning and Policy Seminar, University of Edinburgh, 8th March 2006*. Available on-line at: [www.sgrud.org.uk](http://www.sgrud.org.uk)

McLeod, Wilson 2001a. 'Gaelic in the New Scotland: Politics, Rhetoric, and Public Discourse'. *ECMI Journal of Ethnopolitic and Minority Issues* (July 2001). Available on-line at: [www.ecmi.de/jemie/download/JEMIE02MacLeod28-11-01.pdf](http://www.ecmi.de/jemie/download/JEMIE02MacLeod28-11-01.pdf)

McLeod, Wilson 2002. 'Gaelic in Scotland: A 'Renaissance' Without Planning', in *Hizkuntza Biziberritzeko Saoiak / Experiencias de Inversión del Cambio Lingüístico / Récupération de la Perte Linguistique / Reversing Language Shift*, 279-95. Vitoria-Gasteiz: Eusko Jaurlaritzaren Argitalpen, Zerbitzu Nagusia/Servicio Central de Publicaciones del Gobierno Vasco.

McLeod, Wilson 2004. 'Lessons from Gaelic-Medium Higher Education in Scotland', in: *Ollscolaíocht Ghaeilge: Dúshláin agus Léargais - Páipéir Chomhdhála / University Education in Irish: Challenges and Perspectives - Conference Papers*, ed. by Caoilfhionn Nic Pháidín and Donlú uí Bhraonáin, 43-51. Dublin: FIONTAR, Dublin City University.

McLeod, Wilson 2005. *Gàidhlig ann an Dùn Èideann: Cleachdadh agus Beachdan / Gaelic in Edinburgh: Usage and Attitudes*. Edinburgh: Celtic and Scottish Studies, University of Edinburgh. Available on-line at [www.arts.ed.ac.uk/celtic/poileasaidh/aithisggaidhligdeUR.htm](http://www.arts.ed.ac.uk/celtic/poileasaidh/aithisggaidhligdeUR.htm).

McLeod, Wilson, ed. 2006a. *Revitalising Gaelic in Scotland: Policy, Planning and Public Discourse*. Edinburgh: Dunedin Academic Press,.

McLeod, Wilson 2006b. 'Leasachadh solarachadh sheirbhisean poblach tro mheadhan na Gàidhlig: duilgheadasan idè-eòlach agus pragtaigeach', in McLeod 2006a, 25-47.

McLeod, Wilson 2006c. 'Securing the Status of Gaelic? Implementing the Gaelic Language (Scotland) Act 2005'. *Scottish Affairs* , 57, 19-38.

Ministerial Advisory Group on Gaelic 2002. *Cothrom Ùr don Ghàidhlig: Aithisg le Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais air Gàidhlig / A Fresh Start: Report by Ministerial Advisory Group on Gaelic*. Inverness: Ministerial Advisory Group on Gaelic.

NicAoidh, Magaidh 2006. 'Pròiseact Plana Cànanain nan Eilean Siar', in McLeod 2006a, 72-86.

NicNèill, Mòrag & Beaton N 1994. *Immersion Teaching and Language Learning: Meeting the Needs of the Gaelic Economy*. Isle of Skye: Sabhal Mòr Ostaig, Lèirsinn.

NicNèill, Mòrag M. & MacDonald, Brian K. 1997. *Gaelic Television Programmes as a Resource for Language Learning*, Isle of Skye: Lèirsinn & Comataidh Craolaidh Gàidhlig.

Ó Maolalaigh, Rob 2000. 'Leigheas na Cànanain a Bruidhinn gun Teagamh / 'The Remedy for the Language is in its Speaking Without a Doubt'. *Cothrom*, serialised in issues 27-30.

Ofis ar Brezhoneg/Office de la Langue Bretonne 2005. 'Deskomp brezhoneg! / Le breton, je m'y mets!' *DaLenn*, 10, 1. Available on-line at [www.ofis-bzh.org/upload/ouvrage/fichier/203fichier.pdf](http://www.ofis-bzh.org/upload/ouvrage/fichier/203fichier.pdf)

Pollock, Irene 2008. *Provision of Gaelic Classes for Adult Learners*. Dalgety Bay: Deiseal Ltd.

Progressive/Creative Cell 2007. Bòrd na Gàidhlig research: Key findings, 15 August 2007.

Robastan, Boyd 2006. 'Foghlam Gàidhlig: bho linn gu linn', in McLeod 2006a, 87-117. [see also Robertson, Boyd]

Robertson, Boyd 2001a. *Gaelic Immersion Courses - Report on Gaelic Immersion Course Provision in Scotland*. Glasgow: Scottish Qualifications Authority.

Robertson, Boyd 2001b. *The Gaelic language in education in the United Kingdom* Leeuwarden: Mercator Education. Available on-line at: [www.mercator-education.org](http://www.mercator-education.org) (Regional Dossiers).

Robertson, Boyd 2008. 'Gaelic Education', in *Scottish Education — Third Edition: Beyond Devolution*, ed. by T. G. K Bryce and W. M. Humes, 235-46. Edinburgh: Edinburgh University Press.

Scottish Funding Council 2007. *Gaelic education provision in Scotland*. Edinburgh: Scottish Funding Council. Available on-line at: [www.sfc.ac.uk/nmsruntime/saveasdialog.aspx?IID=1264&sID=4445](http://www.sfc.ac.uk/nmsruntime/saveasdialog.aspx?IID=1264&sID=4445)

Scottish Funding Council 2008. *Support for Gaelic education in FE and HE in Scotland*. Edinburgh: Scottish Funding Council. Available on-line at [www.sfc.ac.uk/web/FILES/CircularsSFC2508/sfc2508\[1\].pdf](http://www.sfc.ac.uk/web/FILES/CircularsSFC2508/sfc2508[1].pdf)

Scottish Government 2009. *Pupils in Scotland, 2009*. Available on-line at: [www.scotland.gov.uk/Publications/2009/11/05112711/0](http://www.scotland.gov.uk/Publications/2009/11/05112711/0)

Scottish Office Education Department 1994. *Provision for Gaelic Education in Scotland: A Report by HM Inspectors of Schools*. Edinburgh: Scottish Office Education Department.

Scottish Qualifications Authority 2008. *SQA Annual Statistical Digest 2008*. Glasgow: Scottish Qualifications Authority. Available on-line at [www.sqa.org.uk/sqa/files\\_ccc/StatsTable\\_NH08\\_web.xls](http://www.sqa.org.uk/sqa/files_ccc/StatsTable_NH08_web.xls) and [www.sqa.org.uk/sqa/files\\_ccc/StatsTable\\_AH08\\_web.xls](http://www.sqa.org.uk/sqa/files_ccc/StatsTable_AH08_web.xls)

Scottish Qualifications Authority 2008. *Post-Appeals National Qualification Results 2009*. Glasgow: Scottish Qualifications Authority. Available on-line at [www.sqa.org.uk/sqa/files\\_ccc/Post-AppealsNationalQualificationResults2009.xls](http://www.sqa.org.uk/sqa/files_ccc/Post-AppealsNationalQualificationResults2009.xls)

University of Strathclyde 2001-9. *Àireamhan Sgoilearan ann am Foghlam Gàidhlig / Pupils Numbers in Gaelic Education*. Glasgow: University of Strathclyde, Faculty of Education.

Welsh Assembly Government 2002. *Iaith Pawb: A National Action Plan for a Bilingual Wales*. Cardiff: Welsh Assembly Government.



Western Isles Language Planning Project 2005. *Research and Outcome of Phase 1 of the Project – Final Report*. Stornoway: Western Isles Language Project.

Wells, Gordon 1997. 'The Validity of Language Learners' Self-reports of Proficiency: A Study of Scottish Gaelic'. *Language Issues*, 9:1, 23-4.

## **Pàipear-taice A**

Stòr-dàta chlasaichean Gàidhlig do dh'inbich

## **Pàipear-taice B**

Mapa solarachadh Gdl an-dràsta

A snapshot' map is given below but the fully interactive version of the map, including details of each class, is available at: [www.tinyurls.co.uk/G4987](http://www.tinyurls.co.uk/G4987)



## **Pàipear-taice C**

Sgrìobt agallaimh an luchd-solair

1. What learning opportunities does [*provider*] currently offer for adults wishing to learn Gaelic? Please list classes below.

2. Details of class(es):

What level is the class? (e.g. Beginner, Post Beginner, Intermediate, Advanced)

Where does it meet?

When does it meet, and how long is each session? (e.g. Mondays, 7-9 pm)

How long is the class? (e.g. 10 weeks)

3. How are the classes funded?

How much do learners pay for the courses, either per session or per block of classes?

4. How many learners are currently enrolled?

Is this a typical level of enrolment, or is it higher or lower than previous years?

Do learners usually follow on to the next level of the course (if one is available), and/or do learners repeat levels?

What is the drop-out rate for the classes?

Are there minimum and maximum numbers for enrolment?

5. How many tutors are currently employed?

What is their language background?

What is their teaching experience?

Approximately what age are the tutors?

6. What course or teaching method is used in the classes? Please be as specific as possible.

What format do classes take? (e.g. conversation, grammar, translation)

Is literacy in Gaelic part of the course?

What resources or course materials are recommended to learners? Please be as specific as possible.

\*If any materials are produced "in house", please provide us with a copy, if possible.\*

7. How are courses publicised?

8. What are the aims of the classes?

What do you see as the learners' expectations of the outcomes of the course?

Is any previous experience or accreditation required of learners?

Do learners obtain any certification or qualification at the end of the course?

9. How effective is the course in attaining its goals?

Are learners able to progress to fluency?

10. How do you think that the course(s) you offer could be improved?

How do you think Gaelic learning opportunities in general could be improved?

## **Pàipear-taice D**

Suirbhidh luchd-ionnsachaidh

## Welcome to the 2009 Survey of Adult Learners of Gaelic

The role of adult learners in the Gaelic world is an important one. Adult learners contribute to revitalisation efforts through their commitment to the language, whether by attending courses, purchasing Gaelic materials, sending their children through Gaelic-medium education, or many other ways.

This survey was commissioned by Bòrd na Gàidhlig, and is being carried out by the department of Celtic & Scottish Studies at the University of Edinburgh. The survey aims to find out *who* is learning Gaelic, *what* they are learning, *where* they are learning, *how* they are learning, and, most importantly, *why* they are learning. The results of this survey will be used to inform future language planning.

The survey has five pages of questions for you to answer. Most require you to select one or more answers; a few require a write-in response in which additional detail would be appreciated. At the end of the survey, there is an opportunity for you to become involved further in the study through an interview. Your answers will be confidential to the research team and will only be reported anonymously and/or in aggregate form. We have asked for your name, address, and course details to ensure that we have covered a wide range of respondents and to allow us to contact you should you wish to be involved in the interview stage.

Thank you for taking the time to respond to this survey. The closing date for completion is 1st November 2009. If you have any questions about the survey or the study please contact Irene Pollock ([irenevarious@googlemail.com](mailto:irenevarious@googlemail.com) or 0131 477 2156) or Wilson McLeod ([w.mcleod@ed.ac.uk](mailto:w.mcleod@ed.ac.uk) or 0131 650 3623).

*The survey takes 15-20 minutes to complete and can be saved part way through. There are three types of question: circles or 'radio buttons' to click, squares to tick, and boxes to type text into. Please note that once you have clicked on the 'continue' button at the bottom of each page you cannot return to review or amend that page.*

### Your Details

This section asks for details about yourself and the class(es) you are currently attending.

#### Personal and Course Details

1. Name:

2. Your Age Range:

- 15-19
- 20-24
- 25-29
- 30-34
- 35-39
- 40-44
- 45-49
- 50-54



- 55-59
- 60-65
- 66+

**3. Town of Residence:**

Place(s) of Upbringing (until age 18):

**4. Name of Course Currently Attending:**

**5. Location of Course Currently Attending:**

### Learning History

This page asks for information on your experiences learning Gaelic.

**Previous Learning Experiences**

**6. For approximately how many years have you been learning Gaelic?**

- Less than 1
- Between 1 and 2
- Between 2 and 3
- Between 3 and 5
- Between 5 and 10
- More than 10

**7. How many Gaelic classes have you taken prior to your current course?**

**8. Please provide details of previous courses.**

	Name of Course	Level of Course (Beginner, Post Beginner, Intermediate, Advanced)	Location of Course	Year
a. Course 1				
b. Course 2				

c. Course 3				
d. Course 4				
e. Course 5				
f. Other Courses				

**9. What has been your main method of learning Gaelic?**

- Self-taught (from books, tapes, internet, etc.)
- Conversation with native speakers and/or other learners
- Evening classes
- Day or weekend classes
- Immersion courses
- Distance learning
- University/degree courses
- Other (*please specify*):

What other methods have you used? (*Optional*)

**10. Do you have any formal qualifications in Gaelic?**

- Yes
- No
- Qualification in progress

Would you like a qualification (or an additional qualification) in Gaelic? Which qualification? (*Optional*)

**11. If you have formal qualifications in Gaelic, what are they?**

	Title of qualification	Qualification granted by	Year qualification granted
a. Qualification 1:			
b. Qualification 2:			

c. Qualification 3:

12. What do you consider to be your level of fluency in the following four aspects of Gaelic use?

	Level of fluency						
	None/Complete Beginner	Beginner	Post Beginner	Lower Intermediate	Upper Intermediate	Advanced	Fully Fluent
a. Listening:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
b. Speaking:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
c. Reading:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
d. Writing:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

### Motivations for Learning Gaelic

This section asks questions about your aims in learning Gaelic.

#### Beginning to Learn Gaelic

13. Do you have any Gaelic heritage in your extended family?

	How many of the following are/were Gaelic speakers?			
	0	1	2	>2
a. Siblings:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
b. Mother:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
c. Father:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
d. Maternal Grandparents:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
e. Paternal Grandparents:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
f. Other Relatives (Aunts and Uncles, Cousins, etc.):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

14. Is there any use of Gaelic at home in your own immediate family?

(select all that apply)

- Gaelic-speaking partner/spouse
- Gaelic-speaking children/children in Gaelic-medium education
- No children yet, but intend to raise them in Gaelic
- Other (please specify):

**15. What are your personal aims and goals in learning Gaelic?**

*(select all that apply)*

- "I would like to learn enough Gaelic to understand simple sentences and conversations."
- "I would like to learn enough Gaelic to understand music, radio and television programmes."
- "I would like to learn enough Gaelic to have basic conversations with other speakers."
- "I would like to learn enough Gaelic to help me with a hobby or interest."
- "I would like to learn enough Gaelic to be able to read newspapers, literature, poetry, and/or the Bible."
- "I would like to become fluent in speaking Gaelic."
- "I would like to become fluent in reading and writing Gaelic."
- Other *(please specify)*:

**16. What level of fluency do you expect to reach in each of the following areas?**

	<b>Please indicate.</b>			
	<b>Basic</b>	<b>Intermediate</b>	<b>Advanced</b>	<b>Fully Fluent</b>
<b>a.</b> "I expect to become fluent enough to understand spoken Gaelic."	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
<b>b.</b> "I expect to become fluent enough to converse with other speakers in Gaelic."	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
<b>c.</b> "I expect to become fluent enough to read Gaelic."	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
<b>d.</b> "I expect to become fluent enough to write in Gaelic."	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

**17. What are the reasons that you started to learn Gaelic?**

*(select all that apply)*

- "I would be able to enjoy Gaelic music better."
- "I would be able to enjoy Gaelic TV."
- "I would be able to understand Gaelic literature."
- "I would be helping to keep Gaelic alive."
- "I live in a Gaelic-speaking area."
- "Adult members of my family can/could speak Gaelic."
- "Gaelic would be useful for my hobbies or interests (e.g. place-names, tracing ancestry)."
- "Gaelic would be useful in present/future employment."

- "As a Scot/someone living in Scotland, I feel I should speak Gaelic."
- "Gaelic would help me get closer to my roots."
- "I did not feel like a complete Scot without a knowledge of Gaelic."
- "My children are in Gaelic-medium education."
- "I have Gaelic-speaking friends."
- "I am interested in languages."
- "I want to live in the Highlands or Islands."
- "I like to visit the Highlands and Islands."
- Other (*please specify*):

Please select the *main* reason you started to learn Gaelic.

- "I would be able to enjoy Gaelic music better."
- "I would be able to enjoy Gaelic TV."
- "I would be able to understand Gaelic literature."
- "I would be helping to keep Gaelic alive."
- "I live in a Gaelic-speaking area."
- "Adult members of my family can/could speak Gaelic."
- "Gaelic would be useful for my hobbies or interests (e.g. place-names, tracing ancestry)."
- "Gaelic would be useful in present/future employment."
- "As a Scot/someone living in Scotland, I feel I should speak Gaelic."
- "Gaelic would help me get closer to my roots."
- "I did not feel like a complete Scot without a knowledge of Gaelic."
- "My children are in Gaelic-medium education."
- "I have Gaelic-speaking friends."
- "I am interested in languages."
- "I want to live in the Highlands or Islands."
- "I like to visit the Highlands and Islands."

**18. Which of the following have you found to be obstacles in learning or reaching fluency in Gaelic?**  
(select all that apply)

- Difficulty in finding out about Gaelic learning opportunities
- Difficulty in accessing courses due to other commitments
- Difficulty in accessing courses due to timetable
- Difficulty in accessing courses due to cost
- Lack of appropriate courses in local area
- Lack of suitable learning materials
- Lack of support
- Lack of opportunities to interact with native speakers and fluent learners
- Inherent difficulty of Gaelic as a language
- Other (please specify):  
\_\_\_\_\_

### Use of Gaelic

This section asks questions about how often and in what contexts you use Gaelic.

#### Use of Gaelic

**19. How often do you speak Gaelic?**

	Please indicate frequency below.				
	Daily	Weekly	Monthly	Less Often	Never
a. With family:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
b. With other learners:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
c. With native speakers:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
d. In class or other structured learning setting:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
e. In social contexts (e.g. pubs, ceilidhs):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
f. In church:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
g. At work:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
h. In other practical contexts (e.g. shopping, at the doctor's):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

**20. How often do you listen (passively) to Gaelic?**

	Please indicate frequency below.					Which programme(s) or material(s)?
	Daily	Weekly	Monthly	Less Often	Never	
a. Gaelic radio programmes:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
b. Gaelic television programmes:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
c. Gaelic content online (e.g. BBC Alba website):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
d. Gaelic audio books (e.g. Ùr-Sgeul series):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
e. Gaelic learning materials (e.g. Speaking Our Language series):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	

**21. How often do you read Gaelic?**

	Please indicate frequency below.					Which material(s)?
	Daily	Weekly	Monthly	Less Often	Never	
a. Gaelic newspaper column:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
b. Gaelic content online (including e-mails, blogs, websites, etc.):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
c. Gaelic poetry:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
d. Gaelic novels or short stories:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
e. Gaelic Bible:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
f. Gaelic letters, reports, documents, etc.:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	

**22. How often do you write in Gaelic?**

	Please indicate frequency below.				
	Daily	Weekly	Monthly	Less Often	Never
a. Online:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
b. Letters:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
c. Job-related documents:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
d. Other:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

**23. Which of the following Gaelic organisations are you involved in?**

	Please indicate your involvement.			Details of organisation
	Current member	Past member	Possible future member	
a. Clì Gàidhlig:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
b. An Comunn Gàidhealach:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
c. A' Chiste Leabhraichean (Gaelic Books Council book club):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
d. Comann nam Pàrant:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
e. Taic (formerly Comhairle nan Sgoiltean Àraich):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
f. Comunn na Gàidhlig:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
g. Gaelic Society of Inverness:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
h. Gaelic choir:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
i. Gaelic drama group:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
j. Local Gaelic learners' group or conversation circle:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
k. University Gaelic society:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
l. On-line Gaelic group (e.g. mygaelic.com, Fàs or other e-mail list):	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
m. Other:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	

24. What cultural activities linked to Gaelic, or through the medium of Gaelic, do you take part in?

	Please indicate frequency below.				Is the activity Gaelic-medium?		Details of activity
	Regularly	Occasionally	Participated in the past	Never	Yes	No	
a. National Mòd:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
b. Local Mòd:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
c. Fèis:	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
